

**Slighean poblach air an dùthaich ann an Alba
Do còraichean agus do dhleastanasan**

Còd Slighean Dùthchail na h-Alba

Tha an Còd seo stèidhichte air trì priomh phrionnsabalan a bhuineas anns an aon dòigh ris a' phoball agus ri stiùirichean-fearainn.

- **Urram a thoirt do mhath dhaoine eile.** Tha e air leth cudthromach gum bi thu gad ghiùlan fhèin ann an dòigh mhodhail, shuimeil, mhothachail. Ma chleachdas tu còraichean-slighe, dèan cinnteach gum bi thu mothachail air priobhaideachd, sàbhailteachd agus beòshlaint dhaoine eile a tha a' fuireach no ag obair air an dùthaich agus air feuman dhaoine a ghabhas tlachd anns an dùthaich. Ma tha thu nad stiùiriche-fearainn, bi mothachail air mar a chleachdas daoine an dùthaich agus air na feuman aca airson turas sàbhailte tlachdmhor.
- **Coimhead as dèidh na h-àrainneachd.** Ma chleachdas tu còraichean-slighe, coimhead as dèidh an àite air am bi tu a' tadhail agus anns am bi thu a' gabhail tlachd, agus fàg am fearann mar a lorgas tu e. Ma tha thu nad stiùiriche-fearainn, feuch gun glèidh tu na feartan nàdair agus cultair a tha a' cur ri cho tarraingeach agus a tha àite a thaobh thursan agus tlachd a ghabhas daoine ann.
- **Gabh cùram airson na tha thu fhèin a' dèanamh.** Ma chleachdas tu còraichean-slighe, cuimhnich nach eil an dùthaich as aonais chunnartan. Bi air leth mothachail air an t-shàbhailteachd agad fhèin agus air sàbhailteachd dhaoine eile an-còmhnaidh. Ma tha thu nad stiùiriche-fearainn, dèan cinnteach gun glèidh thu sàbhailteachd dhaoine eile fad an t-siubhail.

Chaidh an eadar-theangachadh Gàidhlig seo de Chòd Slighean Dùthchail na h-Alba a dhèanamh le Dualchas Nàdair na h-Alba. Ma tha soilleireachadh a dhìth air an teacsa seo, bu chòir don neach-leughaidh an tionndadh Beurla, a chaidh aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba 1 luchar 2004, a leughadh.

Chaidh na caibideilean agus na h-earrannan àireamhachadh anns an aon dòigh o cheann gu ceann an dà sgrìobhainn Beurla agus Gàidhlig airson adhbharan tar-iomraidh, ged a dh' fhaodadh àireamhan dhuilleagan a bhith eadar-dhealaichte.

Airson barrachd fiosrachaидh seall air: www.outdooraccess-scotland.com

Clàr-innse

1 Ro-ràdh	5
Tha a' phàirt seo na ro-ràdh a tha a' mìneachadh gu goirid: dè a th' ann ann an còraichean-slighe [access rights] agus dleastanasan reachdail; na trì priomh phrionnsabalan anns a' Chòd a thaobh dol-a-mach ciallach; agus adhbhar agus inbhe a' Chòd.	
2 Còraichean-slighe	8
Tha a' phàirt seo a' mìneachadh: càite, cuine agus dè na gniomhan a tha a' buntainn ri cleachdadadh chòraichean-slighe; far nach eil na còraichean seo iomchaidh; agus dè na gniomhan nach eil buntainneach riutha.	
3 A' cleachdadadh chòraichean-slighe le cùram	16
Tha a' phàirt seo a' mìneachadh mar a chleachdas daoine còraichean-slighe le cùram. Mar sin, is iad seo na priomh dhleastanasan:	
<ul style="list-style-type: none">▪ Gabh cùram airson na tha thu fhèin a' dèanamh (earrannan 3.8 gu 3.12);▪ Bi mothachail air priobhaideachd agus fois dhaoine eile. (earrannan 3.13 gu 3.21);▪ Thoir taic do dh'uachdarain-fearainn a bhith ag obair gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach (earrannan 3.22 gu 3.42);▪ Coimhead as dèidh na h-àrainneachd (earrannan 3.43 gu 3.52);▪ Cùm smachd ceart air do chù (earrannan 3.53 gu 3.56); agus,▪ Bi air leth cùramach nuair a tha thu a' cur tachartas air dòigh no ma tha thu a' ruith buidheann no gniomhachas (earrannan 3.57c. gu 3.64).	
4 A' stiùireadh fearainn agus uisge le cùram a thaobh shlighean	37
Tha a' phàirt seo a' mìneachadh mar a stiùireas stiùirichean-fearainn am fearann agus an uisge aca a thaobh chòraichean-slighe. Mar sin, is iad seo na priomh dhleastanasan:	
<ul style="list-style-type: none">▪ thoir urram do chòraichean-slighe nuair a stiùireas tu am fearainn agus an uisge agad (earrannan 4.7 gu 4.10);▪ bi reusanta nuair a dh'iarras tu air daoine a bhith a' seachnadh obrachadh stiùireadh fearainn (earrannan 4.11 gu 4.17);▪ co-obraich leis an ùghdarris ionadail agad agus le buidhnean eile gus stiùireadh an fhearin agus còraichean-slighe a bhrosnachadh aig an aon àm (earrannan 4.18 gu 4.22); agus▪ cuimhnich mu dheidhinn chòraichean-slighe ma tha thu a' stiùireadh fearainn no uisge ri taobh shlighean (earrannan 4.23 gu 4.25).	
5 Iùl prataigeach air còraichean-slighe agus dleastanasan	46
Tha a' phàirt seo na iùl prataigeach a chuideachas daoine le bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu na rudan as fheàrr ann an suidheachaidhean làitheil, mar: canùadh, siubhal air baidhsagal, stalcaireachd fhèidh, iomhlannan, achaidhean, iasgach, coilltean, raointean golf, sealg chearcan-faoich, marcachd, tachartasan spòrs agus campadh anns an fhàsach.	
6 Far am faigh thu taic agus fiosrachadh	71
Tha a' phàirt seo na gheàrr-chùnntas air mar a gheibh thu barrachd comhairle agus fiosrachaiddh, mar a stiùirear slighean agus cur-seachadan agus na bu chòir dhut dèanamh ma chì thu cuideigin a tha neo-chiallach.	
Pàipear-taic 1 – Eucoirean air an toirt am bith le reachdas	75
Tha am Pàipear-taic seo na gheàrr-chùnntas air na priomh eucoirean air an toirt am bith le reachdas.	
Clàr-amais	80
Briathran – Gàidhlig gu Beurla	84
Briathran – Beurla gu Gàidhlig	85

Pàirt 1. Ro-ràdh

Còraichean-slighe agus dleastanasan reachdail

1.1 Tha dùthaich na h-Alba, eadar pàircean agus fearann fosgailte nar bailtean agus na fàsaichean iomallach de dh'fhearann agus de dh'uisge air a' Ghaidhealtachd, a' toirt sàr chothroman airson chur-seachadan agus foghlaim taobh a-muigh. Tha cur-seachadan taobh a-muigh a' toirt bhuannachdan mòra do dhaoine a thaobh an slàinte agus an soirbheis, agus tha e a' cur ri math a' mhòr-shluaign ann an iomadach dòigh eile. Fo Phàirt 1 de dh' Achd Ath-leasachadh an Fheàrainn (Alba) 2003, tha còraichean-slighe reachdail aig a h-uile duine air a' chuid as mothà de dh'fhearann agus de dh'fhior-uisge [lochan agus aibhneachan]. Chan eil na còraichean seo aig daoine ach ma chleachdas iad iad le càram, le bhith a' toirt urram do phriobhaideachd, sàbhailteachd agus beò-shlàint dhaoine eile, agus do dh'àrainneachd na h-Alba. Aig an aon àm, feumaidh stiùirichean-fearainn am fearann agus an t-uisge aca a stiùireadh le càram a thaobh chòraichean-slighe.

1.2 Tha Còd Slighean Dùthchail na h-Alba a' làn-mhìneachadh dleastanasan dhaoine a tha a' cleachdadadh chòraichean-slighe agus dhaoine a tha a' stiùireadh fearann agus uisge. Mar sin, tha an Còd na iùl prataigeach a chuideachas a h-uile duine le bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean fiosraichte mu na rudan as fheàrr ann an suidheachaidhean làitheil, agus tha e na thoisearch-tòiseachaidh airson chòdaicheansanais goirid agus airson comhairle nas mionaidiche.

1.3 Tha an Còd stèidhichte air trì bun-phrionnsabalan, a tha iomchaidh airson an t-sluaign agus airson stiùirichean-fearainn.

- **Thoir urram do mhath dhaoine eile.** Tha e glè chudthromach a bhith modhail, suimeil agus mothachail. Ma tha thu a' cleachdadadh chòraichean-slighe, dèan cinnteach gun toir thu urram do phriobhaideachd, sàbhailteachd agus beò-shlàint nan daoine a tha a' fuireach no ag obair air an dùthaich, agus do dh'fheumalachdan dhaoine eile a tha a' gabhail tlachd anns an àite. Ma tha thu nad stiùiriche-fearainn, thoir urram do dhaoine a chleachdas fearann dùthchail agus am feum aca airson turas sàbhailte agus tlachdmhor.
- **Coimhead as dèidh na h-àrainneachd.** Ma tha thu a' cleachdadadh chòraichean-slighe, coimhead às dèidh nan àiteachan air a bheil thu a' tadhail agus anns a bheil thu a' gabhail tlachd, agus fàg am fearann mar a lorg thu e. Ma tha thu nad stiùiriche-fearainn, feuch gun glèidh thu na feartan nàdarra agus cultarach a tha tarraingeach agus tlachdmhor do luchd-tadhail.
- **Càram a ghabhail airson na tha thu fhèin a' dèanamh.** Ma tha thu a' cleachdadadh chòraichean-slighe, cuimhnich nach eil fearann dùthchail as aonais chunnartan, agus feuch gun giùlain thu thu fhèin le càram an còmhnaidh airson do shàbhailteachd agus airson sàbhailteachd dhaoine eile. Ma tha thu nad stiùiriche-fearainn, feuch gun giùlain thu thu fhèin le càram an còmhnaidh airson sàbhailteachd dhaoine eile.

Inbhe a' Chòd

1.4 Chaidh an Còd seo aontachadh le Ministearan agus le Pàrlamaid na h-Alba. Nì mion-stiùireadh a' Chòd cinnteach nach èirich ach glè bheag de dhuilgheadasan. Ma tha duilgheadas ann, ge-tà, thathas an dùil gum bi an Còd na iùl-fiosrachaidd airson co-dhùnadh a bheil cuideigin air a ghiùlain fhèin le càram. Mar eisimpleir, far nach eile rèiteach air aimhreit, agus e ga thoirt dhan t-Siorram airson breitheanas, beachdaichidh an Siorram air a' cheist ma tha gin de na daoine air dol an aghaidh

stiùireadh a' Chòd. Anns an t-seagh seo, faodar a ràdh gu bheil inbhe-fhianais aig a' Chòd. Chan eil e na eucoir, ge-tà, mura tèid an Còd fhèin a leantainn¹.

1.5 Ged a tha an Còd a' toirt seachad stiùireadh air còraichean-slighe agus air dleastanasan, chan eil e na aithris ùghdarringsail air an lagh. Is e na cùirtean a-mhàin a bheir seo seachad. Cho fad 's as urrainn dha, tha an Còd a' cleachdadadh eisimpleirean gus soilleireachadh dè tha dleastanas sònraichte a' ciallachadh. Chan eil na h-eisimpleirean seo iomlan.

1.6 Tha comhairle air càite am faighear cuideachadh agus fiosrachadh ann am Pàirt 6 den Chòd.

Briathran cudthromach

1.7 Air feadh a' Chòd, thèid iomradh a thoirt air seachd briathran airson soilleireachd:

- **Stiùiriche-fearainn.** Tha Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003 a' toirt iomradh air luchd-seilbh agus luchd-còmhnaidh, a tha a' gabhail a-steach: uachdarain-fearainn, tuathanaich, croitearan, luchd-aonta, forsairean agus sealbhadairean iasgachd. Ann an cuid de shuidheachaidhean, dh'fhaodadh seo gabhail a-steach dhaoine a tha ag obair airson luchd-seilbh no luchd-còmhnaidh far a bheil na daoine eile seo an seilbh air an fhearrann (mar eisimpleirean, luchd-ionaid fhearrainn agus cùnnradairean). Tha mòran bhuidhnean poblach (faic gu h-iosal) agus buidhnean saor-thoileach a tha cuideachd nan luchd-seilbh agus nan luchd-còmhnaidh fearainn, mar: Urras Nàiseanta na h-Alba, Comann Rioghail Dìon nan Eun agus Urras John Muir. Thathas a' cleachdadadh "stiùiriche-fearainn" airson an luchd-seilbh agus luchd-còmhnaidh uile seo.
- **Air an dùthaich.** Tha seo a' gabhail a-steach: beanntan, mòinteach, talamh àitich (dùinte agus fosgalte), coilltean, aibhneachan, lochan agus lochan-tasgaidh, tràighean agus an oirthir, agus fearann fosgalte ann am bailtean beaga agus mòra.
- **Buidheann phoblach.** Tha seo a' gabhail a-steach roinntean uile an Riaghaltais (nam measg Riaghaltas na h-Alba, Ministreachd an Dìon agus Bùird NHS), ùghdarringsan ionadail agus ùghdarringsan pàirce nàiseanta. Cuideachd, tha e a' gabhail a-steach raon farsaing de bhuidhnean poblach a tha an sàs ann an solar chothroman-slighe [access], stiùireadh fearainn no uisge, adhartachadh chothroman-slighe air an dùthaich, nam measg Dualchas Nàdair na h-Alba (SNH), Slighean-uisge Bhreatainn (British Waterways), Coimisean na Coilltearachd, VisitScotland, sportscotland, Uisge na h-Alba, na companaidhean-iomairt ionadail agus na bùird-turasachd sgìreil.
- **Ùghdarringsan ionadail.** Tha iomraidhean air ùghdarringsan ionadail a' gabhail a-steach ùghdarringsan pàirce nàiseanta. Tha an t-aon uallach agus cumhachd aig ùghdarringsan ionadail agus ùghdarringsan pàirce nàiseanta fo Phàirt 1 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003. Leis an sin, taobh a-staigh pàirce nàiseanta, is e ùghdarringsan na pàirce nàiseanta, seach an t-ùghdarringsan ionadail, air a bheil an t-uallach agus a' chumhachd bhuntainneach fon Achd.
- **Còraichean-slighe.** Tha seo a' ciallachadh: na còraichean-slighe reachdail a chaidh a stèidheachadh fo Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003 ach nuair a thèid aithris a chaochladh.

1 Ged a tha eucoirean ann fon lagh airson iomadh seòrsa giùlan neo-chùramach no mi-shòisealta (faic earrannan 2.12 agus 2.13, agus Pàipear-taic 1)

- **Priomh shlighean.** Tha cumhachd aig ùghdarrasan ionadail priomh shlighean a steidheachadh agus a ghlèidheadh. Tha e an urra ri gach ùghdarris ionadail plana a dheasachadh airson lìonra de phrìomh shlighean gus cothroman-slighe reusanta a thoirt don t-sluagh air feadh an àite.
- **Fearann / Fearann agus fior-uisge.** Tha còraichean-slighe a' buntainn ris a' chuid as mothà de dh'fhearann agus de dh'fhìor-uisge. Tha iomraidhean air fearann a' gabhail a-steach fior-uisge.

Pàirt 2. Còraichean-slighe

Geàrr-chunntas air do chòraichean-slighe

1. Tha còraichean-slighe aig a h-uile duine, ge bith an aois no comas, a chaidh a stèidheachadh fo Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003. Cuimhnich nach bi còraichean-slighe agad mura cleachd thu iad gu cùramach.
2. Faodaidh tu na còraichean seo a chleachdad, cho fad 's a tha thu cùramach, air a' chuid as mothà de dh'fhearann agus de dh'fhìor-uisge ann an Alba, a' gabhail a-steach: beanntan, mòinteach, coilltean, cluaintean, iomaill achaidhean far a bheil bàrr a' fàs, frith-rathaidean agus slighean, aibhneachan agus lochan, an oirthir agus a' chuid as mothà de phàircean agus de dh'fearann fosgalte. Faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdad aig àm sam bith den latha no den oidhche.
3. Tha cothrom agad còraichean-slighe a chleachdad airson chur-seachadan (mar eisimpleir tachartasan teaghlach agus sòisealta, agus spòrsan mar mharcachd, siubhal air baidhsagail, campadh anns an fhàsach agus tachartasan eile), airson foghlam (gus eòlas dhaoine mun dualchas nàdair agus cultair a leudachadh), airson adhbharan gnìomhachais (far a bheil an sluagh a' gabhail pàirt anns an aon t-seòrsa thachartasan), agus airson siubhal air fearann no uisge.
4. Bidh na còraichean a tha agad mar-thà fhathast a' mairsinn, a' gabhail a-steach slighean àbhaisteach [*rights of way*] agus còraichean-seòlaidh poblach agus còraichean air a' chladach.
5. Seo na prìomh àiteachan ris nach eil còraichean-slighe a' buntainn:
 - taighean agus liosan, agus togalaichean neo-chòmhnaidh agus am fearann ceangailte riutha;
 - fearann far a bheil bàrr a' fàs;
 - fearann ri taobh sgoile agus air a chleachdad leis an sgoil;
 - raointean spòrs no raointean cluich nuair a tha iad air an cleachdad, agus far am biodh cleachdad chòraichean-slighe a' cur bacadh air a leithid;
 - fearann air a leasachadh agus air a chleachdad airson chur-seachadan, far am biodh cleachdad chòraichean-slighe a' cur bacadh air a leithid;
 - raointean golf (ach faodaidh tu dol air raon golf cho fad 's nach cuir thu bacadh air geama golf);
 - àiteachan mar raointean-adhair, rathaidean-iarainn, làraichean tele-chonaltraidh, làraichean agus togalaichean an airm, cuaraidhean obrachaidh agus làraichean-togail; agus
 - àiteachan turasachd no àiteachan eile far am pàigh daoine airson dol a-steach.
6. Faodaidh ùghdarrasan ionadail fearann a shaoradh bho chòraichean-slighe gu foirmeil airson ùine goirid. Faodaidh ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach eile fo-laghan [*bye-laws*] a thoirt a-steach.
7. Chan eil còraichean-slighe a' buntainn ri:
 - bhith air no siubhal air fearann airson rud sam bith a dhèanamh a tha na eucoir, mar ghoid, briseadh na sìthe, cur dragh, poidsearachd, leigeil le cù dragh a chur air crodh, leagail sgudail, truailleadh uisge, no dragh a chur air cuid de bheathaichean fiadhaich, eòin agus lusan;
 - sealg, losgadh ghunnaichean no iasgach;
 - cur-seachad no siubhal carbad sam bith (ach a-mhàin le ciorramaich a chleachdas carbaid no bàta air atharrachadh gu sònraichte air an son);
 - duine sam bith le uallach airson cù nach eil fo smachd ceart; no ri
 - toirt air falbh rud sam bith bhon fhearrann airson adhbharan gnìomhachais le duine sam bith.

8. Chan eil còraichean-slighe reachdail a' ruigsinn air cuid de dh'àiteachan no de ghniomhan anns an robh daoine air a bhith a' ghabhail tlachd, uaireannan fad ùine mhòr. Chan eil buaidh aig Achd Ath-leasachadh an Fhearinne (Alba) 2003 air na còraichean seo agus chan atharraich iad.

Ro-ràdh

2.1 Tha Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003 a' stèidheachadh chòraichean-slighe agus feumaidh daoine an cleachdad gu cùramach. Tha a' phàirt seo den Chòd na geàrr-chùnntas air càite agus cuine am faod thu na còraichean seo a chleachdad agus carson, agus tha i ag ainmeachadh nan roinntean agus nan gniomhan ris nach eil còraichean-slighe a' buntainn. Ma tha thu a' tuigsinn far an cleachdar còraichean-slighe, bidh sin na cuideachadh dhut ann a bhith gan cleachdad gu cùramach.

Càite agus cuine a chleachas tu còraichean-slighe

2.2 Faodaidh duine sam bith, ge be an aois no comas, còraichean-slighe a chleachdad air a' chuid as mothà de dh'fhearann agus de dh'fhìor-uisge ann an Alba, aig àm sam bith den latha no den oidhche, cho fhad 's a tha iad cùramach². Chan eil na còraichean seo a' buntainn ris a h-uile àite no a h-uile gniomh (faic earrannan 2.11 gu 2.15). Cho fad 's a tha thu cùramach, faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdad ann an àiteachan mar (faic Pàirtean 3 agus 5 den Chòd):

- beanntan agus monaidhean;
- coilltean;
- a' chuid as mothà de phàircean baile, pàircean dùthchail agus fearann fosgailte fo stiùireadh;
- aibhneachan, lochan, canalan agus lochan-tasgaidh;
- bruaichean aibhne, cladaichean lochan, tràighean agus an oirthir;
- talamh far nach deach bàrr a chur;
- air iomall achaidhean³ far a bheil bàrr a' fàs no far an deach a chur;
- cluaintean, a' gabhail a-steach feur a chaidh a dh'fhàs airson feòir-tioram agus feòir-fodair (ach nuair a tha e gu ìre mhòr deiseil airson buain agus gun rachadh a mhilleadh);
- achaidhean far a bheil eich, crodh no beathaichean eile air tuathanas;
- air na priomh shlighean uile a chaidh aontachadh leis an ùghdarris ionadail⁴;
- air a h-uile slighe no frith-rathad eile, far a bheil iad a' tarsainn fearann far an cleachdar còraichean-slighe;
- air raointean-feòir airson spòrs no cluich, nuair nach eil iad air an cleachdad, agus air fearann no lochan no aibhneachan flor-uisge air a leasachadh no air a chomharrachadh airson chur-seachadan, ach a-mhàin nam biodh cleachdad chòraichean-slighe a' cur bacadh air na cur-seachadan sin;
- raointeal golf, ach dìreach airson a dhol thairis orra, cho fad 's nach tèid thu air rèidhleanan agus nach cuir thu bacadh air geomannan golf sam bith;
- air, tro no thairis air drochaidean, tunailean, cabhsairean, làraichean-bogaidh bhàtaichean, balla-mara, cairidhean, cairidhean ulbhaig, uchdanan chanalan agus a mar shlighean-uisge, feansaichean, ballachan no rud sam bith a shoirbhicheas cothroman-slighe (mar gheataichean no fàradh).

2 Earrannan 1 agus 2, Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003

3 Tha earrann 7(10) de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003 ag ràdh nach eil talamh far a bheil bàrr a' fàs a' gabhail a-steach: "ceannagan, ceannamhagan no iomallan eile ann an achadh far a bheil bàrr a' fas".

4 Feumaidh ùghdarrasan ionadail planaichean phiomh shlighean uallachadh, ann an ceann tri bliadhna bhon a tha an reachdas ann an èifeachd, le molaidhean airson siostam de fhrith-rathaidean – air a bheil "priomh shlighean" – a bheir cothroman-slighe reusanta do dhaoine air feadh nan sgìrean aca.

2.3 Cuideachd faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdad os cionn⁵ agus fon talamh (mar eisimpleir, faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdad anns an adhar no ann an uaimhean). Tha còraichean-slighe ann fon uisge agus air uachdar an uisge.

2.4 Faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdad aig àm sam bith den latha no den oidhche, cho fad 's a tha thu càramach. Tha an Còd a' toirt seachad stiùireadh sònraichte air cleachdad càramach de choraichean-slighe air an oidhche (faic earrannan 3.19 agus 3.20).

2.5 Chan eil còraichean-slighe a' buntainn ri cuid de dh' àiteachan, a thathas ag ainmeachadh ann am earrann 2.11. Nuair a bhios obraichean stiùireadh an fhearrainn a' dol air adhart, mar fhrasadh-bàrr no leagail chraobhan agus buain, dh' fhaodadh gun tèid iarraidh ort a bhith a' seachnadh shlighean no àiteachan sònraichte airson do shàbhailteachd fhèin (faic earrannan 3.24 gu 3.28). Ann an cuid de dh' àiteachan, dh' fhaodte gun deach laghan-iondail no riaghailtean reachdail eile a thoirt a-steach le ùghdarrasan ionadail no buidhnean poblach a chuireadh buaidh air mar a chleachdas tu chòraichean-slighe (faic earrann 2.11).

Dè is urrainn dhut dèanamh le chòraichean-slighe

2.6 Faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdad airson adhbharan chur-seachadan, foghlaim agus airson adhbharan gnìomhachais àraidh, agus airson a dhol thairis air fearann no uisge.

2.7 Chan eil "adhbharan chur-seachadan" air am mìneachadh anns an reachdas. Thathas a' gabhail a-steach:

- **cur-seachadan**, mar choimhead air fiadh-bheatha, turasachd, peantadh, togail dhealbhan agus gabhail tlachd ann an làraichean eachdraidheil;
- **gniomhan teaghlaich agus sòisealta**, mar chuairean goirid, cuairtean le cù, cuirmean-cnuic, cluich, slaodadh, gunnachadh no cur itealag air iteig;
- **spòrsan**, mar choiseachd, siubhal air baidhsagail, marcachd agus dràibheadh charbadan-eich, streap chreagan, streap nam beann, ruith, tir-stiùireadh, tursan sgì, sgitheadh-streap-beinne, uaimhearachd, canùadh, snàmh, iomradh-bàta, surfadh-gaoithe, seòladh, dàibhigeadh, spòrsan adhair agus campadh anns an fhàsach; agus
- **com-pàirt ann an tachartasan**, mar fhèisean coiseachd no baidhsagail, rèisean ruith nan cnoc, marathonan-beinne, co-fharpaisean baidhsagail-beinne, tachartasan marcachd air astar fada, tachartasan tir-iùil agus co-fharpaisean-canùadh.

2.8 Tha còraichean-slighe a' buntainn ri gniomhan foghlaim sam bith a bhios ag àrdachadh eòlas dhaoine mun dualchas nàdair agus cultair⁶. Mar eisimpleir, bhiodh còraichean-slighe a' buntainn ri oilleanaich, ceannardan agus luchd-obrach-taice sam bith air turas dhan dùthaich gus ionnsachadh mu fhiadh-bheatha no dealbh-tire no feartan geòlais. Tha còraichean-slighe a' buntainn ri daoine a tha a' dèanamh rannsachadh dùthchail air dualchas nàdair no cultair, mar eòin agus lusan, mar chur-seachad no airson adhbharan foghlaim (faic earrann 3.64).

5 Le ümhachd do riaghailtean sam bith mu chleachdad na h-iarmait ann an àite sònraichte sam bith.

6 Earrann 1, Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003. Tha dualchas nàdair a' gabhail a-steach lusan agus beathaichean an fhearrainn, feartan geòlais agus cruth-tireach agus àilleachd agus goireas nàdarra an fhearrainn. Tha dualchas cultair a' gabhail a-steach structaran agus fuidhleach air am fàgail air sàilleabh gniomhan daonna bhon a h-uile linn, traideasean agus dòigh-beatha, agus bho na ceanglaichean eachdraidheil, ealanta agus litreachail eadar daoine, àiteachan agus dealbhan-tire.

2.9 Tha còraichean-slighe a' buntainn ri gnìomhan air an dèanamh airson malairt no prothaid, cho fad 's a b' urrainn do dhaoine eile na gnìomhan seo a dhèanamh, gun phrothaid no malairt na lùib (leis a' mhòr-shluagh airson chur-seachadan no airson foghlaim no gus fearainn a tharsainn). Mar eisimpleir, bhiodh treòraiche proifeiseanta-beinne, a tha a' streap nam beann le neach-ceannachd, a' dèanamh gnìomh malairteach. Ach tha seo na phàirt de chòraichean-slighe air sgàth 's gum faod duine sam bith eile an aon gnìomh - streap nam beann - a dhèanamh nan cleachdadadh iad còraichean-slighe. Bhiodh an dearbh rud fior do neach-teagaisg-canùadh bho ionad chur-seachadan dùthchail malairteach (*commercial outdoor pursuits centre*) le buidheann luchd-canùadh. Is iad eisimpleirean eile: sgrìobhadair no neach-togail-dhealbhan malairteach a tha a' sgrìobhadh mu no a' togail dealbhan de dhualchas nàdair no cultair.

2.10 Cuideachd thathas a' cleachdadadh chòraichean-slighe gus fearann no fior-uisge a tharsainn. Tha seo a' ciallachadh dol a-steach air fearainn no air fior-uisge, tarsainn air agus an uair sin ga fhàgail gus siubhal bho àite gu àite. Agus chan eil seo a' buntainn ri cur-seachadan no foghlam a-mhàin. Tha còraichean-slighe, airson chur-seachadan, gnìomhan iomchaidh foghlaim no malairt, a' dèanamh iomradh air: dol a-steach air, tarsainn air agus fuireach air fearann no fior-uisge airson nan adhbharan seo, agus an uair sin ga fhàgail.

Dè na h-àiteachan far nach eil còraichean-slighe a' buntainn?

2.11 Chan eil còraichean-slighe ann anns na h-àiteachan a leanas⁷.

- Fearann air a bheil taigh, carabhan, teant no àite eile a bheir prìobhaideachd no fasgadh do dhuine, agus fearann gu leòr mu thimcheall gus priomhaideachd reusanta a thoirt dhan fheadhainn a tha a' fuireach ann, agus gus dèanamh cinnteach nach tèid dragh mì-reusanta a chur orra a thaobh na tlachd a ghabhas iad anns an taigh no anns an àite. Bhiodh meud an fhearan seo a' crochadh air suidheachadh agus feartan an taighe (faic earrannan 3.13 gu 3.17).
- Liosan a tha air dealachadh bho thaighean ach nach gabh ruigsinn ach leis an luchd-còmhnaidh aig a bheil còraichean cumanta anna (Mar as trice, lorgar an leithid ann am bailtean mòra mar Dhùn Èideann agus Glaschu).
- Fearann air a bheil togalach no structar eile no obraighean, plannta no innealradh stèidhichte, agus fearann a tha na phàirt de chuar teachadh togalaich no a tha na àite-iadhaidh (*compound*) no na ghàrradh far a bheil structar, obraighean, plannt no innealradh stèidhichte sam bith ann. Tha eisimpleirean de thogalaichean agus structaran neo-chòmhnaidh a' gabhail a-steach: togalaichean tuathanais agus iodhlannan; mainnirean airson bheathaichean agus eòin àrachadh; ionadan, pàilleanan agus standaichean spòrs; taighean club; factaraidhean; taighean-bathair agus àiteachan tasgaidh; làraichean agus togalaichean eile an airm; piob-loidhnichean; factaraidhean ceimigeach agus taighean-giùllachd eile; locan agus lioftaichean chanalan; obraighean uisge agus ionadan òtrachais; liosan-àraich gairnealachd; agus tuathanasan agus ionadan-àraich èisg.

7 Earrannan 6 agus 7, Achd Ath-leasachadh an Fhearan (Alba) 2003

- Talamh far a bheil sìol air a chur no bàrr a' fàs⁸. Tha bàrr a' gabhail a-steach arbhar (mar chruthneachd agus eòrna), glasraichean (mar bhuntàta, snèipean agus càl), measan (mar shùbhan-làir agus sùbhan-craoibh). Is e bàrr a tha ann am feur air cur airson feòir-tioram no feòir-fodair agus a tha air fàs cho fada 's gun rachadh a mhilleadh nan cleachdadh tu do chòraichean-slighe (faic earrann 3.37).
- Raointean-feòir airson spòrs no cluich fhad 's a tha iad gan cleachdadh airson nan adhbharan seo (mar eisimpleir, chan fhaod tu do chòraichean-slighe a chleachdadh air raon-feòir ball-coise nuair a tha geama ball-coise a' dol.)
- Raon spòrs no cluich sam bith air a bheil uachdar fuadain (mar fheur fuadain no rubair), co-dhiù ma tha iad air an cleachdadh no nach eil.
- Air rèidhleanan golf, rèidhleanan bobhlairreachd, ceàrnagan criogaid, cùirtean-feòir tenis no raointean eile den aon seòrsa, far a bheil feur a' fàs agus air ullachadh airson cur-seachad sònraichte, co-dhiù ma tha iad air an cleachdadh no nach eil.
- Fearann no uisge air a leasachadh no air a shònachadh airson chur-seachadan fhad 's a thathas a' cleachdadh agus nuair a bhiodh cleachdadh chòraichean-slighe a' cur bacadh air na cur-seachadan sin air an fhearann ud, mar air raointean luath-mharcachd each⁹.
- Air fearann ri taobh sgoile sam bith agus air cleachdadh leis an sgoil sin (mar raon cluich).
- Àiteachan far a dh'fheumas tu pàigheadh airson a dhol a-steach orra¹⁰, mar chaistealan, taighean agus liosan eachdraidheil, làraichean eachdraidheil agus àiteachan turasachd.
- Làraichean togail, innleadaireachd catharra no leagail gu lär.
- Bun-structaran rathaidean-iarrainn agus raointean-adhair, agus puirt-adhair.
- Cuaraidhean agus obraichean eile air uachdar talmhainn.
- Fearann no uisge far a bheil toirmeasg, bacadh no cuingealachd air cothromanslighe poblach le no fo reachdas sam bith eile. Mar as trice, bhiodh seo airson adhbharan sàbhailteachd no tèarainteachd poblach¹¹. Ann an cuid de dh'aiteachan, dh'haodadh fo-laghan, riaghailtean stiùridh no riaghailtean eile a bhith air an toirt a-steach le ùghdarris ionadail no buidheann phoblach eile, agus dh'haodadh buaidh aca air mar a chleachdas tu còraichean-slighe. Feumaidh a h-uile fo-lagh a bhith co-

8 Ach faodaidh tu do chòraichean-slighe rereachdail a chleachdadh air iomaill achaidhean, air frith-rathaidean agus slighean, agus air fearann far nach deach sìol a chur (faic earrannan 2.2 agus 3.35 gu 3.37).

9 Tha Earrann 7 (8) de dh'Achd Ath-leasachadh an Fheàrainn (Alba) 2003 a' cur an cèill nach eil seo a' gabhail a-steach fearann far an deach doirlinnean-fasgaidh a thogail, linneachan a dhoimhneachadh, àrd-ùrlair iasgaich a thogail, no far an deach obraichean eile ceangailte ri iasgach a dhèanamh. Mar sin, faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdadh anns na h-àiteachan seo.

10 Tha Earrann 6 (1)(f) de dh'Achd Ath-leasachadh an Fheàrainn (Alba) 2003 a' cur an cèill gur iad seo na h-àiteachan nach b' urrainn don mhòr-shluagh a dhol a-steach orra gun phàigheadh air co-dhiù 90 làithean den bhliadhna gus 31 Faoilleach 2001, agus air co-dhiù 90 làithean de gach bliadhna as dèidh sin.

11 Mar eisimpleir, làraichean agus togalaichean eile an airm. Air fearann no uisge eile air an stiùireadh le Ministreachd an Dion, thathas a' gabhail gun tèid fearainn air cur air leth airson an airm a cheachdadh airson chur-seachadan nuair a tha seo iomchaidh. Lean fiosrachadh ionadail sam bith a thaobh shlighean air fearann mar seo. Faic Pàirt 5 airson barrachd fiosrachaiddh.

chòrdail ri ullachaidhean shlighean ann an Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003¹².

- Fearann ris nach eil còraichean-slige a' buntainn tro òrdugh dèanta le ùghdarris ionadail (feumaidh gun tèid an t-òrdugh a dhaingneachadh le Mhiniestar agus co-chomhairle phoblach a bhith ann ma maireas am bacadh sin sia làithean no nas fhaide)¹³.

Dè na gnìomhan nach eil a' buntainn ri còraichean-slige?

2.12 Feumaidh còraichean-slige a bhith air an chleachdad a tha neolaghail agus reusanta. Tha seo a' ciallachadh gu bheil gnìomhan sam bith a tha neolaghail no eucoireach, toirmeasgté bhon àm a thachaireas. A bharrachd air sin, chan eil còraichean-slige a' gabhail a-steach: a bhith air fearann no ga tharsainn airson adhbharan eucoireach, no bacadh-lagha no òrdugh cùirte sam bith eile a bhriseadh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil duine le mi-rùn mar seo air a dhùnad a-mach à còraichean-slige ùair 's a dh'fheuch e a dhol air an fhearrann. Cuideachd tha seo a' toirmeasg giùlan ghunnaichean ach nuair a thèid an neach thairis air fearann no uisge gus dol gu no tilleadh bho fhearrann no uisge far a bheil còraichean-seilge air an tabhairt, glèidhte ann an urras no glèidhte le cuideigin aig a bheil cead còraichean mar seo a chleachdad.

2.13 Tha liosta nan eucoirean reachdail as cumanta a tha co-cheangailte ri dol-a-mach dhaoine ri faighinn ann am Pàipear-taic 1. Tha seo a' gabhail a-steach pòidsearachd, sgriosadh, gun a bhith togail salachar do choin ann an àite poblach, a bhith cunntachail airson coin a tha a' cur dragh air crodh, leagail sgudail, truailleadh uisge agus cur dragh air eòin, beathaichean agus a' briseadh lusan fiadhaich. Cuideachd, tha eucoirean fon lagh coitcheann ann, mar bhriseadh na sìthe.

2.14 Chan eil Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003 a' gabhail a-steach dòighean-obrach a thaobh chòraichean-slige¹⁴, mar:

- Sealg, losgadh ghunnaichean no iasgach. Tha feum ann fhathast airson cead bhon t-sealbhadair ceart gus gnìomhan mar seo a dhèanamh.
- Gniomhan càrbaid, mar dhol air motar-baidhsagal agus *scrambling*, draibheadh far-rathaid, cleachdad bhàtaichean sam bith le motar air uisge, *microlighting* agus cleachdad bhàtaichean modail le motar. Tha feum ann fhathast airson cead bhon t-sealbhadair ceart gus gnìomhan mar seo a dhèanamh. Ach, thà còraichean-slige a' buntainn ri ciorramach a tha a' cleachdad càrbaid no bàta le motar air a togail no air atharrachadh airson cleachdad leis an neach sin¹⁵.
- A bhith air no a' tarsainn fearainn fhad 's a tha duine cunntachail airson gulain chon nach eil fo smachd ceart (faic earrann 3.55).
- A bhith air no a' tarsainn air fearann no uisge leis an amas a bhith a' toirt air falbh rud sam bith a tha air an fhearrann no anns an uisge airson adhbharan malaireach no

12 Faodaidh ùghdarrasan ionadail agus cuid de bhuidhnean poblach eile (faic earrann 6.7) fo-laghan a thoirt a-steach. Tha earrann 30 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003 a' cur an cèill gu bheil a h-uile fo-lagh feumach air ath-sgrùdadh agus, ma tha e riatanach, air leasachadh leis an ùghdarrasan ionadail no buidheann phoblach iomchaidh, gus am bi iad co-chòrdail ri ullachaidhean na h-Achd. Feumaidh gun tèid seo a dhèanamh an ceann dà bhliadhna bhon àm a tha an Achd ann an èifeachd.

13 Earrann 11, Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003. Dh'fhaodadh gun rachadh a' chumhachd seo a chleachdad airson cuid de thachartasan spòrs, mar rèisean-cnuic carbaid, ralaidean-càir, rallaidean chàraichean agus co-fharpaisean sgitheadh-uisge, agus cuid de thachartasan eile, mar fèilltean àiteachais, fèilltean-reic *car-boot*, fèisean ciùil, bainnsean agus tachartasan a tha a' gabhail a-steach reic bathar no solarachadh bìdh.

14 Earrann 9, Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003

15 Ma tèid a chumail umhail do Chòd an Rathaid

airson prothaide (mar eisimpleir, balgain-buachair no dearcan air am buain airson adhbharan malairteach no greabhal agus clachan).

Dè mu dhèidhinn shlighean àbhaisteach poblach agus cùrsa a thogail?

2.15 Tha slighean àbhaisteach poblach eadar-dhealaichte bho chòraichean-slighe agus thathas gan aithneachadh ann an lagh na h-Alba fad linnteann agus mar phàirt phriseil den dualchas cultair. Airson slighe àbhaisteach poblach a steidheachadh fon lagh cumanta, feumaidh e ruith eadar dà àite poblach air cùrsa a tha gu ìre mhath air a shònachadh (chan fheum e a bhith na slighe so-aithnichte), agus feumaidh gun deach a cleachdadadh gu fosgalte agus gu sìtheil leis a' mhòr-shluagh, gun chead an ùghdaran-fhearainn, tro cead labhairt no tro tuigse, thairis air co-dhiù 20 bliadhna. Chaidh mòran shlighean àbhaisteach a stèidheachadh airson luchd-coiseachd a-mhàin, ach tha feedhainn ann a chaidh an stèidheachadh airson cleachdadadh le marcaichean agus daoine air baidhsagal, agus tha beagan ann airson charbadan-motair.

2.16 Bidh slighean àbhaisteach poblach uile fhathast ann¹⁶ agus chan eil buaidh aig Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003¹⁷ orra. Faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdadadh, an àite slighean àbhaisteach poblach, far a bheil na slighean seo a' tarsainn air fearann air am mineachadh ann am earrann 2.2. Faodaidh tu an slighe a chleachdadadh mar shlighe àbhaisteach ged tha an t-slighe àbhaisteach a' tarsainn air fearann far nach eilear còraichean-slighe ann, mar fhearrann ceangailte ri togalach no talamh far a bheil bàrr a' fàs. Ged nach eil còraichean-slighe a' buntainn ri chleachdadadh charbadan-motair, faodaidh tu slighe àbhaisteach airson charbadan a chleachdadadh far an deach a stèidheachadh.

2.17 Bidh còraichean-seòlaidh poblach fhathast ann air lochan agus aibhneachan a thathas rim seòladh.

Dè mu dhèidhinn chòraichean poblach air a' chladach?

2.18 Bidh còraichean poblach fhathast ann air a' cladach¹⁸ agus ann an uisge an t-siùil-mhara. Cha deach sin a shònachadh gu iomlan ach thathas a' gabhail a-steach eòin fiadhaich a shealg, iasg na mara iasgach, maorach neo-àraichte a thogail, teine a lasadh, snàmh, cluich air a' ghainnímh agus cuirmean-cnuic a chumail. Tha còraichean-slighe a' buntainn ri na h-àiteachan seo cuideachd.

Dè mu dhèidhinn ghniomhan agus àiteachan nach deach am mineachadh ann an còraichean-slighe?

2.19 Tha na còraichean-slighe, a chaidh an stèidheachadh le Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003, gu math farsaing a thaobh nan àiteachan agus nan gnìomhan a tha a' buntainn riutha, cho fad 's a thèid an cleachdadadh gu cùramach. Ach, chan eil còraichean-slighe a' buntainn ri cuid de dh' àiteachan far an do chleachd a' mhòr-sluaign slighe uaireannan airson ùine fhada. Mar eisimpleir, a' dol tro cuid de dh' iodhlainn agus thairis air cuid de dhamaichean. Tha a' mhòr-sluaign air a bhith a' dèanamh ghniomhan àraidih airson ùine fada, nach eil nam pàirt de chòraichean-slighe reachdail, mar buain dhearcan no mheasan nàdarra airson cleachdadadh pearsanta no slaodadh air cuid de raointean golf. Chan eil buaidh aig Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003 air cothroman-slighean agus gnìomhan mar seo.

16 Tha fiosrachadh air slighean àbhaisteach ri fhaighinn bho ùghdarrasan ionadail. Faic www.outdooraccess-scotland.com cuideachd airson cheanglaichean ri buidhnean iomchaidh eile.

17 Earrann 5, Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003

18 Is e an talamh eadar muir-làn agus muir-tràghad an reòthairt àbhaisteach a tha seo.

Pàirt 3. A' CLEACHDADH CHÒRAICHEAN-SLIGHE LE CÙRAM

A' cleachdadhean-chòraichean-slighe le cùram: sùil aithghearr orra

Feumaidh tu còraichean-slighe a chleachdadhean-chòraichean-slighe le cùramach agus minichidh a' phàirt seo den Chòd dhut mar a nì thu sin. Gheibh thu geàrr-chùnnatas air na priomh dhleastanasan agad gu h-iosal.

1. Gabh cùram airson na tha thu fhèin a' dèanamh.

- Nì thu seo ann a bhith:
- a' gabhail cùram airson do shàbhailteachd fhèin agus cuimhnich gur e àrainneachd obrach a tha anns an dùthaich agus bi air leth cùramach le cunnartan nàdarra;
 - a' gabhail cùram sònraichte ma tha uallach ort do chlann, agus thusa nad phàrant, tìdsear no treòraiche, gus dèanamh cinnteach gun gabh iad tlachd anns an dùthaich le cùram agus gu sàbhailte.

2. A bhith mothachail air priobhaideachd agus fois dhaoine eile.

- Nì thu seo ann a bhith:
- a' leantainn frith-rathad no slighe, ma bhios fear ann, nuair a bhios tu dlùth ri taigh no lios;
 - a' cùmail astar reusanta air falbh bho thaighean, mura h-eil frith-rathad no slighe ann, agus a' seachneadh fearainn le sealladh thairis orra;
 - a' dèanamh cinnteach nach chuireadh tu dragh no eagal air dhaoine a tha a' fuireach ann an taigh; agus
 - air leth mothachail agus a' cùmail air falbh bho thaighean far nach biodh dhaoine an dùil ri cuideigin eile fhaicinn, agus ann a bhith a' leantainn shlighean agus fhrith-rathaidean air an oidhche.

3. Thoir taic do dh'uachdarain-fearainn agus do dhaoine eile a bhith ag obair gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach.

Nì thu seo:

- gun a bhith a' cur bacadh air obrachadh stiùireadh fearainn, le bhith a' cumail fada gu leòr air falbh uaithe agus a' leantainn ri comhairle reusanta bhon stiùiriche-fearainn;
- a bhith a' leantainn rabhadh no moladh reusanta sam bith air a thoir seachad leis an stiùiriche-fearainn, mar àiteachan no rathad a sheachnad nuair a thathar a' dèanamh obraichean cunnartach, mar leagail chraobhan agus frasadh bàrr;
- a bhith a' lorg roghainnean eile, mar fhearann eile ri taobh, mus tèid thu a-steach air fearann le beathaichean air;
- gun a bhith a' biadhadh bheathaichean;
- gun a bhith a' dèanamh cron air bàrr, le bhith a' cleachdadhean-chòraichean-slighean no iomaill achaidhean, no siubhail air talamh anns nach deach bàrr a chur no le bhith a' taghadh shlighean eile air fearann a tha ri taobh; agus
- a bhith a' fàgail gheataichean mar a lorgas tu iad.

4. Coimhead as dèidh na h-àrainneachd

Nì thu seo:

- gun a bhith a' cur dragh air eòin no beathaichean eile agus gun a bhith a' dèanamh sgrios air lusan no feartan chlachan a dh'aona ghnothach;
- ann a bhith a' leantainn aontachadh saor-thoileach sam bith eadar stiùirichean-fearainn agus buidhnean chur-seachadan;
- gun a bhith a' dèanamh cron air àiteachan dualchas cultair;
- gun a bhith a' truailleadh agus a' toirt air falbh leat a h-uile pìos sgudail agad.

5. Cùm smachd ceart air do chù

Nì thu seo:

- gun a bhith ga leigeil crodh a reubadh no ionnsaigh a thoirt orra;
- gun a bhith ga leigeil a dhol a-steach air achaidhean far a bheil laoigh no uain;
- ann a bhith ga chòmail air iall ghoirid no fo smachd ceart nuair a bhios tu ann an cluain le beathaichean eile;

- ma tha crodh a' dol a thoirt ionnsaigh ort, na clisg, agus leig ma sgaoil do chù anns a' bhad aqus lean an t-slighe as sàbhailte a-mach às an cluain;
- ann a bhith ga chùmail air iall ghoirid no fo smachd ceart nuair a bhios eòin air an nead (mar as tric eadar a' Ghiblean agus an luchar) ann an àiteachan mar mhòintich, coilltean, cluaintean, cladaichean locha agus mara;
- ann a bhith a' togail agus a' toirt air falbh salchar a dh'fhàgas do chù ann an àite poblach sam bith.

6. Bi air leth cùramach nuair a tha thu a' cur tachartas air dòigh no ma tha thu a' ruith buidheann no gniomhachas. Nì thu seo ann a bhith:

- a' cur fios do na stiùirichean-fearainn ceart ma tha thu a' cur turas foghlaim gu tuathanas no oighreachd air dòigh;
- a' faighinn cead bho na stiùirichean-fearainn ceart, ma bhios feum agad air goireasan no seirbheisean airson an tachartais agad, no ma bhios dùil ann gun cuireadh e bacadh mì-reusanta air obrachean stiùireadh an fhearainn, air daoine eile a bhios a' gabhail tlachd anns an dùthaich no gun dèan e cron air an àrainneachd;
- a' bruidhinn ri stiùirichean an fearainn air a bheil uallach airson nan àiteachean a chleachdas tu gu tric no gu dian.

Dè a tha ann an giùlan ciallach?

3.1 Tha thu a' roinneadh na dùthcha le daoine eile a tha a' faighinn am beòshlaint aiste no a tha a' fuireach oirre no a' gabhail tlachd innte ann an dòighean eadar-dhealaichte, agus cuideachd le iomadachd fiadh-bheatha na h-Alba. Bidh thu a' cleachdadadh chòraichean-slighe le càram¹⁹.

- mura ghabh thu gnothaich gu mì-reusanta ann an còraichean dhaoine eile; agus
- ma bhios tu gad ghiùlain fhèin gu reusanta agus a-rèir na lagha, agus ma bhios tu a' toirt fa-near do mhath dhaoine eile agus do dh'fheartan na tire.

3.2 Ma leanas tu an stiùireadh anns a' phàirt seo den Chòd, bidh thu a' cleachdadadh chòraichean-slighe le càram agus cha bhi thu a' gabhail gnothaich gu mì-reusanta. Tha Pàirt 5 den Chòd na iùl prataigeach air do chòraichean agus do dhleastanasan, agus air dleastanasan stiùirichean an fearainn ann an iomadh suidheachadh cumanta.

3.3 Mura lean thu an stiùireadh, dh'faodadh gun bi thu a' gabhail gnothaich gu mì-reusanta. Dh'faodadh gun tig crion às (mar briseadh feansa no stampadh bàrr) no buaireadh nach beag (mar chasgadh air obair stiùireadh an fhearrainn, bacadh geata le carbad no dragh a chur air fiadh-bheatha a dh'aona gnoothach). Ann an suidheachaidhean mar seo, dh'faodadh nach eil còraichean-slighe ann agus dh'faoidte gun tèid iarraidh ort am fearann no an t-uisge, air a bheil thu a' tadhal, fhàgail. Cuideachd dh'faoidte gun d' rinn thu eucoir (faic earrannan 2.12-2.13 agus Pàipear-taic 1).

3.4 Ann an dà-rìribh, is ann mu dheidhinn cho-dhùnaidhean fiosraichte air na bu chòir dhut dèanamh ann an suidheachadh àbhaisteach a tha cleachdadadh chòraichean-slighe. Tha na dleastanasan a thig asta a' dearbadh seo. Feumaidh tu a bhith mothachail, ged nach bi thu a' tadhal air àite gu tric agus nach bi thusa a' dèanamh crion air, is dòcha gum bi aig stiùiriche an fhearrainn no an àrainneachd fhèin a bhith a' dèiligeadh ris a' bhuaidh de mòran daoine. Is ann mu bhith mothachail agus túrail a tha dol-a-mach ciallach.

3.5 Tha còraichean-slighe rin cleachdadadh air agus far shlighean ach feumaidh an cleachdadadh gu càramach. Nuair a bhios tu dlùth ri taighean no togalaichean còmhnaidh eile, no ann an achadh le bàrr, no ann an àiteachan far a bheil an àrainneachd air leth fosgailte do chron, bhiodh e túrail, ge-tà, a bhith a' leantainn shlighean agus fhrith-rathaidean far a bheil iad ann. Bidh seo a' cur taic ri rianachd chothroman-slighe agus ri dion mathan stiùirichean an fhearrainn agus na h-àrainneachd.

3.6 Cha bu chòir do stiùirichean-fearainn cur bacadh air cleachdadadh do chòraichean-slighe gu mì-reusanta. Thathas a' mineachadh an dleastanasan ann am Pàirt 4.

3.7 Nuair a chleachdas tu còraichean-slighe, tha sia dleastanasan coitcheann ann agus minichidh a' phàirt seo den Chòd dhut mar a choilionas tu iad. Leughaidh tu mu dheidhinn nan sia dleastanasan seo gu h-ìosal.

Cùram a ghabhail airson na tha thu fhèin a' dèanamh

3.8 Tha dleastanas cùraim aig stiùirichean-fearainn airson nan daoine a thig a-steach air an fhearrann aca²⁰. Tha Achd Ath-leasachadh an Fheàrainn (Alba) 2003²¹ a' mìneachadh nach eil buaidh air farsaigneachd dleastanas a' chùraim le stiùiriche-fearainn do neach eile a tha air fearainn no uisge, tro reachdas chothoman-slighe na h-Achd, a thaobh solaradh cothroman-slighe na h-Achd. Tha seo a' ciallachadh nach bi càraichean-slighe ag atharrachadh nàdar na buailteachd a bhios air stiùiriche-fearainn.

3.9 Tha dleastanas cùraim aig a' phoball do stiùirichean-fearainn agus do dhaoine eile. Ma atharraicheas tu an dòigh anns bheil thu gad ghiùlan fhèin a-rèir an t-suidheachaidh agus ma bhios tu ciallach, thèid tuiteamasan agus tubaistean a sheachnad. Ma tha do chur-seachad cunnartach (mar siubhal gu luath air baidhsagail, draibheadh cairt no carbaid le eich no coin), bu chòir dhut a bhith air leth faiceallach gun a bhith nad adhbhar cunnairt do dhaoine eile. Ma shiubhaileas tu air slighean air cleachdaidh le daoine eile, feumaidh tu a bhith cùramach agus suimeil do dhaoine eile, gu h-àraig an fheadhainn as so-leònte.

3.10 Tha e cudthromach a bhith a' cuimhneachadh nach eil an dùthaich gun chunnart. Is e àite obrach a tha anns an dùthaich, a thèid a chleachdad airson iomadh gnìomh, mar tuathanachais agus coilltearachd. Faodaidh crodh agus beathaichean eile air tuathanas fàs ionnsaigheach ann an cuid de shuidheachaidhean, agus tha feum air feansaichean agus ballachan gus crodh agus beathaichean eile a chumail taobh a-staigh cluain. Dh'faodadh gun cuir stiùirichean-fearainn soidhnichean a dh'iarras ort slighe no àite sònraichte a sheachnad fhad 's a tha obraichean stiùireadh fearainn a' dol, mar leagail chraobhan no frasadhbhàrr. Dèan cinnteach gun leugh thu soidhnichean mar seo agus gun lean thu a' chomhairle orra.

3.11 Tha mòran chunnartan nàdarra ann cuideachd, mar thalamh neo-rèidh, slighean garbh, creagan, talamh cas agus creagach, aibhneachan dian-ruith agus uisge domhainn le fo-shruth. Tha cuid de ghnìomhan ann, mar streap nam beann agus canùadh, a tha na dearbh dhùblain agus tha seo na h-adhbhar airson gu bheil an dùthaich a' còrdadh ri daoine. Ge-be dè an gnìomh a tha a' còrdadh riut, feumaidh tu a bhith mothachail, tûrail agus cùramach a thaobh chunnartan nàdarra. Tha seann phrionnsabal laghail ann, air a bheil "*volenti non fit injuria*", a tha a' ciallachadh gun tuigear às mar as trice gu bheil neach a chleachdas slighe a' gabail ri cunnartan follaiseach no cunnartan a tha na phàirt de na ghnìomhan a nì iad.

3.12 Cuimhnich nach eil tùr no gliocas aig cloinn an-còmhnaidh gus deagh bhreithneachadh a ruigsinn air nas còir dhaibh dèanamh ann an suisheachadh sònraichte. Ma bhios uallach ort do chloinn, agus thusa nad phàrant, tidsear no treòraiche, bi air leth cinnteach gun gabh iad tlachd anns an dùthaich gu cùramach agus sàbhailte.

Cuimhnich na prìomh phuingean seo agus gabh cùram airson na tha thu fhèin a' dèanamh:

- bi faiceallach a thaobh do shàbhailteachd fhèin agus aimhnich gu bheil an dùthaich na àrainneachd obrach agus gu bheil cunnartan nàdarra ann; agus
- bi air leth cùramach, ma bhios uallach ort do chloinn, agus thusa nad phàrant, tidsear no treòraiche, agus dèan cinnteach gun gabh iad tlachd anns an dùthaich gu cùramach agus sàbhailte.

20 Mar eisimpleir, Achd Buailteachd Luchd-Còmhnaidh (Alba) 1960 agus Achd Slàinte agus Sàbhailteachd anns an Àite-Obrach 1974.

21 Earrann 5(2), Achd Ath-leasachadh an Fheàrainn (Alba) 2003.

Bi mothachail air priobhaideachd agus fois dhaoine eile

- Taighean agus liosan

3.13 Tha a h-uile duine airidh air tomhas reusanta de phriobhaideachd anns an taighean agus liosan aca fhèin. Feumaidh a bhith mothachail air priobhaideachd agus fois dhaoine eile nuair a chleachdas tu còraichean-slighe, gu h-àraig ma bhios tu faisg air taigh no lios. Cha bu chòir dhut nas motha dragh a chur air an fois.

3.14 Mar sin, tha Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003 a' mìneachadh nach urrainn dhut còraichean-slighe a chleachdad air "fearann cuibheasach ri taobh" taigh (tha seo a' gabhail a-steach carabhan, teant no àite sam bith eile a bheir priobhaideachd no fasgadh do dhuine. Tha seo a' ciallachadh gu bheil fearann gu leòr ann airson an fheadhna a tha a' fuireach an-sin, agus gum bi tomhas reusanta de phriobhaideachd ann dhaibh a nì cinnteach nach tèid dragh mi-reusanta a chur²² air an tlachd aca anns an taigh. Tha dà rud cudthromach rin cuimhneachadh ann:

- chan fhaod thu còraichean-slighe a chleachdad air "fearann cuibheasach ri taobh" taigh agus mar sin feumaidh tu àiteachean mar seo aithneachadh; agus
- feumaidh tu urram a chur air priobhaideachd agus fois dhaoine a tha a' fuireach ann nuair a chleachdas tu còraichean-slighe faisg air taigh no lios.

3.15 Mar is tric, tha "fearann cuibheasach ri taobh" taigh a' ciallachadh anns a' Chòd seo an lios timcheall air an taigh aig cuideigin. Bhiodh seo gu math follaiseach airson a' chuid as motha de thaighean mar: lios foirmeil ri taobh taigh agus air a chuaireachadh le balla, callaid no feansa. Dh'fhaodadh nach eil lios idir aig cuid de na taighean no gu bheil iad dìreach ri taobh rathaid, frith-rathad no slighe. Dh'fhaodadh an lios a bhith faisg air taigh, ach chan ann ri a thaobh, no dh'fhaodadh gu bheil an lios duilich ri aithneachadh air sgàth 's nach eil crìoch fhollaiseach ann, mar bhalla, callaid no feansa. Seo rudan a chuidicheas tu ann a bhith a' cur romhad mas e lios a tha anns an fhearrann a tha faisg air taigh no nach e:

- crìoch shoilleir, mar bhalla, feansa, callaid no bruach air togail, no crìoch nàdarra mar abhainn, srùth no loch;
- faiche no raon eile de dh'fheur goirid air ghearradh;
- ceapaichean fhlùraichean agus preasan àraichte, leacan ùrlair agus feartanan uisge;
- seadaichean, taighean-glaine agus taighean-samhraidh;
- liosan glasraich agus measa (gu tric le ballachan, ach uaireannan sgaipte bho thaighean).

3.16 Tha cuid de thaighean mòra air an cuaireachadh le raon gu math mòr de dh'fhearrann ris an canar "aitreabh" an taighe. Is e raointean de chluain, pàirc no fearann coillteach a tha ann am bitheantas. Feumaidh tu cur romhad na nì thu a-rèir an t-suidheachaidh sònraichte a bhios ann an-seo cuideachd. Dh'fhaodadh gum bi roinn den aitreabh air àiteachadh gu dian airson tlachd dachaigheil an teaghlaich, agus dh'fhaodadh e gabhail a-steach faichean, ceapaich fhlùraichean, slighean, seataichean, seadaichean, feartanan uisge agus taighean-samhraidh. Cha bhiodh còraichean-slighe a' buntainn ri na roinnean fo dhian àiteachadh seo. Cha bhiodh na roinnean farsaing an aitreibh, nach eil fo dhian àiteachadh, mar chluaintean agus fearainn coillteach, co-dhiù pàircichte no neo-phàircichte, a bhith na ghàrradh agus mar sin gabhaidh còraichean-slighe a chleachdad air ann. Anns na roinnean seo de chluain, pàirc no fearann coillteach faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdad air slighean-draibhidh cuideachd ach far a bheil seo a' tionndadh na ghàrradh no a dhol seachad air taigh-gheata no togalaichean eile, chan fhaod.

3.17. Nuair a tha thu faisg air taigh no lios, faodaidh tu a bhith mothachail air priobhaideachd agus fois dhaoine:

- ann a bhith a' cleachdadadh frith-rathad no slighe ma bhios fear ann;
- ann a bhith a' cumail astar reusanta air falbh bhon taigh agus a' seachnadhl talmhainn far am faigheadh tu sealladh thairis air an taigh no air an lios mura bheil frith-rathad no slighe ann;
- ann a bhith a' cumail astar reusanta air falbh bho thaigh a tha ri taobh uisge ma bhios tu a' falbh air abhairnno air loch;
- gun a bhith rongach no gad ghiùlain fhèin ann an dòigh a chuireadh dragh no eagal air daoine a tha a' fuireach anns an taigh; agus
- gun a bhith a' dèanamh cus fuaim.

- Togalaichean eile agus an cuairteachadh

3.18 Chan eil cuairteachadh togalaich sam bith eile a' buntainn ri còraichean-slighe. San fharsaingeachd, tha fearann mar seo gu dlùth ceangailte ris an togalach an dà chuid gu fisigeach agus a thaobh cleachdaidh gus aon àite-iadhaidh a dhèanamh às. Mar a trice, bidh feartan fisigeach mar bhalla, feansa, raon de dh'ài-te-charbadan no crìoch fhisigeach eile a' comharrachadh dhut far a bheil cuairteachadh an togalaich ann. Feumaidh tu tomhas a dhèanamh air dè am fearann a thathas a' cleachdadadh maille ris an togalach nuair nach eil feart fisigeach ann. Bi toiniseach nuair a chleachdas tu còraichean-slighe faisg air togalach mar seo agus cuimhnich a bhith mothachail air priobhaideachd agus fois na feedhna a tha ag obair ann.

- Cothroman-slighe air an oidhche

3.19 Faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdadadh tron latha agus air an oidhche. Tha iomadh adhbhar ann a chleachdas daoine slighe air an oidhche mar: luach an cur-seachad fhèin, am feum a bhith ga dhèanamh sa gheamhradh no aig amannan eile den bhliadhna nuair a thathar a' tadhail air àiteachan nas iomallaiche, agus a dhol dhachaigh anmoch air an oidhche. Nuair a chleachdas tu còraichean-slighe a dh'oidhche, cuimhnich gum faod sin an t-eagal a chur air daoine a tha a' fuireach anns an àite, a thaobh an tèaraainteachd agus an sàbhailteachd phearsanta agus a thaobh eucoirean a nithear fo sgàil na h-oidhche. Dh'fhaoidte gum bi mi-thugse ann a thaobh an adhbhair a tha thu ann. Cuideachd cuimhnich gu bheil ann an cuid de dh'ài-teachan, gum faod stiùirichean-fearainn a bhith ri obair a dh'oidhche, mar spadadh chriomairean. Agus cha bhi cunnartan nàdarra agus daonna cho soilier 's a bhios iad tron latha.

3.20 Ma bhios tu a-muigh a dh'oidhche, dèan cinnteach gu bheil thu mothachail air priobhaideachd agus fois dhaoine. Mas urrainn dhut, cùm air falbh bho thogalaichean agus cleachd slighean agus frith-rathaidean ma bhios iad ann. Ma thig thu gu cluain le beathaichean oirre, dh'fhadaodh gum bi e nas fheàrr a dhol a-steach air cluain no fearann ri a taobh. Bi faicealach nuair a thèid thu thairis air feansa, geata, gàrradh no an leithid.

- Slighean àbhaisteach poblach

3.21 Faodaidh tu slighean àbhaisteach a chleachdadadh a thèid tro liosan no air slighean-draibhidh no a thèid seachd gu dlùth air taighean.

Cuimhnich na prìomh phuingean seo agus bi mothachail air priobhaideachd agus fois dhaoine eile:

- chan eil còraichean-slighe a' buntainn ri liosan dhaoine;

- cleachd frith-rathad no slighe ma bhios fear ann nuair a tha thu faisg air taigh no lios;
- cùm astar reusanta air falbh bho thaighean agus mura bheil frith-rathad no slighe ann, seachain talamh far am faigheadh tu sealladh thairis air an taigh no air an lios;
- dèan cinnteach nach bi thu gad ghiùlan fhèin ann an dòigh a chuireadh dragh no eagal air na daoine a tha a' fuireach anns an taigh agus na dèan cus fuaim; agus
- tron oidhche, dh'fhaodadh nach bi cunnartan cho soilier 's a bhiodh iad tron latha. Mar sin, bi faicealach agus cùm air falbh bho thaighean far nach biodh daoine an dùil ri cuideigin fhaicinn agus lean slighean agus frith-rathaidean.

- Thoir taic do stiùirichean-fearainn agus do dhaoine eile a bhith ag obair gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach

3.22 San fharsaingeachd, tha an dùthaich na àrainneachd-obrach a bheir beòshlaint do mhòran daoine, a' gabhail a-steach: tuathanaich, croitearan, ciòbairean, foirsairean agus uachdarain le oighreachd. Tha cron agus buaireadh cosgail do dhaoine agus an gniomhachasan an dà chuid a thaobh ùine agus airgid. A-rèir na lagha, feumaidh stiùirichean-fearainn ceumannan so-dhèanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach nach bi an obair a' cur a' phobaill ann an cunnairt²³. Mar sin, feumaidh tu taic a thoirt do stiùirichean-fearainn gus am b' urrainn dhaibh obrachadh gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach fhad 's a chleachdas tu do chòraichean-slighe, gu h-àraig nuair:

- a thachras tu ri obraichean stiùireadh fearainn;
- a thachras tu ri beathaichean air tuathanas;
- a tha thu airson a dhol a-steach no tarsainn air achadh le bàrr; agus
- a thachras tu ri geata, feansa, balla agus feartan mar sin.

3.23 Gheibh thu stiùireadh air nas còir dhut dèanamh ann an uidheachadh mar sin gu h-iosal. Cuideachd gheibhear stiùireadh air nas còir dhut dèanamh ma bhios tu airson leantainn ri frith-rathad no slighe thar iodhlainn agus fearainn a tha a' buntainn ri togalaichean eile far nach còraichean-slighe ann. Gheibh thu iùl prataigeach air na nì thu ma thachras tu air gnìomhan mar stalcaireachd fèidh, sealg choileach-fraoich, sealg air talamh ìosal agus iasgach ann am Pàirt 5.

- Còraichean-slighe air fearann far a bheil obrachadh stiùireadh fearainn a' dol

3.24 Feumaidh stiùirichean-fearainn an obair aca a stiùireachadh cho sàbhailte agus cho èifeachdach 's a ghabhas. Tha bacadh air obair a' cosg ùine agus airgead dhaibh agus dh'fhaodadh gum bi e cunnartach a thaobh do shàbhailteachd fhèin agus sàbhailteachd na feadhna eile a tha ag obair air an fhearrann. Feumaidh stiùirichean-fearainn ceumannan so-dhèanta a ghabhail gus sàbhailteachd dhaoine a dhèanamh cinnteach fo Achd Slàinte agus Sàbhailteachd anns an Àite-Obrach 1974. Ann a' chuid as mothà de shuidheachaidhean, bidh molaidhean agus comhairle freagarrach, ach tha beagan shuidheachaidhean ann, mar rè agus às dèidh frasadhbhalla le searbhag phronnasgach no puinnsean-bhiastagan, far am bi dleastanas laghail orra a dhèanamh cinnteach gun cum daoine gun dòn a-mach às an achadh airson ùine sònraichte, eadar

uair no dhà agus ceithir làithean airson searbhag phronnasgach²⁴.

3.25 Tha a' chuid as mothà den obair aig stiùirichean-fearainn ri fhaicinn gu follaiseach, fhad 's a thathas ga dèanamh agus cha bhiodh seo cunnartach ach gu ionadail agus gu follaiseach, no airson ùine glè ghoirid. Am measg nan gniomhan seo, tha:

- treabhadh achaidhean, cur shiol agus buain barra;
- cur chraobhan no challaidean no gearradh gheugan;
- gluasad cruidh bho chluain gu cluain no gu togalaichean tuathanais;
- falaisg²⁵;
- gearradh an fheòir air raointean spòrs agus golf;
- togail fheansaichean, ballachan, callaidean agus geataichean;
- fuasgladh uisge à lochan-tasgaidh agus canalan agus càradh lochan-tasgaidh, canalan no togadairean uisge; agus
- sgriobadh aibhneachan, canalan agus lochan.

3.26 Ma thachras tu ri obair mar seo fhad 's a tha i a' dol air adhart, lean ort gu cùramach agus cùm astar math air falbh. Dh'fhaodadh gun iarr an stiùiriche-fearainn ort slighe sònraichte a ghabhail; bidh a' comhairle seo a' lùghdachadh chunnartan don shàbhailteachd agad fhèin agus de dhaoine eile. Na streap thairis air bathar air a stòradh, mar thrusagan feòir no stacaicean fiodha no innealradh sam bith.

3.27 Ann an cuid de shuidheachaidhean, dh' fhaodte gum bidh na cunnartan nas trom-chùisiche no falaichte mar:

- bàrr ga fhrasadhl no air fhrasadhl le puinnsean-bhiastagan o chionn ghoirid;
- craobhan gan leagail agus gam buain ann an coille;
- trèanadh an aimr no fearann le àirneis-chogaidh gun spreadhadh;
- stuthan cunnartach gan cleachdadhl no stòradh.

Anns na sudheachaidhean seo, feumaidh stiùirichean-fearainn measadh-cunnairt a dhèanamh agus ceumannan reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach nach bi cunnart ann do dhaoine. Nuair nach tèid casg no smachd a ghabhail air cunnart ann an dòigh sam bith eile, dh'fhaodadh gum bi an rabhadh na phàirt den stiùireadh cothrom-slidge anns an àite sin. Mar as trice, bidh feum ann airson seòrsa, àite agus fad a' chunnairt mar phàirt den fhiosrachadh buntainneach. (faic earrann 4.15). Ma bhios obair mar seo ann fad beagan mhìosan, dh'fhaodadh gun tèid roghainn eile de shligean a sholarachadh. Dh'fhaodadh gun tèid iarraidh ort gun a bhith a' cleachdadhl slighe no àite sònraichte, no gun a bhith a' dèanamh gnìomh sònraichte fhad 's a tha an cunnart fhathast ann. Lean ri comhairle mar seo air sgath 's gu bheil e ann gus an sàbhailteachd agad fhèin agus dhaoine eile a dion.

3.28 Feumaidh uallachaidhean mar seo a bhith ann anns an àite agus airson na h-uinne nas lugha gus cothrom a thoirt do dhaoine an obair seo a choileanadh gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach (faic earrannan 4.11 gu 4.17). Agus feumaidh gu bheil slighean eile air an cur air dòigh a bhith prataigeach gus an cleachd daoine iad. Dh'fhaodadh gun comharrach soidhnichean far a bheil slighe sònraichte sàbhailte a-nis m.e. àiteachan leagail chraobhan ann an coille far an cleachd a' mhòr-sluaigh còraichean-slidge gu tric, nan deach a' ghniomhachd a sgur, mar aig deireadh na seachdaine.,

Cuimhnich na priomh phuingean seo ma thachras tu air obrachadh stiùireadh fearainn:

24 Riaghailtean Smachd air Puinnsean-bhiastagan (mar a chaidh atharrachadh) 1986

25 Thathas a' cur falaisg air losgadh cùramach na mòintich gus ath-ùrachadh an fhraoich a bhrosnachadh.

- cùm astar sàbhailte air falbh agus lean ri comhairle reusanta a bheir an stiùiriche-fearainn dhut a dhèanamh cinnteach nach cuir thu bacadh air an obair;
- airson cuid de dh' obraighean, mar fhrasadhbh barra agus leagail chraobhan, feumaidh an stiùiriche-fearainn dèanamh cinnteach nach bi buaidh air daoine-lean ri comhairle sam bith a rinneadh air sàilleabh do shàbhailteachd;
- na streap thairis air stuthan sam bith air an stòradh, mar trusagan feòir no stacaichean fiadha.

- Còraichean-slighe far a bheil beathaichean air tuathanas

3.29 Nuair a chleachdas tu còraichean-slighe ann an cluain far a bheil bà, caoraich, eich, fèidh, mucan no beathaichean eile, feumaidh fios a bhith agad air mar a dh'faodadh beathaichean deiligeadh riut. Faodaidh bà a bhith ceasnachail agus gun tig iad gad ionnsaigh. Ma tha cù agad, faodaidh bà a bhith ionnsaigheach. Faodaidh cuid de bheathaichean a bhith ionnsaigheach, mar thairbh, a bhios a' dion beathaichean eile anns a' chluain. Tha e mòran nas coltaiche gun ruith caoraich air falbh bhuat ged a dh'fhaodadh iad a bhith ionnsaigheach nuair a tha uain aca. Tha e mòran nas coltaiche gun tig eich gad ionnsaigh. Bidh fèidh nas coltaiche a bhith a' fàs ionnsaigheach ann an cluaintean pàircichte anns an àmhairt nuair a tha ruadhagan aca. Faodaidh mucan a bhith a' fàs ionnsaigheach aig àm sam bith.

3.30 Bi faicealach nuair a chleachdas tu còraichean-slighe ann an cluain far a bheil beathaichean tuathanais ann le bhith a' leantainn an stiùiridh seo:

- leugh soidhne sam bith²⁶ mus cleachdas tu còraichean-slighe ann an cluain, gu h-àiridh ma tha beathaichean òga ann agus, ma ghabhas sin a dhèanamh, lorg slighe eile ann an achadh no fearann ri taobh;
- ma tha tarbh no mucan anns a' chluain, cleachd achadh no fearann ri taobh;
- ma tha beathaichean ann an cluain far a bheil thu, lean slighean no frith-rathaidan, ma bhios iad ann, agus cùm air falbh bho na beathaichean;
- cùm sùil gheur air na beathaichean agus ma thig iad gad ionnsaigh, fan ciùin agus cuimhnich gum faod e a bhith nas sàbhailte an fhàgail uair 's a nochdas an cothom;
- na thoir cù leat a-steach air cluain far a bheil uain, laoghan no beathaichean òga eile (faic earrann 3.55 airson stiùireadh nas mionaidhaiche);
- ma thèid thu a-steach air cluain le cù, cùm cho fad air falbh bho na beathaichean 's a ghabhas agus cùm an cù air iall goirid²⁷ no fo smachd ceart²⁸ – ma tha na bà a' dol a thoirt ionnsaigh ort, fan sàmhach agus lean an t-slighe as giorra agus as sàbhailte amach às an cluain, agus leig ma sgaoil an cù, ma tha thu den bheachd gun tèid na beathaichean a thoirt ionnsaigh ort; agus
- ma thèid thu a-steach air cluain làn chaorach le cù, cùm cho fad air falbh bho na beathaichean 's a ghabhas agus cùm an cù air iall goirid no fo smachd ceart.

3.31 Cùm astar reusanta air falbh bho bheathaichean air fearann nas fosgalite, gu h-àiridh ma tha laoghan no uain ann.

3.32 Bidh cuid de ghalaran bheathaichean, mar ghalair ronnaich, air an sgaoileadh le daoine, le coin no le carbadan, agus ged nach bi daoine a cleachdas àite airson chur-

26 Mar eisimpleir, soidhnichean oifigeil (aontaichte le Riaghaltas) mu cheumannan bith-shàbhailteachd (*bio-security*) no soidhnichean a tha ag innse dhut gu bheil caorich troma air an cur ann an cluain ro bhreith nan uan.

27 Tha seo a' ciallachadh iall nach eil nas fhaide na dà mheatair.

28 Tha smachd ceart a' ciallachadh gu bheil an cù a' leantainn òrdughan agus aig cùl do chois.

seachadan an cur ann an cunnart gu tric bho, nuair a chleachdas tu do chòraichean-slighe faodaidh tu cuideachadh sláinte bheathaichean agus bith-shàbhailteachd:

- gun a bhith a' biadhadh beathaichean tuathanais no a' dol faisg orra;
- le bhith a' toirt air falbh leat a h-uile sgudal, a' gabhail a-steach biadh no pacайдean sam bith;
- le bhith a' fàgail gheataichean mar a lorg thu iad;
- le bhith a' cumail coin fo smachd ceart agus a bhith a' togail air falbh salachar coin (faic earrann 3.55); agus
- gun a bhith a' pàirceadh do charbad ann an cluain far a bheil beathaichean.

3.33 Ma dh'èiricheas galar gabhaltach sam bith a dh'fheumas a bhith air clàradh, leithid a' ghalair ronnaich, bheir Riaghaltas na h-Alba comhairle nas mionaidiche seachad. Chuiridh tu bacadh air sgaoileadh a' ghalair le bhith a' leantainn shoidhnichean oifigeil agus a' cleachdadadh phadaichean-coise agus amaran di-ghalarach far a bheil iad ann.

3.34 Faodaidh galaran, mar *E.coli*, a bhith ann an salachar bò agus chaorach agus faodaidh daoine an gabhail an uair sin. Ged nach eil cunnart mòr ann gun gabhadh tu galaran mar seo, bhiodh e nas coltaiche nan cumadh tu cuirm-chnuic no nan campadh tu far an robh beathaichean no mura leanadh tu cleachdadadh slàinteachais math (mar eisimpleir, le bhith ag òl uisge à sruthan no uillt ionadail).

Cuimhnich na prìomh phuingean seo ma chleachdas tu còraichean-slighe far a bheil beathaichean air tuathanas:

- **bi air leth cùramach le bà, gu h-àiridh bà aig a bheil laoghan 's a dh'faodadh a tighinn ionnsaigh ort agus mar sin cùm astar sàbhailte air falbh bhuapa agus cùm sùil orra;**
- **mus tèid thu a-steach air cluain làn bheathaichean, lorg slighe eile – dh'faodadh gum biodh e nas phasa sàbhailte a dhol a-steach air achadh no fearann a tha ri taobh;**
- **na thoir do chù leat a-steach air cluain far a bheil beathaichean òga, mar uain agus laoghan;**
- **ma thèid thu a-steach air cluain far a bheil crodh, cùm air falbh bhuapa agus cùm do chù air iall goirid no fo smachd ceart – ma thig na bà gad ionnsaigh, leig ma sgoil do chù agus lean an t-slighe as giorra sàbhailte a-mach às an achadh;**
- **na thoir biadh do bheathaichean a-riamh agus thoir air falbh leat an sgudal agad air fad;**
- **fàg geataichean mar a lorgas tu iad.**

- Còraichean-slighe far a bheil bàrr ann

3.35 Faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdad air iomall achaidhean, fiù 's nuair a chaidh sìol a chur innte, agus air fearann sam bith far nach deach sìol a chur no far nach eil sìol a' fàs. Faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdad air achaidhean asbhuan agus achaidhean far a bheil feur a' fàs airson feòir-tioram no feòir-fodair, ach nuair a tha e air fàs gu ìre adhartach. Bidh do chothroman-slighe cùramach, a bhith dol a-steach air achaidhean mar seo, a' crochadh air an t-suidheachadh a bhios ann aig an àm.

3.36 Nuair a chleachdas tu còraichean-slighe ann an achadh le bàrr ann, feuch gun a bhith a' dèanamh cron air a' bhàrr ann a bhith:

- a' cleachdad fhrith-rathaidean no shlighean;
- a' cleachdad iomallan achaidh (mas e iomall chumhang a tha ann no ma tha lusan air an cur innte, na dèan cron neo-riatanach le bhith a' cumail faisg air an iomall ann an sreach aonair);
- a' falbh air talamh gun sìol air a chur ann (fhad 's nach dèan seo cron air a' bhàrr); no ann a bhith
- a' beachdachadh air slighean eile air fearann ri thaobh.

3.37 Faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdad ann an cluain far a bheil feur a' fàs airson feòir-tioram agus feòir-fodair, ach nuair a tha e aig ìre adhartach 's gun biodh air a mhilleadh. Bidh feur tiugh, fada ann an cluain mar seo, mar as trice, gun bheathaichean ionaltradh orra. Thathas a' ciallachadh gum bi feur "aig ìre adhartach" nuair a tha e mu 8 òirlich no 20 cm a dh'airde. Gus nach tèid am bàrr-talmhainn a thionndadh nuair a bhios tu airson siubhal air baidhsagal no marcaichd thairis air cluain mar sin, b' fheàrr dhut frith-rathaidean no slighean leantainn (dh'fhaoidte gum bi am feur air a thruailleadh le ùir agus bhiodh e an uair sin do-chnàmhta do bhò agus do bheathaichean eile) (faic Pàirt 5).

Cuimhnich na prìomh phuingean seo ma chleachdas tu còraichean-slighe ann an achaidhean le bàrr ann:

- cleachd frith-rathaidean no slighean no cum air talamh far na deach sìol a chur no rach a-steach air fhearann ri thaobh gus nach dèan thu cron air bàrr;
- coisich no marcaich ann an sreach aonair far a bheil sin iomchaidh;
- nuair a tha feur air fàs airson feòir-tioram no feòir-fodair agus nuair a tha e mu 20cm a dh'airde agus nuair nach eil beathaichean ag ionaltradh air, is e bhàrr a bhios ann an uair sin.

- Geataichean, feansaichean, gàrraidhean-cloiche agus feartan eile mar sin

3.38 Nuair a chleachdas tu còraichean-slighe air an dùthaich, tachraidh tu air feansaichean, gàrraidhean-cloiche agus feartan eile mar sin. Tha iad glè chudromach airson stiùireadh an fhearainn agus bidh iad a'cosg mòran ùine agus saothrach a bhith an togail agus an glèidheadh. Cleachd geata, fàradh no goireas slighe eile far an deach an cur ann. Dèan cinnteach gum fàg thu a h-uile geata mar a lorg thu e. Ma lorgas tu geata dùinte, dèan cinnteach gun dùin thu a-rithist e, mar eisimpleir faodaidh gun teicheadh beathaichean à tuathanas no eich às agus an leònadh no cron a dhèanamh air seilbh eile. Ma bhios an geata glaiste agus agad ri streap thairis air, dèan cinnteach gun dèan thu seo air a cheann lùdagach agus dèan cinntech nach dèan thu cron air. Na pàircich do chàr, bhana no baidhsagal air beulaibh slighe do dh'achaidhean agus do thogalaichean.

3.39 Thathas a' cronachadh ghàrraidhean-cloiche agus fheansaichean gu furasda uaireannan. Ma bhios agad ri fear a thrasainn, dèan cinnteach gun dèan thu seo faisg air postaichean-feansa no far a bheil am balla as treasa. Dèan cinnteach nach dèan thu cron air a' bhalla no air an fheansa.

- Còraichean-slighe thar iodhlainn agus togalaichean eile agus am fearann riutha

3.40 Chan eil còraichean-slighe a' buntainn ri iodhlainn. Is e àiteachan tranga a bhios an iodhlainn gu tric agus dh'fhadaodh slàinte agus sàbhailteachd a bhith na chuis àraig. Bidh mòran tuathanach a' gabhal dragh mu shàbhailteachd agus priobhaideachd. Getà, gu traideasant cleachdar còraichean-slighe tro iodhlann gu tric. Is e cleachdadh shlighean agus frith-rathaidean an dòigh as fhèarr a tha ann a thaobh cothroman-slighe agus bi e a' cuideachadh stiùiriche an fhearainn. Mar sin, thathar a' brosnachadh thuathanach a bhith a' cumail orra ann a bhith a' toirt cead do dhaoine a dhol thairis air iodhlainn, far nach cuireadh seo bacadh air stiùireadh an fhearainn no priobhaideachd gu mì-reusanta.

3.41 Ma leanas tu frith-rathad no slighe a tha a' dol tro iodhlann, lean an stiùireadh seo:

- ma tha thu a' siubhal air slighe àbhaisteach no prìomh shlighe, faodaidh tu leantainn ort tro iodhlann uair sam bith;
- ma tha slighe reusanta, fosigailte eile ann air a chomharrachadh le soidhne seachad air an iodhlann agus togalaichean an tuathanais, lean rithe.

Mura h-eil slighe àbhaisteach, prìomh shlighe no slighe reusanta eile air a comharrachadh a tha a'dol seachad air an iodhlann agus togalaichean an tuathanais:

- dh'fhaodadh gum b'urrainn dhut dol tro iodhlann ma tha an tuathanach toilichte mu dheidhinn no nan deach slighe a chleachdadh gu riaghailteach anns an ùine a dh'fhalbh;
- faodaidh tu do chòraichean-slighe a chleachdadh ann a bhith a' dol seachad air an iodhlann agus togalaichean an tuathanais. Ma thèid thu a-steach air iodhlann, lean ort gu sàbhailte agus gu càramach, thoir an aire air carbadan agus crodh a tha a' gluasad, agus bi mothachail air priobhaideachd dhaoine a tha a' fuireach air an tuathanas.

3.42 Chan eil còraichean-slighe a' buntainn ri fearann a tha a' cuairteachadh togalaich, mar fhactaraidh no taigh-bathar no àite stòrais. Chan eil iad a' buntainn ri àite-iadhaidh no iodhlann far a bheil structar, obraichean, plannt no innealradh, mar fhactaraidh cheimigeach no taigh-giollachd, no ionad leasachadh uisge no ionad-òtrachais. Annas a' chumantas, bidh fearann mar seo air a cheangal gu dlùth ris an togalach, an dà chuid gu fisigeach agus a thaobh cleachdaidh agus sin àite-iadhaidh air cuairteachadh le feansa no balla. Mura h-eil feansa no balla ann, bi toinisgeil agus cùm astar sàbhailte air falbh bhuapa.

Coimhead as dèidh na h-àrainneachd agad

- Dualchas nàdair

3.43 Tha dualchas nàdar na h-Alba²⁹ a' cur gu mòr ri mathas beatha agus slàinte dhaoine, agus ris an dòigh a tha iad mothachail air agus a' gabhail tlachd ann. Tha e a' cur ri dearbh-aithne ionadail agus brìgh an àite. Tha an àrainneachd fhisigeach a' toirt seachad cothroman air leth airson chur-seachadan fisigeach. Tha cothroman, far am fàs daoine eòlach air an dualchas nàdair, na phàirt chudthromach ann an leasachadh mathas beatha airson a h-uile duine. Faodaidh seo cuideachadh daoine le bhith a' mothachadh agus a' gabhail tlachd ann an luach agus cudthrom aige.

3.44 A thaobh cho iomadach agus cudthromach 's a tha fiadh-bheatha na h-Alba, feumaidh sinn coimhead as dèidh feartan sònraichte an dualchas nàdair, mar eòin, lusan agus beathaichean ainneamh. Bidh taic airson nam feartan sònraichte seo a' gabhail a-steach stiùireadh agus, ann an àiteachan air leth cudthromach, dion le taic bho bhuidhnean nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

3.45 Nuair a ghabhas tu tlachd anns an dualchas nàdair, b'urrainn dhut cuideachadh le bhith cuimhneachadh gu bheil lusan ann a thèid an cronachadh gu furasta agus gu bheil eòin agus beathaichean eile ann a ghabhas dragh no iomagain gu luath mura h-eil thu càramach. Cuideachd cuimhnich gum faodadh daoine eile air a bhith a' cleachdadh chòraichean-slighe anns an aon àite romhad – agus dh'fhaodadh gun adhbharaich turas air thuras gun tèid neadan a thrèigsinn. Mar sin, nuair a chleachdas tu càraichean-slighe, feumaidh tu deagh mheasadh a dhèanamh air feartan an fhearrann agus an uisge³⁰, a' gabhail a-steach dualchas nàdair, agus fearann a tha fo stiùireadh glèidhteachais. Nì thu seo:

- gun a bhith a' cur dragh air eòin agus beathaichean eile no a' milleadh lusan, uighean no feartan tir-cruthach a dh'aona ghnothach no le cion-umhail;
- gun a bhith a' rongachadh ma tha e follaiseach gur e tusa a tha a' cur dragh mòr air eun no air beathach fiadhaich eile;
- ann a bhith a' leantainn fiosrachadh aontaichte³¹ a tha ag amas a bhith a' lùghachadh bleithe-talmhainn, cron air lusan agus dragh air eòin no beathaichean dionta eile, ann an àiteachan nas mothachaile;
- bi air leth càramach nach cuir thu dragh air eòin agus beathaichean nas mothachaile, gu h-àraidh rè an ràith gineamhainn; agus
- thoir an sgudal agad air falbh leat.

3.46 Tha giùlanan an aghaidh eun, bheathaichean agus lusan fiadhaich ann a tha neo-reusanta agus nan eucoir fo Achd an Fhiadh-Bheatha agus na Dùthcha 1981 agus reachdas co-cheangailte ris (faic Pàipear-taic 1 airson barrachd fiosrachaidh). Mar eisimpleir, cha bu choir dhut dragh a chur air eòin fo dhòn sònraichte air an nìd, no na h-isean aca, agus cha bu choir dhut lus fiadhaich a spionadh a dh'aona ghnothach. Ann am beagan àiteachan airson adhbharan sònraichte, dh'fhaodadh gun iarrar ort leantainn ri slighe àraidh no gun a bhith a' cleachdadh do chòraichean-slighe, airson lus no eun ainneamh a dhòn. Anns na h-àiteachan seo, faodaidh an stiùireadh a bhith ann an cruthan eadar-dhealaichte (faic Pàirt 6 den Chòd airson barrachd fiosrachaidh):

29 Tha am briathar seo a' gabhail a-steach an dà chuid lusan, beathaichean is feartan tir-chruthach agus àilleachd is chàilearachd nàdair. Tha bith-iomadachd na h-Alba na phriomh phàirt a dualchas nàdair.

30 Earrann 2 (3) de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearrann (Alba) 2003

31 Aontaichte eadar stiùirichean fearainn, buidhnean chur-seachadan agus buidhnean glèidhteachais. Dh'fhaodadh am fiosrachadh seo a bhith ri fhaighinn gu ionadail no nas farsainge.

- Cùmhnantan saor-thoileach eadar stiùirichean-fearainn agus buidhnean no clubaichean riaghladh chur-seachadan. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gun iarrar air streapadairean gun a bhith a' streapadh chreagan àraidh no pàirt de chreagan rè ràith a' ghineamhainn air stèidh cumhnaint shaor-thoilich eadar stiùirichean-fearainn agus buidhnean chur-seachadan.
- Dh'fhaodadh gun do thog Dualchas Nàdair na h-Alba soidhnichean a dh'iarr ort còraichean-slighe a chleachdad a ann an dòigh àraidh no àite no slighe àraidh a sheachnad gus an dualchas nàdair a dhòn³².
- Dh'fhaodadh gun tug ùghdarrasan ionadail no buidhnean poblach eile, mar Dualchas Nàdair na h-Alba, fo-laghan³³ no ceumannan³⁴ eile a-steach air an ullachadh gus casg a chur air cron no an dualchas nàdair a dhòn.

Gus còraichean-slighe a chleachdad gu càramach, lean riatanas sam bith air a chur ort³⁵ agus bidh seo na chuideachadh ann a bhith a' seachnad cron no buaireadh cudthromach sam bith.

3.47 Tha cuid de dh'àiteachan nas buailtiche do chron le gnìomhan chur-seachadan agus mar sin dh'fhaodadh gum bi agad ri bhith air leth càramach. Ann an àrainnean nàdarra mothachail mar bhruaichean aibhne, cladaichean locha, lòin, bratan-bhoglaisean agus boglaisean àrdaichte, mullachan beinne, bruthaichean casa agus bacannan cladaich, mar as trice, is e cnag na cùise a bhith a' cur caisg, cho math 's a ghabhas, air cron, mar bhleithe-talmhainn.

3.48 Tha glainne bhriste, canastairean agus bagaichean plastaig cunnartach do dhaoine agus do bheathaichean agus tha iad grànda. Feumaidh tu do sgudal a thoirt air falbh³⁶. Bidh seo a' lùghdachadh a' chunnairt do dhaoine agus do bheathaichean agus curridh e ris an tlachd a ghabhas daoine anns an dùthaich.

Cuidichidh na priomh phuingean seo thu le bhith coimhead as dèidh na h-àrainneachd:

- **na cuir dragh no dèan sgrios air lusan, uighean, eòin no beathaichean eile no feartan chlachan;**
- **na rongaich ma bhios e follaiseach gu bheil thu a' cur dragh air eun no beathach fiadhaich eile;**
- **lean fiosrachadh ionadail aontaichte a tha ag amas a bhith a' lùghachadh bleithe-talmhainn, cron air lusan agus dragh air eòin no beathaichean dionta eile, ann an àiteachan nas mothachaile;**
- **bi air leth càramach nach dèan thu cron ann an àrainnean nàdarra nas mothachaile agus nach cuir thu dragh air eòin agus beathaichean nas mothachaile, gu h-àiridh rè na ràithe gineamhainn;**
- **lean cùmhant saor-thoileach sam bith eadar stiùirichean-fearainn agus buidhnean chur-seachadan, no iarrtasan bho ùghdarrasan ionadail, Dualchas Nàdair na h-Alba no bho bhuidhnean poblach eile;**

32 Is urrainn do Dhualchas Nàdair na h-Alba soidhnichean a thogail gus an dualchas nàdair a dhòn fo Earrann 29 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fheàrainn (Alba) 2003.

33 Fo Earrann 12 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fheàrainn (Alba) 2003 mar eisimpleir.

34 Mar eisimpleir, tro òrdugh glèidheteachas nàdair fo Achd an Fhiadh-Bheatha 7 na Dùthcha1981.

35 Feumaidh tu leantainn ri soidhne a thog Dualchas Nàdair na h-Alba fo Earrann 2 (2)(b)(ii) de dh'Achd Ath-leasachadh an Fheàrainn (Alba) 2003.

36 Achd Dìon na h-Àrainneachd 1990

- **thoir do sgudal air falbh leat.**

- Dualchas cultair

3.49 Tha dualchas cultar na h-Alba³⁷ a' cur ris an tlachd a ghabhas sinn anns an dùthaich. Cuiridh làraichean dualchas cultair, mar charraghan-cuimhne agus làraichean àrc-eòlais, ris ar tlachd gu mòr, an dà chuid mar àiteachan turasachd agus cnuasachaidh sàmhaich. Tha na làraichean iad fhèin cudthromach dhuinn a thaobh na a dh'ionnsaicheas sinn bhuapa mun àm a dh'fhalbh³⁸.

3.50 Ged a thathas a' stiùireadh cuid de na làraichean dualchas cultair mar àiteachan turasachd poblach, chan eil sin fior mun mhòr-chuid agus tha mòran ann nach eil idir follaiseach air an talamh. Is e tobhtaichean a tha ann am mòr-chuid nan làrach far nach faicear ach meallan ùir no cloiche. Tha feadhainn ann, mar thursachanan no cùirn, a tha gu math beag ach tha feadhainn eile ann, leithid thuineachaidhean trèigte, a tha a' sìneadh thairis air àite mòr. Tha coltas gu math nàdarra air mòran de na h-àiteachan seo, mar shreath chraobhan mar phàirt de dhealbh-tìre no tuinealadh air mullach cnuic.

3.51 Thathas a' dion cuid de na làraichean dualchas cultair fon lagh (ris an canar carraighean clàraichte), ach tha dhìth dìon foirmeil aig mòran dhiubh. Dh'fhaodadh nach bi fios agad an-còmhnaidh air cho cudthromach 's a tha làrach no nach aithnich thu an cron a nì tursan no cho furasta a bhiodh e ga milleadh. Feumaidh tu dèligeadh ris na làraichean seo gu faiceallach nuair a chleachdas tu do chòraichean-slighe agus am fàgail mar a lorgas tu iad gun a bhith:

- a' gluasad, a' buaireadh, a' dèanamh cron air no a' milleadh chlachan, ballachan, structaran no feartan eile;
- a' cladhadh no a' cur na talmhainn mun cuairt (aig na làraichean seo, faodaidh gniomhan, mar champadh, lasadh theintean no cleachdadh innealan lorg meataitl, adhbharachadh buaireadh mar seo);
- a' toirt air falbh rud sam bith, a' gabhail a-steach clachan agus rudan sgaoilte; agus gun a bhith
- a' cur a-steach no a' dol a-steach air cladhadh àrc-eòlach.

3.52 Tha cumhachdan ùra aig Ministearan Albannach gus soidhnichean a thogail a dh'iarras ort àite no slighe sònraichte a sheachnad gus an dualchas cultair a dhòn³⁹. Nuair a leantas tu iarratasan mar sin, b' urrainn dhut cron no buaireadh cudthromach a sheachnad.

Cuimhnich na priomh phuingean seo nuair a choimheadas tu as dèidh an dualchas cultair agad:

- **fàg làrach dualchas cultair sam bith mar a lorgas tu i agus na toir air falbh leat càil;**
- **na campadh, na las teintean agus na cleachd innealan lorg meataitl air làrach dualchas cultair sam bith; agus**

37 Tha am briathar seo a' gabhail a-steach structaran agus fluidhleachan air shàilleabh gniomhan daonna bho linn sam bith, dualchas, dòighean beatha agus na ceanglaichean eachdraidheil, ealanta agus litreachail eadar daoine, àitichean agus cruthan-tire.

38 Airson barrachd fiosrachaiddh air dualchas cultar na h-Alba, faic www.access-scotland.com.

39 Is urrainn do Mhiniestearan Albannach soidhnichean a thogail gus an dualchas cultair a dhòn fo Earrann 29 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearin (Alba) 2003.

- **lean ri stiùireadh ionadail aontaichte sam bith a tha ag amas air casg a chur air cron làraich.**

Cùm smachd ceart air do chù

3.53 Bidh càraichean-slighe a' buntainn ri dhaoine aig a bheil coin, fhad 's a bhios an cù (na coin) air an cumail "fo smachd ceart"⁴⁰. Tha coin aig tòrr dhaoine agus bidh coin aig aon às gach còig a nì cuairt air an dùthaich. Is e cuairt le cù an dòigh as cumanta anns am bi mòran daoine a' gabhail tlachd anns an dùthaich, gu sàbhailte, agus curidh seo leis an slàinte agus an soirbheas. Air an làimh eile, bidh coin a' cur dragh air mòran daoine, a' gabhail a-steach tuathanaich agus stiùirichean-fearainn, nuair nach eil iad fo smachd ceart oir dh'fhaodadh iad duilgheadasan mòra adhbharachadh, mar reubadh agus leònadh cruidh agus dragh a chur air an fhiadh-bheatha agus eagal a chur air daoine. Bidh coin a' cur dragh air tuathanaich cuideachd a thaobh sgaoileadh ghalaran, gu h-àraig mura h-eil coin air leigheas-boiteig fhaighinn gu cunbalach⁴¹.

3.54 Feumaidh tu do choin a chumail fo smachd ceart nuair a chleachdas tu càraichean-slighe. Feumaidh tu dèanamh cinnteach cuideachd nach reub do chù crodh⁴². Tha 'smachd ceart' a' ciallachadh rudan eadar-dhealaichte air a-rèir an àite far a bheil thu a' tadhail. Gu bunaiteach, tha ceithir rudan cudthromach rin cuimhneachadh:

- na toir do chù a-steach air cluain far a bheil beathaichean òga;
- na toir do chù a-steach leat air achadh għlasraichean agus mheasan (mura bi thu air frith-rathad follaiseach);
- cùm do chù air iall goirid no fo smachd ceart⁴³ ann an grunn àiteachan; agus
- tog salachar a dh'fhàgas do chù ann an àite fosgailte poblach.

3.55 Tha na dleastanasan seo air am mìnneachadh nas mionaidiche gu h-ìosal.

- **Cluain far a bheil uain, laoghan no beathaichean òga eile.** Nì coin reubadh air crodh òg agus faodaidh bà a bhith ionnsaigheach nuair a tha iad a' dion an laoghan. Air sàilleabh nan adhbharan seo, na toir do choin a-steach leat air cluain far a bheil uain, laoghan no beathaichean òga eile. Rach a-steach air achadh no fearann ri taobh. Cùm do chù air iall goirid air fearann nas fosgailte nuair a tha uain mun cuairt agus cùm air falbh bhua.
- **Achadh għlasraichean agus mheasan.** Tha cunnart ann gun tèid galaran ann an salachar chon a thar-chur gu daoine ann an achadh mar seo. Ma tha slighe follaiseach ann, mar phriomh shlighe no slighe àbhaisteach, lean rithe ach cùm do chù air an fhrith-rathad. Ann an suidheachadh sam bith eile, bhiodh e nas fheàrr dol a-steach air achadh no fearann ri a thaobh.
- **Cluain far a bheil bà no eich.** Faodaidh coin eagal a chur air bà agus dh'fhaodadh iad a' fàs ionnsaigheach no a bhith air clisgeadh, agus iad a' dèanamh cron orra fhèin no air seilbhean, no a bhith na cunnart do shealbhadair a' choin agus dhan chù. Mas urrainn dhut, tagh slighe a sheachnaicheas cluaintean far a bheil bà no eich. Ma dh'fheumas tu a dhol a-steach air cluain mar sin, cùm cho fad air falbh bho na beathaichean 's a għabbas agus cùm do chu (do choin) air iall goirid agus fo

40 Earrann 9 (d) de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2003.

41 Tha e na chleachdadħ math a bhith a' toirt leigheas-boiteig dhan chù agad gu cunbalach, gu h-àrid ma bhios tu a' falbh air an dùthaich leis gu cunbalach.

42 Achd Chon (Dion Cruidh) 1953. Bidh cead aig tuathanach, ann an cuid de shuidheachaidhean, losgadh air do chù fo Achd nam Beathaichean (Alba) 1987 ma bheir e ionnsaigh air crodh.

43 Tha seo a' ciallachadh iall nach eil nas fhaide na dà mheatair agus tha smachd ceart a' ciallachadh gu bheil an cù a' leantainn òrdughan agus aig cùl do chois.

smachd ceart. Ma thig crodh gad ionnsaigh, fan sàmhach, leig an cù mu sgaoil agus gabh an t-slighe as giorra agus as sàbhailte a-mach às a' chluain.

- **Cluain far a bheil caoraich.** Ma dh'fheumas tu a dhol a-steach air cluain far a bheil caoraich, cùm do chù air iall goirid no fo smachd ceart agus cùm air falbh bho na beathaichean. Cùm smachd ceart air do chù agus cùm air falbh bhupa nuair a bhios tu air fearann nas fosgailte far a bheil caoraich mun cuairt.
- **Àiteachan far a bheil eòin a' neadachadh air an talamh agus ag àrach ìsean.** Ma chumas tu do choin air iall goirid no fo smachd ceart ann an àiteachan far am bithear an dùil ri eòin a' neadachadh air an talamh – mar as trice eadar a' Giblean agus an luchar – cha bhiodh e cho coltach gun cuirear do chu dragh air eòin a tha a' neadachadh air an talamh rè na ràithe gineamhainn. Tha na h-àiteachan seo a' gabhail a-steach mòinteach, coilltean, cluaintean, cladaichean locha agus mara.
- **Lochan-tasgaidh agus togadairean uisge.** Thathar a' cleachdadh cuid de na lochan-tasgaidh agus sruthan airson solair-uisge phoblaich. Ma bhios togadairean faisg ort, na leig le do chù a dhol anns an uisge.
- **Àiteachan chur-seachadan agus poblach eile.** Na leig le do chù ruith a-steach air raointean spòrs no cluich no pàirc cluich nuair a thathar gan cleachdad. Cùm do chù fo smachd ceart no air iall goirid far a bheil daoine eile, gu h-àiridh clann, mun cuairt, gus dèanamh cinnteach nach cuir e dragh orra.

3.56 Ma tha mòran chon agad, dèan cinnteach nach cuir iad daoine eile ann an cunnart no nach cuir iad eagal air daoine, crodh no air fhiadh-bheatha. Tha galaran ann an salachar chon a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air daoine, beathaichean tuathanais agus air an fhiadh-bheatha. Nochdaidh cunnartan tar-chur as mothà ann an cluaintean far a bheil crodh, caoraich no beathaichean eile, achaidhean far a bheil glasraichean agus measan a' fàs, agus air fearann fosgailte poblach far am bi daoine a' lorg salachar chon gu dìreach, mar air raointean spòrs, cluich agus golf, pàircean cluich, air slighean agus frith-rathaidean, ri taobh bruach aibhne agus cladach locha. Ma nì do chù salachar ann an àite mar sin, tog agus thoir air falbh e⁴⁴.

Cuimhnich na prìomh phuingean seo nuair a thèid thu a-mach le do chù:

- na leig le do chù crodh a reubadh a-chaoidh;
- na toir do chù a-steach air cluain far a bheil uain, laoghan agus beathaichean òga eile;
- na toir do chù a-steach do dh'achadh mheasan no ghlasraichean mura h-eil thu air slighe fhollaiseach, mar phriomh shlighe no slighe àbhaisteach;
- ma thèid thu a-steach air cluain far a bheil beathaichean, cùm cho fad air falbh bho na beathaichean 's a ghabhas agus cùm do chù air iall goirid no fo smachd ceart;
- ma thig crodh gad ionnsaigh, leig an cù mu sgaoil agus gabh an t-slighe as giorra agus as sàbhailte a-mach às a' chluain;

44 Is e eucoir fo Achd Salachar nan Coin (Alba) 2003 a tha ann gun a bhith a' dèanamh seo ann an àite fosgailte poblach sam bith. Chan eil àite fosgailte poblach a' gabhail a-steach fearann tuathanais, ach bhiodh e cùramach nan togadh tu salachar far am biodh e na chunnart do chûisean tuathanachais.

- cùm do chù fo smachd ceart rè ràithe gineamhainn nan eun (mar as trice eadar a' Ghiblean agus an luchar), cùm do chù fo smachd ceart no air iall goirid ann an àiteachan mar mhòintich, coilltean, cluaintean, cladach locha agus mara;
- tog salachar do choin ma dh'fhàgas e ann an àite fosgailte poblach e; agus
- seachain dragh a chur air càch ann an àiteachan chur-seachadan agus àiteachan poblach eile 's tu a' cumail smachd ceart air do chù.

Bi air leth cùramach nuair a chuireas tu tachartas air dòigh no nuair a ruitheas tu buidheann no gniomhachas

3.57 Mar neach fa leth, faodaidh tu còraichean-slighe a cleachdad mar phàirt de bhuidheann eagraichte no le bhith a' gabhail pàirt ann an tachartas eagraichte. Tha còraichean-slighe a' buntainn ri chuid de gniomhan gniomhachais (faic earrann 2.9). Ann am bitheantas, mar as mothà a tha a' bhuidheann no an tachartas, is ann as mothà a bhios an cunnart gun cuirear bacadh mì-reusanta air còraichean agus feuman stiùirichean-fearainn agus dhaoine eile, agus gun cuirear droch bhuaidh air an àrainneachd. Mar sin, ma tha e an urra riut a bhith a' cur buidheann no tachartas air dòigh, no a bhith a' stiùireadh gniomhachas chur-seachadan no foghlaim far am bi thu a' dol a-mach air an dùthaich, feumaidh tu a bhith air leth cùramach.

- Buidhnean eagraichte

3.58 Cuimhnich gum bi buaidh agaibh mar bhuidhinn a-rèir meud, far a bheil sibh agus àm den bhliadhna. Nuair a smaoinicheadas tu air far a bhios do bhuidheann a'dol agus dè cho mòr a bhios i, smaoinch air feuman stiùirichean-fearainn agus dhaoine eile a bhios ri gabhail tlachd anns an dùthaich. Bi air leth cùramach nuair a phàirceas tu carbadan nach cuir thu casg air geataichean no slighe do thogalaichean.

3.59 Ma tha e an urra riut a bhith a' cur turas foghlaim air tuathanas no oighreachd airson adhbhar sònraichte, mar ionnsachadh mar a dh'obraicheas tuathanas no oighreachd, no tadhail air àite àraighe (mar làrach fiadh-bheatha cudromach) Dèan cinnteach gum bi thu glè mhothachail de riatanasan obrachaidh, àiteachan mothachail no rudan a dh'fhaodadh a bhith cunnartach. Cuir fios do na stiùirichean-fearainn iomchaidh ro làimh agus lean ri comhairle a bheir iad dhut air nas còir dhuibh dèanamh a thaobh chunnartan ceangailte ri obraichean stiùireadh-fearainn.

- Tachartasan

3.60 Thatas a' cumail thachartasan airson iomadh adhbhar⁴⁵. Bidh a h-uile tachartas air eagrachadh gu ire agus dh'fhaodadh gun tog am meud agus tomhas-ama iomagainean sàbhailteachd, gun cuir iad bacadh air obrachadh stiùireadh fearainn no gun dèan iad cron air an àrainneachd. Ma tha thu a' cur tachartas air dòigh, mar phàirt den deagh chleachdad agad, bu choir dhut bruidhinn ri stiùiriche(an)-fearainn iomchaidh. Feumaidh tu cead nan stiùirichean-fearainn iomchaidh fhaighinn ma bhios:

- an tachartas agad feumach air goireasan agus seirbheisean ùra no sealach (mar pàirc-chàraichean, feansaichean, soidhnichean, bionairean sgudail, slighean comharrachte no taighean-beaga); no
- dùil aig daoine gun cuir e bacadh mì-reusanta air obrachadh stiùireadh fearainn no gun cuir e casg air tlachd a ghabhas daoine eile anns an dùthaich no gum bi buaidh

45 Chan eil turas buidhne le buill club na thachartas.

mhòr air an àrainneachd air sàilleabh an t-seòrsa de thachartais a bhios ann no an àireimh de dhaoine a ghabhas pàirt no a bhios san amharc no èisteachd.

3.61 Air sgàth adhbharan sàbhailteachd no gus cosgaisean leigeil-a-steach a thogail, dh'fhaodadh gum bi agad ri òrdugh fhaighinn bhon ùghdarras ionadail a bhios a' saoradh àite sònraichte bho chòraichean-slighe fhad 's a tha an tachartas a'dol⁴⁶. Airson tachartasan nas mothà, faodaidh tu lùghdachadh buaidh air math dhaoine eile agus air an àrainneachd mar a leanas:

- bruidhinn gu cunbalach ri stiùirichean-fearainn agus daoine eile aig am bi ùidh anns an tachartas agus anns a' bhuaidh a thig na chois (mar ùghdarrasan ionadail, buidhnean luchd-còmhnaidh ionadail agus buidhnean glèidheteachais);
- cùm smachd air àireamh de dhaoine a ghabhas pàirt no a bhios san amharc no èisteachd agus bi mothachail air meud na sgìre a thaobh failteachadh sluaigh mhòir;
- dèan cinnteach gun cuirear urram air priobhaideachd luchd-còmhnaidh ionadail agus nach bi ach mì-ghoireasachd bheag ann (mar eisimpleir, le bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn do na rathaidean agus pàirceadh ionadail gabhail ri trafaig an tachartais);
- dèan cinnteach gu bheil planaichean agad airson sàbhailteachd dhaoine, a ghabhas pàirt no a bhios san amharc no èisteachd, agus dhaoine eile;
- planadh an tachartas air dòigh gus an seachainear àiteachan air cronadh gu furasta agus bruidhinn ri buidhnean glèidheteachais iomchaidh gus faighinn a-mach dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith ann agus an dòigh as fhèarr a bhith ga seachnad;
- dèan cinnteach nach tèid uisge a thruailleachadh agus gun tèid a dhèiligeadh ri sgudal agus sgudal daonna mar as còir;
- gabh uallach airson agus càirich milleadh sam bith air a dhèanamh;
- cuir taic ris an eaonomaidh iondail le bhith a' ceannachd bathair agus sheirbheisean gu ionadail; agus
- cuir ris an dùthaich mu seach, mar eisimpleir le bhith a' cur ris a' choimhearsnachd ionadail no ri àrainneachd an àite

- A' stiùireadh gnìomhachais a chleachdas còraichean-slighe

3.62 Ma bhios tu a' teagasg, a' treòrachadh no a' stiùireadh dhaoine ann an gnìomhan chur-seachadan no foghlaim (faic earrannan 2.8 gu 2.9), gu malaireach no airson prothaid, bi air leth cùramach gun lùghdaich thu droch bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith agad air math ghnothaichean eile, mar tuathanas no oighreachd, agus air an àrainneachd. Is e deagh thòisich töiseachaidh a bhios ann am measadh chunnairtean iomlan agus faodaidh tu cùram a bharrachd a ghabhail mar a leanas:

- planadh nan gnìomhan ann an dòigh a lùghdaicheas buaidh a dh'fhaodadh a bhith air stiùireadh fearainn agus air math dhaoine eile. Ma bhios tu airson àite sònraichte a chleachdadh gu cunbalach no ma bhios do thuras a' togail dragh sònraichte a thaobh sàbhailteachd no na h-àrainneachd;
- bruidhinn ri stiùirichean-fearainn air a bheil uallach do dh'ài teachan a chleachdas tu gu cunbalach no gu dian; agus
- faigh cead nan stiùirichean-fearainn iomchaidh ma bhios tu ag iarraidh cleachdad goireis no seirbheis air solaradh leis an stiùiriche-fearainn do ghniomhachas eile (mar ionad marcachd).
- ma bhios tu a' stiùireadh gnìomhachais a chleachdas còraichean-slighe, beachdaich nam biodh sibh deònach cuideachadh le cùram don ghoireas air cleachdad leis an gnìomhachas agad.

46 Faic Earrann 11 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fheàrrainn (Alba) 2003. Gheibhear barrachd fiosrachaидh cuideachd ann am earrann 2.11 dhen Chòd seo.

3.63 Feumaidh tu a bhith mothachail air prìobhaideachd agus fois dhaoine a tha a' fuireach ann no ag obair ann an àite agus thusa airson dealbhan mionaideach a thogail de thaighean no de thogalaichean eile. Bhiodh e na chuideachadh dhut nam bruidhinneas tu ris an neach a tha a' fuireach ann. Ma bhios tu airson prògram TBh a dhèanamh a leasaicheas eòlas dhaoine air an dualchas nàdair no cultair agus nach fheum ach uidheam làimhe agus nach biodh carbadan far-rathaid an sàs ann, bruidhinn ri stiùirichean-fearainn ro làimh agus èist ri comhairle sam bith a bheirear dhut. Ma bhios agad ri carbadan a chleachdad no fuireach ann an àite beagan làithean no uidheam a stèidheachadh no ma ni thu film airson adhbharan eile, feumaidh tu cead nan stiùirichean-fearainn iomchaidh fhaighinn fhastast. Ma tha thu a' sgrìobhadh leabhar-iùil, bileag no stuth sanasachd air slighean ann an àite, bruidhinn ris na stiùirichean-fearainn iomchaidh mu chûisean ionadail a thaobh priobhaideachd, sàbhailteachd no glèidheteachais, air am bu chòir dhut iomradh a dhèanamh anns an fhoillseachadh.

- A' dèanamh sgrùdad

3.64 Tha còraichean-slighe a' buntainn ri daoine a nì sgrùdad air an dualchas nàdair no cultair airson adhbharan cur-seachad no foghlaim, taobh a-staigh an reachdais. Chan eil e coltach gun adhbharaich sgrùdad beag, dèanta le beagan dhaoine, duilgheadasan no dragh, cho fhad 's nach cuir thu fhèin eagal air na daoine a tha a' fuireach no ag obair faisg ort. Ma tha thu a' cur sgrùdad dian air dòigh thairis air àite beag no ma bhios feum agad a bhith ag ath-thadhal air gu tric, no sgrùdaidh far am biodh agad ri coimhead air airson beagan làithean anns an aon àite, bruidhinn ris na stiùirichean-fearainn iomchaidh mu na cùisean a chuireas dragh orra agus innis dhaibh mun rud a bhios sibh a' sgrùdad, dè an amas agus dè cho fada a bhios tu ann. Ma dh'fheumas tu uidheamachd no ionnsramaidean a stèidheachadh airson an sgrùdaidh, iarr cead bho na stiùirichean-fearainn iomchaidh.

Cuimhnich na prìomh phuingean seo nuair a chuireas tu tachartas air dòigh no nuair a stiùireas tu gniomhachas:

- bruidhinn ri stiùirichean-fearainn iomchaidh nuair a chuireas tu turas foghlaim air tuathanas no oighreachd air dòigh le amas sònraichte agus lean comhairle sam bith air ceumannan a bu chòir dhut a ghabhail;
- faigh cead bho na stiùirichean-fearainn iomchaidh ma bhios feum aig an tachartas agad air goireasan agus seirbheisean ùra no sealach, no ma thathas an dùil gun cuir e bacadh air obraighean stiùireadh fearainn no dhaoine eile a bhios a' gabhail tlachd anns an dùthaich no gum bi buaidh mhi-reusanta air an àrainneachd, air sàilleabh an t-seòrsa de thachartas;
- dèan cinnteach gun lùghdaich thu a' buaidh a tha aig tachartasan mòra air math dhaoine eile agus air an àrainneachd.
- ma bhios tu a' stiùireadh gniomhachais a chleachdas còraichean-slighe, bi air leth cùramach gun lughdaich thu buaidh nan gniomhan agad, le bhith a' feuchainn ri bruidhinn ris na stiùirichean-fearainn air a bheil uallach do na h-àiteachan a chleachdas tu gu cunbalach no gu dian.

Pàirt 4. A' stiùireadh fearann agus uisge le cùram a thaobh shlighean

A' stiùireadh fearann agus uisge le cùram a thaobh shlighean: sùil aithghearr orra

Mar stiùiriche-fearainn, feumaidh tu am fearann agus an uisge agad a stiùireadh gu cùramach a thaobh shlighean agus minichidh a' phàirt seo den Chòd mar a nì thu sin. Lorgaidh tu geàrr-chùnnatas nam priomh dhleastanasan agad gu h-iosal.

1. Thoir urram do chòraichean-slighe nuair a stiùireas tu am fearann agus an uisge agad. Nì thu seo mar a leanas:

- na cuir casg no bacadh air daoine a chleachdas còraichean-slighe air no far shlighean agus frith-rathaidean a dh'aona gnothach no gu mì-reusanta;
- cleachd slighean agus frith-rathaidean airson cothroman-slighe a stiùireadh air an fhearann agad gus am bi cothroman-slighe nam pàirt de stiùireadh an fhearainn;
- nuair a phlanas tu atharrachadh no leasachadh mòr a thaobh cleachdadh an fearainn, no nuair a bhios tu ga dhèanamh, gabh iomradh air còraichean-slighe.

2. Bi reusanta nuair a dh'iarras tu air daoine a bhith a' seachnadhbh obrachadh stiùireadh fearainn. Nì thu seo mar a leanas:

- iarr air daoine, ma bhios cothrom agad fhad 's a bhios tu ri obrachadh stiùireadh fearainn, a bhith a' leantainn ri slighe shònraighe;
- gabh ceumannan, mar iarraidh air daoine slighe no àite sònraighe no gnìomh àraidih a sheachnadhbh, far am bi cunnartan ann a bhios nas trom-chùisiche no falaichte a thaobh sàbhailteachd, mar leagail chraobhan no frasadhbh-barra;
- cùm rabhadh riatanach ann an àite agus airson ùine cho beag 's a ghabhas gus sàbhailteachd nan daoine a dhion;
- thoir fios dhan phoball mu chunnart sam bith aig àiteachan-inntrigidh follaiseach (mar phàircean-chàraichean agus gheataichean), gu h-àiridh ma bhios tòrr dhaoine gan cleachdadh no ma bhios an obraichean air leth cunnartach ann.

3. Co-obraich leis an ùghdarris ionadail agad agus le buidhnean eile gus stiùireadh an fhearainn agus còraichean-slighe a bhrosnachadh aig an aon àm. Nì thu seo mar a leanas:

- cuimhnich gum b' fheàrr le daoine a bhith a' co-obrachadh nuair a chuireas stiùirichean-fearainn failte romhpa;
- co-obraich, far a bheil sin iomchaidh, ris an ùghdarris ionadail agad agus na h-oifigearan slighe aige, ri seirbheis maoir-pàirce, fòram slighe ionadail agus ri buidhnean eile gus deagh shlighean a chur thairis air an fhearann agad an gus còraichean-slighe a stiùireadh gu deimhinneach;
- beachdaich air mar a bhiodh tu airson cothroman-slighe a stiùireadh air an fhearann no an uisge agad agus mar as urrainn don ùghdarris ionadail agad a bhith an sàs ann.

4. Cuimhnich mu dheidhinn chòraichean-slighe ma tha thu a' stiùireadh fearainn no uisge ri taobh shlighean. Nì thu seo, mas urrainn dhut, mar a leanas:

- cuir urram air slighe àbhaisteach no còraichean-slighe tradaiseanta sam bith thairis air an fhearann agus an uisge agad;
- seachain cleachdadhbh shoighnichean "slighe dùinte"; na glais agus na toirt air falbh geataichean no àiteachan-inntrigidh eile, gu h-àiridh air frith-rathaidean no slighean a bhios air an cleachdadhbh leis a' phoball, gun a bhith a' cur slighe eile air dòigh;
- co-obraich ris an ùghdarris ionadail agad agus ri buidhnean eile gus frith-rathaidean a chur thairis air an fhearann agad gus còraichean-slighe agus stiùireadh fearainn a bhrosnachadh air an aon àm;

- beachdaich air a' bhuaidh a bhios aig an obair agad air daoine a chleachdas còraichean-slighe air fearann ri do thaobh agus atharraich an obair agad ma ghabhas seo a dhèanamh gu reusanta.

4.1 Tha Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003 a' stèidheachadh chòraichean-slighe air a' mhòr-chuid de dh'fhearann agus lochan agus aibhnichean fior uisge ann an Alba agus tha i a' cur uallach air an dà chuid luchd-cleachdaidh agus stiùirichean-fearainn. Minichidh a' phàirt seo den Chòd mar a choileanas stiùirichean-fearainn na dleastanasan aca fon Achd. Cuideachd tha e a' mineachadh cuid de dhleastanasan coitcheann agus a' toirt seachad stiùireadh mun dèidhinn. Tha na dleastanasan seo aig a h-uile stiùiriche-fearainn, a' gabhail a-steach daoine fa leth, companaidhean, ùghdarsasan ionadail, carthannais agus stèidheachaidhean eile, agus buidhnean poblach eile⁴⁷.

Dè a tha ann an giùlan ciallach?

4.2 Tha Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003⁴⁸ a' mineachadh, airson fearainn agus uisge far a bheil còraichean-slighe a' buntainn, gum bi thu a' cleachdad agus a' stiùireadh an fhearrainn agus an uisge agad gu ciallach a thaobh chòraichean-slighe:

- mura chuireas tu bacadh mì-reusanta air còraichean-slighe duine sam bith a tha gan cleachdad no a tha ag iarraidh an cleachdad; agus ma
- ma bhios tu gad ghiùlan fhèin a-rèir na lagha gu reusanta agus a' gabhail deagh chünntas air math dhaoine eile a tha a' cleachdad chòraichean-slighe, no a tha ag iarraidh an cleachdad.

4.3 Ma leanas tu ri stiùireadh anns a' phàirt seo den Chòd, bidh thu a' stiùireadh an fhearrainn agus an uisge agad gu ciallach a thaobh chòraichean-slighe. Tha Pàirt 5 na iùl prataigeach mu dheidhinn mòran shuidheachaidhean làitheil, chòraichean-slighe agus nan dleastanasan agad fhèin agus nan daoine a chleachdas còraichean-slighe. Tha an stiùireadh a' moladh cheumannan simplidh a bhrosnaicheas dòighean deimhinneach a nì cinnteach gum faod thu leantainn leis an obair agad gun fheum air atharrachadh mòr.

4.4 Ma leanas tu an stiùireadh anns a' Chòd seo, nì seo cinnteach cuideachd nach cuirear casg, bacadh no mì-mhisneachd mì-reusanta air daoine a tha no a tha airson còraichean-slighe a chleachdad. Ma bhios dòigh-obrach dheimhinneach agad a thaobh fhrith-rathaidean agus slighean agus a thaobh fios a thoirt dhan mhòr-sluagh mu obraichean stiùireadh fearainn, bidh seo a' dèanamh mòran gus duilgheadasan a lùghdachadh agus beachdan ciallach a bhrosnachadh. Tha mòran stiùirichean-fearainn air gabhail ris an dòigh seo mar-thà.

4.5 Tha stiùireadh air dleastanasan a tha aig daoine a cleachdas còraichean-slighe ri leughadh ann am Pàirt 3 den Chòd seo. Tha an stiùireadh seo ag iarraidh air daoine a bhith:

- a' gabhail càrach airson na tha iad a' dèanamh;
- a' gabhail càrach airson priobhaideachd dhaoine eile;
- a' toirt taic do stiùirichean-fearainn a bhith ag obair gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach;
- a' coimhead as dèidh na h-àrainneachd;
- a' cumail chon fo smachd ceart; agus
- air leth càramach nuair a tha iad a' cur tachartas air dòigh no a' ruith gnìomhachais agus iad a' cleachdad chòraichean-slighe.

4.6 Cuidichidh mòran den stiùireadh ann am Pàirt 3 thu ann a bhith a' lùghdachadh riasladh sam bith a dh'fhaodadh a bhith air adhbharachadh le daoine nuair a chleachdas

47 Faic earrann 1.7

48 Earrann 3, Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003

iad còraichean-slighe, agus bidh e a' dèanamh cinnteach gum b'urrainn dhut am fearann agad a stiùireadh fhathast gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach. Leughar mu na dleastanasan agad gu h-iosal.

Thoir urram air còraichean-slighe ann an stiùireadh an fhearrainn no an uisge agad

4.7 Tha Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003 a' mìneachadh, leis an adhbhar no leis a' phriomh adhbhar casg no bacadh a chur air duine làn-chòir a bhith a' cleachdadh chòraichean-slighe, nach bu chòir dhut na leanas a dhèanamh:

- sanas no soidhne a thogail;
- feansa no balla a thogail;
- beatach mòr a shuidheachadh no fhàgail;
- obrachadh àiteachais no obrachadh eile a dhèanamh air an fhearrann; no
- gnìomh eile a dhèanamh, no gun a bhith ga dhèanamh⁴⁹.

4.8 Tha seo a' ciallachadh nach cuirear casg no bacadh air cleachdadh chòraichean-slighe le daoine, an dara chuid le bhith a' cur casg air slighe ann an dòigh fhisigeach no an cur fo mì-mhisneachd no eagal. Tha uallach aig ùghdarrasan ionadail còraichean-slighe a chumail agus tha cumhachdan aca a chur às do shoighnichean toirmeisg, casgadh no cnap-starra cunnartach agus na cosgaisean fhaighinn air ais bhon stiùiriche-fhearrainn aig an robh uallach airson an t-soidhne, a' chasgaidh no cnap-starra⁵⁰.

4.9 Tha an Còd seo a' mìneachadh casg no cnap-starra mar rud sam bith a chuireas casg no bacadh air cleachdadh chòraichean-slighe le cuideigin cùramach. Tha stiùireadh fearainn a' gabhail a-steach togail shoighnichean no sanasan, togail fheansaichean no bhallaich, treabhadh achaidhean, gluasad bheathaichean, stòradh stuthan, cur an gnìomh obraichean stiùireadh fearainn a dh'faodadh a bhith cunnartach (faic earrannan 4.11 gu 4.17) agus iomadh gnìomh eile. Air sgàth sin, feumaidh sinn mìneachadh nuair a thèid gnìomh a mheasadh mar rudeigin a dh'aona ghnothach no mì-reusanta no a tha a' cur caisg no bacadh air cuideigin a tha airson còraichean-slighe a cleachdad. Bidh "a dh'aona ghnothach" no "mì-reusanta" a' gabhail a-steach:

- gun a bhith a' cur priomh shlighe no slighe àbhaisteach air ais a chaidh a treabhadh, no as dèidh don uachdar air a chur mun cuairt ann an dòigh eile, ann an ceann 14 làithean bhon a thachair seo⁵¹;
- a bhith ag iarraidh air daoine slighe no àite a sheachnad gun adhbhar sàbhailteachd air a shon, no soidhne mar seo chumail ann nuair a tha an cunnart seachad (mar eisimpleir, soidhne a chumail ann, a tha ag ràdh gun deach achadh phrasadh le searbhad, nas fhaide na bu chòir fo Riaghailtean);
- geata a glasadh air frith-rathad no slighe gun adhbhar reusanta⁵² no air frith-rathad

49 Earrann 14 (1), Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003

50 Earrann 14, Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003

51 Tha fàilleadh na eucoir fo Earrann 23 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003.

52 Mar eisimpleir, tha e na dheagh adhbhar a bhith a' glasadh geata far am biodh e cudthromach casg a chur air gluasad bheathaichean bho chluain gu cluain eile no air rathad poblach, no far a bheil an t-ùghdarras ionadail ag aontachadh gu bheil trioblaid ann le cleachdadh charbadan air slighean gun chead.

- no slighe sam bith air cleachdad gu mòr⁵³ gun slighe neo-mhotoraichte eile a chur air dòigh;
- feansa, balla no bacadh eile a thogail thar frith-rathaid no slighe gun gheata no àite slighe eile a chur ann, no feansa àrd a thogail a shìneas gu fada thairis air fearann fosgailte gun a bhith a' cur gheataichean, bheàrnán no àiteachan slighe eile ann;
- feansa no cnap-starra eile a thogail thar aibhne gun deagh adhbhar no gun beàrn freagarrach a chur ann far an tèid abhainn a chleachdad le luchd-canù;
- uèir dhealanach no uèir bhiorach a chur thairis air geata no fàradh gun dòn sam bith a chur ann do dhaoine;
- dèanamh a dh'aona ghnothach no gun adhbhar gum bi e doirbh do dhaoine frith-rathad no slighe a chleachdad, mar a bhith a' càrnadh stuth oirre no a' fàgail innealradh thairis oirre no a' stòradh giodar no òtrachas eile ann, no àite biadhadh bheathaichean a chur ann no ri taobh far a ghabhas dèanamh ann an àite eile gu furasta, no gun a bhith a' càradh an uachdair as dèidh obraichean stiùireadh fearainn a dhèanamh;
- cur às do fhrith-rathad no geata no àite slighe do dh'abhairn no loch gun a bhith a' cur fear eile reusanta faisg air làimh;
- soidhne no sanas a thogail le cainnt a chuireas eagal no bacadh air a' phoball air;
- beatach air aithneachadh mar fhear cunnartach fhàgail ann an cluain no àite far a bheil frith-rathad no slighe ann agus gum bi dùil ann gun cleachd am poball i;
- leigeil le cù-faire no cù-obrach a bhith a' cur eagal air daoine, gu h-àiridh faisg air slighean agus frith-rathaidean;
- àite pàircidh ri raobh rathaid a dhùnadh a tha ann agus a chleachdar airson adhbharan slighe, gun fhiosrachadh iomchaidh a thoirt dhan ùghdarris ionadail; no
- gun a bhith a' toirt fa-near còraichean-slighe nuair a phlanas agus nì thu atharrachadh prìomh chleachdad an fhearin, mar chur choilltean ùra, fosgladh raoin golf no togail thogalaichean agus rathaidean ùra.

4.10 Faodaidh frith-rathaidean agus slighean a bhith nan dòigh mhath airson còraichean-slighe a sholaradh agus a stiùireadh air an fhearrann agad aig an aon àm a tha thu a' stiùireadh an fhearin. Tha seo air sgàth 's gun fheàrr le mòran daoine, a' gabhail a-steach ciorramaich agus seann daoine, slighean agus frith-rathaidean a chleachdad seach a bhith a' tarsainn air achaidhean no a' coiseachd air rathaidean agus bidh fios nas fheàrr agad far am bi na daoine. Gun teagamh, chan fheum daoine frith-rathaidean a chleachdad agus bidh àiteachan ann far nach bi iarrtas no feum air slighe stèidhichte agus far nach tèid còraichean-slighe a chleachdad ach ainneamh. Ge-tà, bidh e ciallach frith-rathaidean a chumail ma tha iad ann mar-thà agus an ath-fosgladh às dèidh obraichean stiùireadh fearainn. Tha Achd Ath-leasachadh an Fhearin (Alba) 2003 a' toirt a-steach raon farsaing de dhleastanasan agus de chumhachdan ùra do dh'ùghdarsan ionadail gus frith-rathaidean a chur ann, a dhòn agus a stiùireadh, agus a thoirt às do bhacaidhean (faic Pàirt 6 den Chòd). Mura h-eil thu cinnteach mu rudeigin a dh'fhaodadh a chur buaidh air còraichean-slighe air frith-rathad no slighe, bruidhinn ris an ùghdarris ionadail agad.

Cuimhnich na prìomh phuingean seo:

- na cuir casg no bacadh air cleachdad chòraichean-slighe le daoine air no far fhrith-rathaidean agus shlighean a dh'aona ghnothach no gu mì-reusanta;
- cleachd slighean agus frith-rathaidean mar dhòigh airson còraichean-slighe a sholaradh agus a stiùireadh air an fhearrann agad aig an aon àm a tha thu a' stiùireadh an fhearin;

53 San farsaingeachd, bidh frith-rathad no slighe "air cleachdad gu mòr" na phriomh slighe, na slighe àbhaisteach, slighe air comharrachadh le post-soidhne no air moladh, no tè a tha faisg air baile agus a thèid a cleachdad le daoine ionadail agus luchd-turas.

- thoir fa-near còraichean-slighe nuair a phlanas agus nì thu atharrachadh priomh chleachdadh an fearainn.

Bi reusanta nuair a dh'iarras tu air daoine obrachadh stiùireadh fearainn a sheachnad

4.11 Chan eil stèidheachadh nan còraichean-slighe a' cur casg ort, mar stiùiriche-fearainn, ann a bhith a' dèanamh obrachaidhean stiùireadh fearainn cho sàbhailte agus cho èifeachdach 's a ghabhas (agus ann a bhith a' coillionadh nan dleastanasan a tha ort fo Achd Slàinte agus Sàbhailteachd anns an Àite-obrach 1974 agus reachdas iomchaidh eile). Tha am priomh ullach air daoine a chleachdas còraichean-slighe gun a bhith a' cur bacadh air obair mar seo (faic earrannan 3.24 gu 3.28).

4.12 Bidh a' chuid as mothà den obair ri faicinn gu follaiseach, fhad 's a bhios tu ga dèanamh agus cha bhi i cunnartach ach gu ionadail agus gu follaiseach no airson ùine glè bheag. Am measg nan gniomhan seo, tha:

- treabhadh, cur sìl agus buain barra;
- cur chraobhan agus challaidean no gearradh gheugan;
- gluasad cruidh bho chluain gu cluain no togalaichean tuathanais;
- falaisg;
- gearradh an fheòir air raointean cluiche no golf;
- togail fheansaichean, bhallachan, challaidean agus gheataichean;
- glèidheadh agus càradh gnàth-chùrsach lochan-tasgaidh no togadairean uisge; no
- sgriobadh ann an aibhneachan agus lochan.

Thatar ag iarraidh air daoine a chleachdas còraichean-slighe a dhol air adhart gu cùramach agus a chumail air astar sàbhailte air falbh ma lorgas iad obair mar seo fhad 's a bhios i a' dol (faic earrann 3.26). Ma tha cothrom ann, faodaidh tu iarraidh air daoine slighe shònraichte a leantainn (mar eisimpleir, leantainn iomall an achaidh no a dhol a-steach a dh'achadh no fearann ri thaobh) gus cunnartan a thaobh sàbhailteachd a lùghdachadh.

4.13 Uaireannan, mar nuair a thèid bàrr a phrasadh le puinnsean bhiastagan no nuair a thèid craobhan an leagail agus am buain ann an coille, no nuair a thèid stuthan cunnartach a stòradh no a chleachdad, faodaidh cunnartan nas trom-chùisiche no falaichte a bhith ann. Feumaidh tu dèanamh cinnteach gun deach measadh cunnairt iomchaidh a dhèanamh gus cunnartan, nach beag dhan phoball, agus rabhadh, a bhios riatanach, a chomharrachadh. Uaireannan, chan eil ach aon dòigh ann gus casg a chur air no smachd fhreagarrach a chumail air cunnartan, agus sin còraichean-slighe a' phobaill a stiùireadh, mar a thachras le dòighean-obrach na brataich deirge nuair a bhios trèanadh beò an aimh ann. Ma tha feum air stiùireadh mar seo, thoir fiosrachadh soilleir dhan phoball a thaobh:

- slighe no àite sònraichte a chleachdad fhad 's a tha iad a' dèanamh na h-obrach seo; no
- gniomh sònraichte a dhèanamh (mar eisimpleir, dh'fhaodadh gum biodh e sàbhailte gu leòr coiseachd thairis air no timcheall cluain ach gum biodh e cunnartach cuirm-chnuic a chumail ann) fhad 's a tha iad a' dèanamh na h-obrach seo no airson ùine stèidhichte às dèidh làimh.

4.14 Ma bhios tu a' cur air dòigh tachertas corporra, coimhearsnachd no sòisealta, mar fhèill àiteachais, fèill-reic "car boot", banais, fèis ciùil, co-fharpais no rallaidh càir, faodaidh tu iarraidh air daoine slighe no àite sònraichte a sheachnad fhad 's a tha an tachertas a' dol. Mar as trice, mar obraichean stiùireadh fearainn, bidh aontan neo-

fhoirmeil ceart gu leòr gus dèanamh cinnteach nach bi ach bacadh beag ann a thaobh cleachdadhl chòraichean-slighe. Ma bhios aontan nas foirmeile riatanach, faodaidh tu iarraidh air an ùghdarris ionadail agad casg a chur air còraichean-slighe air an fhearrainn fhad 's a tha an tachartas a' dol⁵⁴.

4.15 Feumaidh daoine a chleachdas còraichean-slighe leantainn comhairle air fad a thaobh cleachdadhl slighe no àite sònraichte no gnìomh sònraichte a dhèanamh (faic earrann 3.27), ach feumaidh an rabhadh seo a bhith reusanta agus so-dhèanta. Tha seo a' ciallachadh gum feumar àite agus ùine a' chunnairt a bhith cho beag agus cho goirid 's a ghabhas a leigeas le daoine an obair a dhèanamh gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach, agus gum bi iarrtas sam bith iomchaidh airson an t-seòrsa de dh' obair agus na h-ìre de chunnart a bhios ann⁵⁵. Fhad 's a tha e reusanta agus so-dhèanta:

- cleachd feartan soilleir air an talamh (mar ghàrradh, feansa no sruth) no astar air sònraichadh, mura h-eil feartan soilleir ann gus crìochan an àite fo bhuaidh a chomharrachadh;
- innis dhan phoball, aig àite-inntrigidh follaiseach sam bith (mar pàircean-chàraichean agus geataichean), far am bi agus agus dè cho fad 's a bhios obrachadh a' dol, agus cleachd abairtean stèidhichte air cleachdadhl mar-thà no a bhios rim faighinn san àm ri teachd;
- dèan no mol slighean eile, gu h-àiridh ma bhios an t-obrachadh a' cur bacadh air frith-rathad no slighe a tha air a chleachdadhl gu tric no air àite chur-seachadan coiteanta.

4.16 Chan eil seo a' ciallachadh gum feum thu innse dhan phoball no slighean eile a chur air dòigh gach turas 's bhios obrachadh mar seo ann. Anns an fharsaingeachd, mar as mothà de dhaoine a chleachdas slighean poblach (mar eisimpleir air slighean air cleachdadhl gu mòr, ann an àiteachan coiteanta no aig deireadh na seachdaine) no mar as cunnartaiche a bhios an obrachadh, is ann as mothà de dh'fhiorsachadh a dh'fheumas tu a thoirt seachad no slighean eile a chomharrachadh. Feumaidh na nì thu a bhith freagarrach airson na h-ìre de chunnart a bhios ann, agus bidh seo a' crochadh air an t-seòrsa de dh' obair a bhios ann, air an làraich agus air an ìre de chleachdadhl chur-seachadan ris am bithear an dùil.

4.17 Nuair a smaoinicheas tu air na tha reusanta agus so-dhèanta, faodaidh tu:

- fiosrachadh no stiùireadh sam bith a chleachdadhl a tha ri fhaighinn a dh'innseas dhut mar as urrainn dhut buaidh obrachadh stiùireadh fearainn a lùghdachadh;
- measadh cunnairt coitcheann sam bith a chleachdadhl air leasachadh airson obraighean stiùireadh fearainn; agus
- smaoineachadh air càite agus cuine a bhios daoine a chleachdadhl chòraichean-slighe agus am biodh na cunnartan soilleir dhan phoball.

Cuimhnich na priomh phuingean seo:

- **ma bhios e riatanach, air sgàth sàbhailteachd agus èifeachdachd obrachadh stiùireadh fearainn, faodaidh tu iarraidh air daoine coiseachd air achadh air iomall achaidh no a dhol a-steach air achadh eile a tha ri thaobh;**
- **nuair a bhios cunnartan nas trom-chùisiche no falaichte, faodaidh tu iarraidh air daoine slighe no àite sònraichte a sheachnadhl no gun a bhith a' dèanamh gnìomh sònraichte;**

54 Fo Earrann 11 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003, faodaidh ùghdarrasan ionadail òrdughan aontachadh airson suas ri còig làithean. Airson òrdughan de shia làithean no barrachd, tha feum air co-comhairle poblach agus aonta Ministreil.

55 Tha an riatanas seo buailteach do shoighneachadh oigifeil sam bith, mar an fheadhainn a chleachdas a chum bith-shàbhailteachd bheathaichean.

- feumaidh iarrtasan mar seo a bhith ann airson an àite as lugha agus nà ùine as giorra 's a ghabhas airson sàbhailteachd dhaoine a dhòn.

Co-obraich leis an ùghdarris ionadail agad agus le buidhnean eile gus còraichean-slighe agus stiùireadh fearainn a bhrosnachadh aig an aon àm

4.18 Tha Achd Ath-leasachadh an Fheàrainn (Alba) 2003 a' cur feum ort a bhith a' toirt fa-near math na feadhna a chleachdas no a tha airson còraichean-slighe a chleachdadh⁵⁶. Bidh na dleastanasan a chaidh an cur air daoine a chleachdas còraichean-slighe (Pàirt 3) gad chuideachadh gus bacadh air an obair agad a lùdachadh.

4.19 Bidh suidheachaidhean ann, ge-tà, nuair am biodh agad ri ceumannan a ghabhail gus còraichean-slighe a sholarachadh agus a stiùireadh a thaobh cothroman-slighe agus chur-seachadan. Mar eisimpleir, ma bhios ire àrd de chòraichean-slighe poblach air an fheàrr agad, no ma bhios tu a' stiùireadh fearainn faisg air baile, no gu bheil thu den bheachd gu bheil còraichean-slighe ag adhbharachadh dhuilgheadasan dhut-sa no dhan àrainneachd, bhiodh e tùrail co-nbrachadh leis an ùghdarris ionadail agad, leis an fhòram slighe ionadail agad agus le buidhnean eile, a' gabhail a-steach buidhnean-riochdachaidh chur-seachadan agus stiùireadh fearainn, gus còraichean-slighe a chuidachadh agus a stiùireadh. Tha mòran dhleastanasan agus cumhachdan eadar-dhealaichte aig ùghdarrasan ionadail gus cuideachadh a thoirt dhut ann an suidheachadh mar seo (faic Pàirt 6 den Chòd seo). Ma bhios an ùghdarris ionadail agad airson slighean no goireasan ùra a chur ann, no còraichean-slighe ciallach a bhrosnachadh tro mheadhan seirbheis maoir no postan-seòlaidh math, bhiodh co-nbrachadh leotha tùrail.

4.20 Tha slighean agus frith-rathaidean nan dòighean èifeachdach gus còraichean-slighe a thoirt seachad air fearann, air sgàth 's gur fheàrr leis a' mhòr-chuid de dhaoine a bhith a' coiseachd no a' marcachd air slighean. Agus tha iad èifeachdach ann a bhith a' toirt seachad cothroman-slighe agus stiùireadh fearainn aig an aon àm. Tha dleastanas ùr aig ùghdarrasan ionadail airson plana priomh shlighean ullachadh airson nan sgìrean aca agus tha cumhachdan ùra aca gus sin a dhèanamh, mar tro chumhnantan slighe. Faodaidh tu pàirt a ghabhail ann am planadh lionra nam priomh shlighean nad sgìre le bhith a' moladh, mar eisimpleir, nam frith-rathaidean as fhèarr mun tuathanas, croit no oighreachd agad. Bhiodh solaradh agus / no postan-seòlaidh fhrith-rathaidean na chuideachadh mòr ma tha thu airson daoine a bhrosnachadh a bhith a' seachnadh àiteachan mothachail no a dhol seachad air iodhlann seach troimhe. Bidh co-nbrachadh leis an ùghdarris ionadail agad agus le buidhnean eile taiceil ma tha thu airson seo a dhèanamh.

4.21 Ma bhios e iomchaidh, faodaidh tu dèanamh na leanas:

- slighean a mholadh, a' gabhail a-steach priomh shlighean so-dhèanta, far am bi a' bhuaidh as lugha air an obair agus a' phrìobhaideachd agad;
- postan-seòlaidh a chur ann gus slighean prataigeach seachad air iodhlann agus àiteachan obrach eile a chomharrachadh, mura h-eil thu airson 's gun cleachd daoine an còraichean-slighe ann an àiteachan mar sin;
- frith-rathaidean a dhion nuair a bhios tu ri nbrachadh stiùireadh fearainn;

56 Earrann 3, Achd Ath-leasachadh an Fheàrainn (Alba) 2003. Feumaidh an fheadhainn a tha a' cleachdadh chòraichean-slighe fa-near a thoirt math chàich (mar stiùirichean fearainn agus daoine eile a bhios a' cleachdadh chòraichean-slighe) agus tha seo na phàirt de na dleastanasan air mìneachadh ann am Pàirt 3 dhen Chòd seo.

- iomaill sònraichte timcheall achaidhean far a bheil bàrr a' fàs a chomharrachadh a bhiodh tu airson 's gun tèid an cleachadh le daoine;
- àiteachan a mholadh do dhaoine far am faigh iad còraichean-slighe as fheàrr thairis air aibhneachan no lochan agus far am bi as lugh a bhuaidh ann air an obair agus priobhaideachd agad;
- moladh mar a bhiodh tu airson seirbheis maoir an ùghdarrais ionadail a dh'obair air an fhearrann agad; agus
- na h-àiteachan as fheàrr a chomharrachadh airson fiosrachadh agus comhairle a thoirt do dhaoine.

Ma nì thu seo, bi cothrom nas fheàrr agad a bhith a' toirt buaidh air obair agus priomhachasan an ùghdarrais ionadail agad, air an fhòram slighe ionadail agad agus air buidhnean eile, agus airson taic airgid agus taic eile, a dh'fhaodadh a bhith ann, a shireadh.

4.22 Ma bhruidhneas neach-eagraiche buidhne no tachartais riut (faic earrannan 3.57 gu 3.64), bi deimhinneach. Ma bhios feum air aonta bhuat, thathar a' brosnachadh gum bu chòir dhut a thoirt seachad, ma chuirear aghaidh air draghan agad fhèin no aig daoine eile mar bu chòir.

Cuimhnich na priomh phuingean seo:

- **gum b' fheàrr le dhaoine a bhith a' co-obrachadh nuair a chuireas stiùirichean-fearainn fàilte romhpa;**
- **nuair a ghabhas dèanamh, co-obrachaich leis an ùghdarris ionadail agad agus le buidhnean eile, gus slighean math a thoirt seachadh thairis air an fhearrann agad agus còraichean-slighe a stiùireadh gu deimhinneach, mar tro sheirbheis maoir an ùghdarris ionadail agad;**
- **smaoinich air mar a bhiodh tu airson cothroman-slighe a sholaradh agus a stiùireadh air an fhearrann agus an uisce agad agus leig leis an ùghdarris ionadail agad pàirt a ghabhail ann.**

Thoir fa-near còraichean-slighe ma bhios tu a' stiùireadh fearainn agus uisce ri a thaobh

4.23 Tha an stiùireadh, air a mhìneachadh ann an earrannan 4.5 gus 4.22, a' buntainn ri stiùirichean-fearainn air a bheil uallach do dh'fhearann no uisce far am faodadh còraichean-slighe a chleachdad. Tha a' phàirt seo den Chòd a' toirt seachad stiùireadh do stiùirichean-fearainn air a bheil uallach do dh'fhearann no uisce far nach fhaodadh còraichean-slighe a chleachdad, ach far am faodadh stiùireadh an fhearrann no an uisce aca a chur buaidh air cleachdad chòraichean-slighe air fearann ri a thaobh⁵⁷.

4.24 Am measg an fhearrann air nach fhaodar còraichean-slighe a chleachdad, tha iodhlann, bun-structair rathaidean-iarainn agus raointean-adhair, làraichean togail, liosan, cuairteachadh thogalaichean agus cuid de dhamaichean (faic earrann 2.11). Nuair a chleachdas agus a stiùireas tu am fearann seo, feumaidh tu a bhith mothachail air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith air cleachdad chòraichean-slighe air fearann ri do thaobh, gu h-àiridh tro iodhlannan agus thairis air damaichean far am bi daoine a' cleachdad chòraichean-slighe mar-thà gun trioblaidean mòra. Ann an

57 Tha Earrann 10 (1) (d), Achd Ath-leasachadh an Fhearrann (Alba) 2003 a' leigeil gun tèid an Còd a chleachdad gus comhairle a thoirt do stiùirichean de dh'fhearrann far nach eil còraichean-slighe a' buntainn ach sa tha ri taobh fearainn mar sin.

suidheachaidhean mar sin, bhiodh e reusanta do dhaoine a shùileachadh gum biodh còraichean-slighe gnàth-chùrsach mar seo a' maireachdainn. Faodaidh slighean àbhaisteach a dhol thairis air an fhearann agad agus bidh na còraichean seo a' maireachdainn.

4.25 Nuair a ghabhas a dhèanamh:

- thoir urram air slighean àbhaisteach no còraichean-slighe gnàth-chùrsach sam bith thairis air an fhearann no air an uisce agad;
- na cleachd soidhnichean "slighe dùinte" no na glais no na toir air falbh geata no bad slighe eile, gu h-àiridh air slighean agus frith-rathaidean a thèid an cleachdad leis a' phoball no gun slighe eile a chur air dòigh;
- co-obraich leis an ùghdarris iondail agad agus le buidhnean eile gus slighean thairis air an fhearann agad a thoirt seachad agus a stiùireadh ann an dòigh a bhiodh a' brosnachadh chothroman- slighe agus stiùireadh an fhearainn aig an aon àm; agus
- beachdaich air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig an obair agad air daoine a chleachdas còraichean-slighe air fearann ri do thaobh agus atharraich an obair agad far am bi seo reusanta so-dhèanta.

Pàirt 5. Iùl prataigeach air còraichean-slighe agus dleastanasan - sùil aithghearr orra

5.1 Tha na dleastanasan air ainmeachadh ann am Pàirt 3 den Chòd a' buntainn ge be an gniomh agad agus tha an fheadhainn air ainmeachadh ann am Pàirt 4 den Chòd a' buntainn ri stiùirichean-fearainn uile. Minichidh a' phàirt seo den Chòd mar a bhuineas na dleastanasan seo ris nas suidheachaidhean as cumanta a lorgar air an dùthaich. Mar sin, tha e na iùl prataigeach a chuidicheas am poball agus stiùirichean-fearainn a chur romhpa an giùlan as fheàrr ann an suidheachaidhean mar seo. Chan eil e a' toirt iomradh air a h-uile suidheachadh no gniomh ach bu chòir dha a bhith taiceil agus na eisimpleir a mhìneachas na a tha agus nach eil na ghiùlan ciallach. Tha an iùl air a chur a-rèir na h-aibidil, mar a leanas:

- Aibhneachan, lochan agus lochan-tasgaidh
- Achaidhean ga threabhadh no le bàrr ga bhuan
- Achaidhean le bàrr a' fàs
- Achaidhean le bàrr ga fhrasadh agus ga mhathachadh
- Buain dhearcan agus bhalgan-buachair fiadhaich
- Bruaichean aibhne agus cladaichean locha
- Campadh air an dùthaich
- Canalan
- Cànuthadh, ràthadaireachd, iomramh agus seòladh
- Cluaintean feòir, feòir-tioram agus feòir-fodair
- Cluaintean le beathaichean òga ann
- Cluaintean le beathaichean tuathanais
- Cluaintean fosigailte le beathaichean tuathanais
- Coilltean
- Coilltean far a bheil obrachadh coilltearachd a' dol
- Coimhead air agus sgrùdadh fiadh-bheatha
- Coin
- Cothroman-slighe do chiorramaich
- Cuirmean-chnuic
- Damaichean
- Fearann an airm
- Geataichean, feansaichean agus gàrraidhean-cloiche
- lasgach
- lodhlannan
- lomaill achaidhean le bàrr a' fàs
- Làraichean dualchas cultair
- Lasadh theintean
- Losgadh ghunnaichean air talamh iosal
- Marcachd
- Òtrachas daonna
- Pàirceadh chàraichean
- Pàircichean poblach agus fearann fosigailte eile
- Pàircichean-glèidheteachais nàdair agus àiteachan glèidheteachais eile
- Raontean cluich sgoile
- Raontean golf
- Raontean spòrs
- Sealg clearcan-fraoich
- Sgudal
- Siubhal air baidhsagal
- Slighean agus frith-rathaidean
- Snàmh
- Spòrsan adhair
- Stalcaireachd fèidh air a' chnoc lom
- Stalcaireachd fèidh anns a' choille

- Streach
- Tachartasan spòrs agus eile
- Taighean agus liosan
- Tràighean agus cladaichean

5.2 Tha iomadh buidheann chur-seachadan agus stiùireadh fearainn, cho math ri iomadh buidheann phoblach, a' foillseachadh comhairle agus stiùireadh nas mionaidiche air deagh chleachdadhbh a bhuineas ris na gnìomhan agus an ùidhean aca. B' urrainn dhaibh dèiligeadh ri mòran chuspairean, a' gabhail a-steach modhan matha, sàbhailteachd agus an àrainneachd. Mar sin, faodaidh iad cur ris an stiùireadh a tha a' buntainn ri cleachdadhbh cùramach nan còraichean-slige a lorgar anns an Chòd seo. Air sàilleabh an raon de stiùireadh agus comhairle a tha ri fhaighinn, bhiodh e tùrail a bhith mothachail dhaibh agus leantainn nam molaidhean a thaobh deagh chleachdadhbh. Tha barrachd fiosrachaiddh rim faighinn bho na buidhnean iomchaidh no aig:

www.outdooraccess-scotland.com.

5.3 Thatar a' moladh gum bu chòir do bhuidhnean chur-seachadan agus stiùireadh fearainn bruidhinn ri SNH mus chuirear crìoch air comhairle air cothroman-slige agus air deagh chleachdadhbh agus gus dèanamh cinnteach gum bi comhairle mar seo air a dèanamh a-rèir uallachaidhean na h-Achd agus co-chòrdail ris a' Chòd.

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Achadh le bàrr ga fhrasadh agus ga mhathachadh	Feumaidh stiùirichean-fearainn todhar no stuth eile, mar ghiodair no aoil, a chur air achaidhean barra gu tric. Bidh an ùine nuair a bhios an cunnart ann a' crochadh air an stuth a chaidh a chleachadh, ach faodaidh seo mairsinn eadar beagan uair a thide agus ceithir làithean le searbhadh phronnasgach. Air sgàth 's gum bi iad cunnartach do shlàinte a' phobaill, tha e riatanach do stiùirichean-fearainn dèanamh cinnteach nach chleachd daoine càraichean-slighe air fearann far an deach marbhàichean-pheasan a chleachdad. Lean comhairle sam bith a dh'iarras ort slighe no àite sònraichte a sheachnad aig amannan mar seo.	Cùm an àite a bhios fo bhuaidh, agus an ùine agus an seòrsa de bhacadh, cho beag 's a tha riatanach. Far a ghabhas dèanamh gu reusanta, thoir fiosrachadh mun àite a chaidh a fhrasadh, mun stuth a chaidh a chleachdadh agus mun ùine a bhios cunnart ann aig àiteachan-inntrigidh follaiseach air slighean, mar phàircean-chàraichean agus geataichean. Thoir air falbh soidhnichean agus rabhaidhean nuair nach bi feum orra tuilleadh.
Achaidhean ga threabhadh no le bàrr ga bhuain	Tha càraichean-slighe a' buntainn ri achaidhean mar seo, ach na cuir bacadh air obair mar seo. Ma thachras tu air an leithid fhad 's a tha iad gan dèanamh, cùm air adhart gu càramach, cùm astar sàbhailte air falbh agus lean ri comhairle sam bith a bheir an stiùiriche-fearainn dhut. Dh'fhaodadh gum bi thu as sàbhailte 's tu a' dol a-steach a dh'achadh ri thaobh no a' cumail ri iomall an achaidh.	Innis do dhaoine mun àite a tha fo bhuaidh agus cho fada a bhios seo deatamach agus dèan slighe eile mas e priomh shlighe a tha ann fo bhuaidh. Ath-fhosgail slighean a chaidh an treabhadh.
Achaidhean le bàrr a' fàs	Nuir a ghnàthaichear càraichean-slighe an achadh barra, seachain cron a dhèanamh air a' bhàrr anns na dòighean seo leanas: <ul style="list-style-type: none"> ▪ cleachd slighean agus frith-rathaidean; ▪ cleachd iomall an achaidh (ma bhios an iomall cumang no lusan air an cur sìos ann, seachain cron neo-fheumail 's sibh a' cumail faisg air aniomall ann an sleath aonair); ▪ falbh air talamh gun siòlachadh (fhad 's nach dèan seo cron air a' bhàrr); no ▪ beachdaich air slighean eile air fearann ri thaobh. 	Cuidichidh iomaill gun àiteachadh daoine ann a bhith a' cleachdadach chàraichean-slighe gu càramach agus bheir iad taic dhan fhiadh-bheatha agus bidh e ciallach seo a dhèanamh a h-uile àite agus urrainn dhut mar sin.

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Aibhneachan, lochan agus lochan-tasgaidh	<p>Tha còraichean-slighe a' buntainn ri aibhneachan, lochan agus lochan-tasgaidh (ach na rach faisg air tuil-choraidhean no togadairean uisce). Bi mothachail air math luchd-cleachdaidh eile agus dualchas nàdar aibhneachan agus lochan anns na dòighean seo leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ na cuir dragh air eòin agus beathaichean eile a dh'aona ghnothach no le cion-ùmhail; ▪ na truaillich uisce oir dh'fhaodadh gun cleachdar e airson an t-solarie uisce phoblaich; ▪ dèan cinnteach gu bheil an abhainn, loch no loch-tasgaidh freagarrach airson na gniomh agad agus airson àireamh nan daoine a tha gu bhith ann; ▪ lean an stiùireadh anns a' Chòd agus fo-laghan ionadail sam bith gus dèanamh cinnteach nach cuir do ghnìomh bacadh mì-reusanta air math dhaoine eile, mar iasgairean-slaite no an àrainneachd. 	<p>Co-obraich leis an ùghdarris ionadail agad agus le buidhnean eile, far a bhios seo iomchaidh, gus pàircean-chàraichean a chomharrachadh air àiteachan air cleachdadadh gu mòr agus àiteachan far am b' urrainn do dhaoine deagh còraichean-slighe dhan abhainn no loch a chleachdadadh gun a bhith ag adhbharachadh dhuligheadasan. Na cuir feansaichean ann bhon dàrna taobh den abhainn dhan taobh eile gun deagh adhbhar no gun beàrnar a chur ann air aibhneachan a chleachdas luchd-canù. B' urrainn do bhuidhnean poblach ceumannan a ghabhail gus cleachdadadh lochan-tasgaidh a bhrosnachadh far nach biodh cothroman-slighe a' cur an aghaidh cleachdadadh agus mathas an uisce.</p>
Bruaichean abhne agus cladaichean locha	<p>That has a' cleachdadadh chòraichean-slighe air bruaichean aibhne agus cladaichean locha ach far a bheil lios no cuairteachadh togalaich eile a' ruigsinn oir an uisce. Cuimhnich gum bi bruaichean aibhne agus cladaichean locha nan teàrmann do dh'fhiadh-bheatha gu tric agus faodaidh an cleachdadadh airson iasgaich agus stiùreadh coltach ris.</p> <p>Thoir urram do dhaoine a tha ag iasgach agus cum astar sàbhailte air falbh ma tha iasgaire a' siabadh driamlach. Cleachar cuid de na lochan agus lochan-tasgaidh gu dian mar ionadan / tuathanasan iasgach mailairteach agus dh'fhaodadh seo a bhith cunnartach far am bi mòran iasgairean a' siabadh driamlach ann an àite beag. Bi faiceallach ann an àiteachan mar seo. Ma bhios tu airson bàta a chleachdadadh agus gu bheil cidhe no àite bogaidh faisg ort, bu chòir dhut a chleachdadadh. Bi air leth cùramach nuair sheòlas tu seachad air eilean no ma thèid thu air tràigh eilein oir tha iad nan deagh theàrmannan do dh'fhiadh-bheatha gu tric.</p>	<p>Thoir urram air feuman na feadhna a chleachdas còraichean-slighe le bhith a' leigeil le daoine a dhol seachad mus siab thu driamlach. Ma bhios tu airson àrainnean bruachach a leasachadh, slighean-iasgaich a chur ann no feansaichean a chur ann ann an uisce sruthach, thoir urram air feuman na feadhna a chleachdas no a tha airson còraichean-slighe a cleachdadadh. Mar eisimpleir, ma bhios dùil agad feansaichean a chleachdadadh gus àrainn bruachaich ath-leasachadh no a leudachadh, cuir geataichean no àiteachan slighe eile no slighe reusanta eile ann.</p>

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Buain dhearcan agus bhalgan-buachair fiadhaich	<p>Chan eil buaidh an reachdais air togail dhearcan agus fhungasan fiadhaich a nì thu gu gnàthach airson do chleachdaidh fhèin.</p> <p>Coimhead as dèidh na h-àrainneachd le bhith a' leantainn stiùiridh aontaithe mun ghnìomh seo. Ge-tà, chan eil còraichean-slighe a' buntainn ri bhith air no a dhol thairis air fearann no uisge airson càil a thoirt air falbh a tha air an fhearann no anns an uisge airson adhbharan malaireach no prothaide.</p>	
Campadh air an dùthach	<p>Tha còraichean-slighe a' buntainn ri campadh air an dùthach. Tha an seòrsa seo de champadh aotrom agus cha bhi ach beagan dhaoine ga dhèananamh airson dhà no trì oidhche anns an aon àite. Faodaidh tu campadh ann an dòigh seo àite sam bith far a bheil còraichean-slighe buailteach ach faodaidh tu daoine agus stiùirichean-fearainn ionadail a chuideachadh gus nach èirigh duilgheadasan gun a bhith a' campadh ann an achadh far a bheil bàrr a' fàs ann no cluain pàircichte le beathaichean innteagus le bhith a' cumail astar math air falbh bho thogalaichean, rathaidean no làraichean eachdraidheil. Dèan cinnteach nach cuir thu bacadh air stailceadh fèidh no sealg chearcan-fraoich. Ma tha thu airson campadh faisg air taigh no togalach, faigh cead an t-sealbhadair roimhe. Na fág lorgan anns na dòighean seo leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ thoir air falbh an sgudal gu lèir agad; ▪ cuir às do lorg do theanta agus teine fosgailte sam bith (lean an stiùireadh air lasadh theintean); ▪ na adhbharaich truailleadh sam bith. 	<p>Ma thig mòran daoine ort gus campadh ri taobh an rathaid no ma bhios làraichean campadh air cleachdadadh gu mòr air an fhearann agad, b'urrainn dhut co-obrachadh leis an ùghdarras ionadail agad agus le buidhnean chur-seachadan gus stiùireadh a mar champadh seo a chuideachadh.</p>

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Canalan	<p>Tha còraichean-slighe a' buntainn ri chanalan, slighean-tarraing agus uchdan chanalan, ach air sàilleabh cho tric a thathas gan cleachdad airson chur-seachadan agus ghnìomhachasan agus cùisean sàbhailteachd a dh' èiricheas asta, feumar an cleachdad seo a stiùireadh. Ma bhios tu airson canùthadh no gnìomh eile a thathas a' déanamh air uisge canail, lean fo-laghan no riaghailtean ionadail uile, a' gabhail a-steach Còd nan Slighean-Uisge.</p> <p>Cuimhnich gum bi canalan stainnte uaireannan agus gum faod an tuisge a bhith domhainn. Air sgàth adhbharan sàbhailteachd, leig soithichean motaraichte a dhol romhad an-còmhnaidh. Mar a thathar a' coimhead air locan agus lioftaichean chanalan mar structaran, cha eil còraichean-slighe a' buntainn orra. Ge-tà, dh'faodadh gum bi còraichean-slighe thar gheataichean locan sòdhéanta far an deach uallachadh sònraichte airson slighean a chur air dòigh.</p> <p>Bidh cuid de dhaoine a' fuireach air bàta air canalan rè na h-oidhche agus feumaidh tu a bhith mothachadil air priobhaideachd agus fois na feedhna a tha a' fuireach anns na bàtaichean. Bi air leth cùramach nach cuir thu eagal no dragh air daoine, gu h-àiridh a dh'oidhche. Tha cuid de na slighean-tarraing math a thaobh chòraichean-slighe airson siubhal air baidhsagal agus marcachd, ach nuair a dh'fhàsas ceum-tarraing ro chumhang no ro chunnartach, mar far a bheil drochaidean ìosal, teirinn bhuaithe. Cùm coin air iall goirid gus nach èirigh duilgheadasan do dhaoine eile agus do dh'fhiadh-bheatha.</p>	<p>Thathar a' brosnachadh a h-uile stiùiriche canail a bhith a' fosgladh chòraichean-slighe air slighean-tarraing dhan a h-uile seòrsa de luchd-cleachdaidh agus a bhith a' toirt seachad fiosrachadh mu na h-àiteachan far an cleachd daoine còraichean-slighe air canalan agus slighean-tarraing ann an an dòigh as fheàrr.</p>

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Canùthadh, ràthadaireachd, iomramh agus seòladh	<p>Tha còraichean-slighe a' buntainn ri ghnìomhachdan neo-mhotaraichte a nithear air an uisge, mar chanùthadh, ràthadaireachd, iomramh agus seòladh. Dèan cinnteach gu bheil an abhainn, loch no Loch-tasgaidh freagarrach airson a' ghnìomh agad agus a thaobh an àireamh de dhaoine a ghabhas páirt, bi air leth faiceallach nach cuir thu bacadh air math dhaoine eile gu mi-reusanta agus seachain a dhol faisg air togadairean uisge, àite tarraing uisge no tuil-choraidhean. Air uisgeachan a chleachdar gu dian airson iomadh gnìomh, dh' fhaodadh gum bi feum air ceumannan stiùiridh, mar roinntean agus fo-laghan a stèidheachadh airson sàbhailteachd no mathas an uisge no airson dion na h-àrainneachd. Lean ri stiùireadh aontaichte a tha ri fhaighinn.</p> <p>Bi mothachail air math iasgairean-slaite le bhith seachnadh liontan agus uidheam iasgaich. Fan cho sàmhach 's a ghabhas nuair a tha thu dlùth do dh'iasgairean-slaite agus na cuir dragh orra. Cùm astar sàbhailte air falbh bho iasgairean-slaite air lochan. Air aibhneachan agus uisgeachan criochnaichte eile, fuirich gus an dèan an iasgaire no a' ghille soidhne dhut mus lean thu ort ma tha driamlach aca anns an uisge agus lean ri slighe a chaidh a moladh riutha, ma tha e sàbhailte agus so-dhèanta. Bi air leth faiceallach nuair a thèid thu a-steach no a-mach às an uisge, nach dèan thu cron air a' bhruach agus nach cuir thu dragh air an fhiadh-bheatha, agus cleachd cidhe phoblach ma tha tè faisg ort. Na truaillich an t-uisge.</p> <p>Ma tha tu airson canùthadh no seòladh air loch no Loch-tasgaidh a thathas a' cleachdadh gu dian le iasgaireachd malaireach, cuimhnich gum faod seo dragh cur orra gu mòr, gum faod seo cùisean sàbhailteachd a thogail air sgàth na h-àireimh bige de dh'iasgairean ann an àite gu math beag agus gum faod buaidh a bhith ann air obrachadh nan gniomhachasan seo. Bruidhinn ris an stiùiriche fhearann mus tèid thu air an uisge mar seo an-còmhnaidh.</p>	<p>Co-obraich leis an ùghdarris ionadail agad agus / no buidhnean chur-seachadan gus làraichean pàiricidh agus bogaidh a chomharrachadh, far a bheil seo iomchaidh. B' urrainn dhut co-obrachadh leis an ùghdarris ionadail agad agus / no le buidhnean chur-seachadan gus sònrrachadh na tha a dhith a thaobh ceumannan stiùiridh far a bheil cleachdadh chur-seachadan gu dian ag adhbharachadh dhraghan a thaobh sàbhailteachd, obrachaидh no na h-àrainneachd. Ma tha club no buidheann luchd-cleachdaidh ag iarraidh bàta-sàbhalaidh motaraichte a chleachdadh airson adhbharan sàbhailteachd, thoir cead dhaibh gach uair a ghabhas a dhèanamh.</p>

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Cluain feòir, feòir-tioram agus feòir-fodair	Nuair a tha feur air a chur, dèilig ris mar bhàrr sam bith eile agus lean stiùireadh iomchaidh (faic Achadh le bàrr a' fàs). Faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdadhbh air fearann far a bheil feur a' fàs airson feòir-tioram agus feòir-fodair ach nuair a tha e gu ìre mhòr deiseil airson buain agus gun rachadh a mhilleadh. Bidh feur mar seo a' fàs air cluain pàircichte, gun bheathaichean ag ionaltradhbh oirre. Thathas a' ciallachadh gum bi feur "aig ìre adhartach" nuair a tha e beagan nas àirde na d'adhbrann (mu 8 òirlich no 20 cm). Cleachd frith-rathaidean no slighean ann an suidheachadh mar seo ma tha iad ann, no lean ri iomall an achaidh. Dh'fhaodadh gum bi feur a' fàs airson sgrath, air talamh gu math rèidh mar as trice agus air cluain mhòr. Ann an suidheachadh mar seo, cleachd slighean agus frith-rathaidean far am bi iad ann no lean ri iomall achaidh, nuair a tha an sgrath aig ìre thràth de dh'fhàs no ma tha thu ri siubhal air baidhsagal no marcachd.	Ma dh'fhàgas tu iomaill gun àiteachadh, bidh e cuideachail do dhaoine a chleachdas an còraichean-slighe gu cùramach agus curidh e taic ri fiadh-beatha agus mar sin biodh e glic seo a dhèanamh nuair a ghabhas dèanamh.
Cluain fosigailte le beathaichean tuathanais	Faodaidh tu còraichean-slighe a chleachdadhbh air cluain fosigailte. Cùm astar ciallach air falbh bho bheathaichean, gu h-àiridh nuair a tha laoghan no uain ann agus na bi gan iomain thairis air an fhearrann. Dèan cinnteach nach bi do chù a' reubadh no a' cur eagal air stoc le bhith ga chumail fo smachd ceart no air iall goirid.	
Cluain le beathaichean òga ann	Faodaidh tu dragh a sheachnadhbh air caoraich a tha faisg air àm breith nan uan no air beathaichean òga mar laoghan, uain, searraich agus fèidh tuathanais le bhith a' dol a-steach air cluain ri taobh. Cùm cho fad air falbh bho na beathaichean 's a ghabhas far nach urrainn dhut an seachnadhbh. Na toir coin a-steach air cluain far a bheil beathaichean òga ann.	Seachain caoraich a chur air cluain far a bheil slighe air cleachdadhbh gu mòr faisg air àm breith nan uan, nuair a ghabhas seo a dhèanamh agus mura gabh, b' urrainn dhut slighe reusanta eile a chomharradh.
Cluain le beathaichean tuathanais	Tha còraichean-slighe a' buntainn ri cluaintean mar seo ach cuimhnich gum faod cuid de bheathaichean fàs ionnsaigheach an aghaidh dhaoine, gu h-àiridh bà le laoghan ach eich, mucan agus fèidh tuathanais cuideachd. Lorg slighe eile mus tig thu a-steach air cluain. Ma bhios tu ann an cluain le beathaichean tuathanais ann, cùm air falbh bhupa air astar sàbhailte agus cùm sùil gheur orra. Ma bhios cù còmhla riut, leugh air an stiùireadh mu dhèidhinn chon a tha gu h-iosal.	Cùm beathaichean a tha ro-aithnichte mar fheadhainn chunnartach air falbh bho chluain far a bheil priomh shlighe no cursa air cleachdadhbh gu mòr eile. Mura gabh seo a dhèanamh, innis dhan phoball mu an déidhinn agus cur clàr-seòladhbh ann gu roghainn reusanta eile de fhrith-rathad.

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Coilltean	<p>Faodaidh tu càraichean-slighe a chleachdadh ann an coilltean. Ma bhios tu ri siubhal air baidhsagal no marcachd, b' urrainn dhut lùghdachadh cron sam bith le bhith a' cumail ri slighean agus frith-rathaidean freagarrach. Ma bhios cù leat, cùm fo smachd ceart e no air iall goirid as t-earrach (Giblean gu luchar) gus nach cuir e dragh air eòin ri neadachadh. Faodaidh stoc a bhith ann an coille, mar sin bi air leth faiceallach ma thachras tu air beathaichean sam bith.</p> <p>Dèan cinnteach nach dèan thu saltradh air craobhan òga.</p>	<p>Dèan measadh air an ire agus air an t-seòrsa de chleachdadh poblach anns a' choille agus sgriobh plana gus cothroman-slighe a stiùireadh air làraichean tranga. Cho fad 's a ghabhas dèanamh thoir frith-rathaidean agus goireasan eile, a' ghabhail a-steach mìneachadh, a chuidicheas daoine a bhith a' cleachdadh chòraichean-slighe gu cùramach.</p>
Coilltean far a bheilear ri obrachadh coilltearachd a' dol	<p>Faodaidh obraichean mar leagail chraobhan, toirt às agus tarraig fiodha buaidh a chur air pàirt de choille agus air rathaidean coille airson iomadh mìos. Leugh soidhne sam bith a bheir rabhadh dhut mu obrachadh coille, mar leagail agus toirt às chraobhan agus lean comhairle sam bith a bheir an stiùiriche-fearainn dhut. Nì seo cinnteach nach cur thu bacadh air na h-obrachaidhean seo agus gum bi thusa agus na daoine a tha ag obair ann sàbhailte.</p> <p>Dh'fhaodadh soidhnichean a chomharrachadh gu bheil slighe sàbhailte nuair a tha gniomhan air sgur, mar aig deireadh na seachdaine.</p> <p>Ma thachras tu air innealradh, cùm astar sàbhailte air falbh bhuaithe. Bi air leth faiceallach nuair a tha thu a' coiseachd, a' siubhal air baidhsagal no a' marcachd air frith-rathaidean oir faodaidh laraidhean fiodha mòra a bhith ann agus gan cleachdad.</p> <p>Na streap stacaichean fiodha agus cùm clann air falbh bhupa.</p>	<p>Lean ri deagh chleachdad, air mìneachadh ann an stiùireadh aontaichte leis an gniomhachas, a thaobh stiùireadh àiteachan obrach far an cleachd daoine càraichean-slighe. Cùm an àite a bhios fo bhuaidh, agus an ùine agus an seòrsa de bhacadh, cho beag 's a tha riatanach. Far a ghabhas dèanamh gu reusanta, thoir fiosrachadh dhan mhòr-shluagh mu dheidhinn seo aig àiteachan-inntrigidh follaiseach air slighe, cuir slighean eile air dòigh ma ghabhas dèanamh.</p> <p>Dèan leagail agus toirt às dian de chraobhan aig amannan nuair nach biodh mòran daoine gan cleachdad, ma ghabhas dèanamh. Leig le daoine slighean sònraichte a chleachdad nuair a tha an obair air sgur (mar aig deireadh na seachdain), mura bi sin ag adhbharachadh cunnairt mhòr a thaobh sàbhailteachd. Dèan cinnteach gu bheil fios aig gach neach-obrach na làraich agus aig gach draibhear carbaid gum faodadh daoine a bhith ann.</p>

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Coimhead air agus sgrùdaidh fiadh-bheatha	<p>Is e cur-seachad a nì mòran daoine a tha ann an coimhead air agus clàradh fiadh-bheatha agus tha càraichean-slighe buailteach ann. Ma bhios tu airson sgrùdadh dian a dhèanamh air àite, ath-thadhal air àite gu cunbalach no uidheam sgrùdaidh a chleachdad, bruidhinn ris na stiùirichean-fearainn iomchaidh agus innis dhaibh nas fainear dhut. Dèan cinnteach nach cuir thu dragh air an fhiadh-bheatha a tha thu a' coimhead air.</p>	<p>Co-obraich le daoine, ma ghabhas dèanamh, a tha airson sgrùdaidh a dhèanamh agus leig leotha sampalan beaga a thogail far nach dèan seo cron sam bith.</p>
Coin	<p>Tha càraichean-slighe a' buntainn ri daoine a tha a' coiseach leis an coin, cho fad 's a tha an coin fo smachd ceart. Is iad seo na priomh uallaichean a bhios ort:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ na leig le do chù ionnsaigh a thoirt air stoc no an reubadh; ▪ na toir do chù a-steach air cluain far a bheil uain, laoghan no beathaichean òga eile; ▪ na toir do chù a-steach leat do dh'achadh għlasraichean no mheasan mura bheil frith-rathad follaiseach ann, mar phriomh shlighe no slighe àbhaisteach, ach cùm do chù air an fhrith-rathad; ▪ ma thèid thu a-steach air cluain far a bheil stoc, cùm do chù air iall goirid no fo smachd ceart agus cùm cho fad air falbh bho na beathaichean 's a għabbar; ▪ ma thig crodh gad ionnsaigh, fan sàmhach, leig an cù ma sgaoil agus gabh an slighe as giorra agus as sàbhailte a-mach às a' cluain; ▪ aig ràith an neadachaíd, cùm do chù fo smachd ceart no air iall goirid ann an àiteachan mar mhòintich, coilltean, cluaintean, cladaichean locha agus mara (Giblean gu luchar mar as trice); ▪ cùm do chù fo smachd ceart no air iall goirid ann an àiteachan chur-seachadan agus àiteachan poblach eile gus nach cuir thu dragh air daoine eile; agus ▪ tog salachar do choin a dh'fhàgas do chù ann an àite poblach agus thoir air falbh e. 	<p>Na leig le cù-faire no cù-obrach a bhith a' cur an t-eagal air daoine, gu h-àiridh faisg air slighean agus frith-rathaidean.</p>

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Còraichean-slighe do chiorramaich	Tha còraichean-slighe a' buntainn ris a h-uile duine, a' gabhail a-steach daoine air a bheil ciorram. Tha còraichean-slighe a' buntainn ri daoine a tha air no a tha a' dol thairis air fearainn ann an carbad no soitheach motaraichte a rinneadh no a dh'fhreagrachd airson cleachdaidh le ciorramach agus a tha air a chleachdadh leis an neach seo. Lean ri Còd an Rathaid fad an t-siubhal. Ma chleachdas tu carbad no soitheach mar sin, bi air leth faiceallach nach cuir dragh air beathaichean no air an fhiadh-bheatha agus thoir urram air feuman dhaoine eile a chleachdas còraichean-slighe agus feuman stiùirichean-fearainn.	Co-obraich leis an ùghdarris ionadail agad, far a bheil e iomchaidh, gus slighean a chomharrachadh, a' gabhail a-steach prìomh shlighean, far am b' urrainn do chiorramaich a chleachdadh gu furasta. Cuir geataichean seach fàraidhean ann air slighean agus frith-rathaidean far a bheil seo reusanta so-dhèanta. Bheir seo cuideachadh do chuid de dhaoine le ciorram, mar luchd-cleachdaidh chathraichean-cuibhle.
Cuirmean-cnuic	Tha còraichean-slighe buailteach do chuirmean-cnuic. Bi air leth cùramach le feuman dhaoine eile nuair a thaghas tu àite airson cuirm-chnuic. Na cùm cuirm-cnuic ann an cluaintean far a bheil beathaichean tuathanais (no far an robh iad o chionn ghoirid) no far a bheil tuathanach air comharrachadh gun robhar a' frasadh achadh le aol no giodar. Na toir biadh do bheathaichean idir agus thoir an sgudal gu lèir agad air falbh, a' gabhail a-steach corran bìdh uile.	Thoir fios do dhaoine, far a ghabhas dèanamh, aig àiteachan-inntrigidh follaiseach air slighe, mar phàircean-chàraichean agus geataichean air cleachdadh gu mòr leis a' phoball mun: àite a chaidh a fhrasadh, an stuth a chaidh a chleachdadh agus cho fad 's a bhios an cunnart ann.
Damaichean	Anns a' chumantas, is e structairean a tha ann an damaichean agu mar sin cha bhi còraichean-slighe a' buntainn riutha. Ach gabhaidh mòran stiùirichean-fearainn ri còraichean-slighe thar dhamaichean agus mar sin, bu chòir gum bi còraichean-slighe rin cleachdadh thar dhamaichean mar seo fhathast. Lean rabhaidhean ionadail air sàbhailteachd.	Thathar a' brosnachadh do shealbhadairean taic a chur ri còraichean-slighe thar dhamaichean mura bi ceistean sàbhailteachd sònraichte ann. Gabh ceumannan gus comhairle a thoirt do dhaoine air taomadh uisge sam bith far am faod e a bhith na chunnart. Dèilig gu deimhinneach ri iarrtasan fiosrachaидh mu dhèidhinn taomadh uisge, nuair is urrainn dhut, gus do thaic a thoirt ri cleachdadh chòraichean-slighe.

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Fearann an airm	<p>Tha ro-bheachd aig Ministreachd an Dìon (MOD) a thaobh tlachd shàbhailte a ghabhas a' phoball anns an oighreachd aca, uair sam bith 's a tha seo a' freagairt do dh'fheumalachdan obrachaidd agus trèanadh an airm, sàbhailteachd a' phobaill agus tèarainteachd.</p> <p>Feumaidh MOD càraichean-slighe a stiùireadh gu cùramach nuair a tha trèanadh beò an airm a' dol agus far am bheil àirneis-chogaidh gun spreadhadh ann.</p> <p>Thoir feart air comhairle luchd-obrach an rèidhlein, feachdan agus air soidhnichean rabhaidh an-còmhnaidh. Ma tha teagamhan agad, lorg slighe eile no tionndaich air ais. Tha brataich deurga (an latha) agus lampannan deurga (a dh'oidhche) a' comharrachadh àiteachan urchaireachd beò a dh'haodadh a bhith fosgailte gun fheansaichean. Na rach a-steach air rèidhlean ma tha brataich air an togail no lampaichean air an lasadh ann. Bi faiceallach nuair a thèid thu thairis air fearann oir dh'haodadh claisean-blàir no slocan a bhith ann agus na tog rud sam bith a-chaoidh a chionn 's gum b' urrainn dha cron a dhèanamh ort. Bi deiseil airson fuaimean grad a chuireas clisgeadh air daoine agus eich.</p>	<p>Thoir seachad uiread fiosrachaidd a tha ri fhaighinn, ro làimh, air ullachaidhean slighe far nach cuir seo sàbhailteachd no tèarainteachd ann an cunnart. Dèan cinnteach gum mìnich soidhnichean gu soilleir far am faod a' mhòr-sluaigh a dhol agus mìnich carson a tha feum air ceumannan, mar dhòighean-obrach nam bratach / nan lampannan deurga. Cùm an ùine agus meud an àite a bhios fo bhuaidh nan ceumannan cho beag 's a tha riatanach.</p>
Geataichean, feansaichean, gàrraidhean-cloiche agus callaidean	Cleachd geata ma bhios fear ann agus fàg e mar a lorg thu e. Na streap thairis air geataichean, feansaichean, gàrraidhean no callaidean ach mura h-eil slighe reusanta eile faisg ort. Ma thig ort streap thairis air feansa, feuch gun a bhith a' dèanamh cron air le bhith streap thairis air faisg air posta. Streap thairis air geata air a cheann lùdagach.	Dh'haodar coimhead air glasadh gheataichean no feansa a thogail thar slighe gun gheata iomchaidh a chur ann, gun adhbhar math, mar bhacadh mì-reusanta. Ma ghabhas dèanamh, na teannaich daoine eadar dà fheansa. Ma dh'fheumas tu uèir bhiorach no feansa dealanach a chleachdad, bi mothachail air feuman dhaoine le bhith a' cur dòn ann aig àiteachan-inntrigidh air sligheanagus le bhith a' fàgail àite gu leòr ri taobh fhrith-rathaidean.

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
iasgach	<p>Chan eil càraichean-slighe a' buntainn ri iasgach. Feumaidh iasgairean-slaite a bhith faiceallach nuair a shiabas iad driamlach agus a bhith air leth mothachail air daoine a bhios anns an uisce no air an talamh. Ma bhios neach-canù no duine eile faisg ort anns an uisce, fuirich gus am bi iad seachad mus siab thu driamlach. Ma bhios driamlach agad anns an uisce, leig le daoine a dhol seachad uair 's a thig an cothrom. Bidh e cuideachail ma sheallas tu do luchd-canù no do luchd-ràth far am b' fheàrr leat gun tèid iad seachad, ach cuimhnich nach biodh e an-comhnaidh comasach dhaibh leantainn ris an slighe a mholas tu.</p>	<p>Thoir urram air feuman dhaoine a chleachdas càraichean-slighe gu cùramach. Ma bhios neach-canù no neach-ràth no duine sam bith eile anns an uisce, leig leotha a dhol seachad mus siab thu driamlach. Dèan cinnteach gum bi fios aig an luchd-dèiligidh agad gun urrainn do dhaoine càraichean-slighe a chleachdad air bruicheadh aibhne agus air cladaichean locha agus anns an uisce fhèin. Co-obraich leis an ùghdarris ionadail agad agus buidhnean chur-seachadan, far a bheil seo iomchaidh, gus càraichean-slighe a thoir seachad aig an aon àm a thathas a' brosnachadh iasgach agus gnìomhan bruaich eile agus cleachdad air cùramach de shlighean air bruicheadh aibhne agus cladaichean locha.</p>
iodhlannan	<p>Ged nach eil càraichean-slighe a' buntainn ri iodhlainn, bidh mòran daoine a' cleachdad air chàraichean-slighe tro iodhlainn nuair a leanas iad slighean agus frith-rathaidean. Ann an cleachdad:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ ma tha slighe àbhaisteach no prìomh shlighe a' tarsainn air iodhlann, faodaidh tu leantainn rithe uair sam bith; ▪ cleachd slighe eile seachad air an iodhlann agus na togalaichean ma ghabhas a cleachdad gu reusanta agus gu bheil i comharrachte le soidhne. <p>Mura h-eil slighe àbhaisteach, prìomh shlighe no slighe reusanta comharrachte eile seachad air an iodhlann:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ dh'fhaodadh gun rachadh thu tro iodhlainn nam biodh an tuathanach toilichte mu dheidhinn no ma thathas a' cleachdad na slighe gu cunbalach anns an ùine a dh'fhalbh; no ▪ faodaidh tu do chàraichean-slighe a chleachdad a dhol seachad air an iodhlann agus na togalaichean. <p>Ma thèid thu tro iodhlann, lean ort gu sàbhailte agus gu cùramach, bi air leth faiceallach le innealradh agus crodh agus bi mothachail air priobhaideachd dhaoine a tha a' fuireach air an tuathanas.</p>	<p>Tha mòran shlighean agus fhrith-rathaidean a' tarsainn air iodhlainn. Mura h-eil slighe àbhaisteach no prìomh shlighe ann tro iodhlainn, thathar a' brosnachadh gun lean thu ort càraichean-slighe a cheadachadh far nach cuir seo bacadh air an obair agad gu mì-reusanta. B' urrainn dhut co-ibrachadh leis an ùghdarris ionadail agad gus an slighe as fheàrr thairis no seachad air do dh' iodhlann a chomharrachadh.</p>

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
iomallan achaidh le bàrr a' fàs	Faodaidh tu càraichean-slighe a chleachdad air iomall achaidh far a bheil bàrr a' fàs, fiù 's nan deach siol a chur air an iomall. Tha cuid de na h-iomail fo stiùireadh do dh'fhiadh-bheatha (cuimhnich gum faigh cuid de na tuathanaich airgead air a shon) agus airson eunlaith seilge a bhrosnachadh. Mar sin, bi faiceallach agus cùm do chù air iall goirid no fo smachd ceart agus na dèan dàil ma thig dragh air eòin air sgàth 's gu bheil thu ann. Ma bhios an iomall cumhang no ma tha lusan air a chur innt, na dèan cron oirre gun riatanas, gu h-àiridh ma bhios tu ri siubhal air baidhsagal no marcachd, cùm faisg air iomall an achaidh ann an sreath aonair.	Bidh iomaill gun àiteachadh cuideachail do dhaoine a tha airson an càraichean-slighe a chleachdad gu càramach agus airson taic a thoirt ris an fhiadh-beatha. Bidh e ciallach seo a dhèanamh nuair a ghabhas dèanamh. Faodar gum biodh e math slighean sònraichte a bhrosnachadh do dhaoine ann an àiteachan air cleachdad gu mòr.
Làraichean dualchas cultair	Chan eil togalaichean agus làraichean dualchas cultair eile, far am pàigh daoine a dhol a-steach orra gu dligheach, a' buntainn ri càraichean-slighe. Ann an suidheachaidhean eile, mar aig mòran làraichean eachdraidheil no àrc-eòlais far nach eil marasgladh ann, tha càraichean-slighe a' buntainn riutha. Faodaidh àiteachan mar seo a bhith glè luachmhor ged nach bi iad follaiseach air an talamh an-còmhnaidh; agus mar sin, tha e cudthromach gun coimhead thu as an dèidh. Lean fo-laghan, riaghailtean no stiùireadh aontaichte ionadail sam bith a dh'iarras ort a bhith gad ghiùlan fhèin ann an dòigh a dhònas an làrach dualchas cultair. Fàg an làrach mar a lorg thu oirre anns na dòighean seo leanas: <ul style="list-style-type: none"> ▪ na gluais, na buair, na cuir cron air agus na mill clachan, ballachan, structaran no feartan eile; ▪ na toir càil air falbh; ▪ na las teinteán, na dèan campadh agus na cleachd innealan lorg meatailt; ▪ na cuir no na rach bacadh air cladhadh àrc-eòlach sam bith. 	Faodaidh tu airgead a ghabhail airson seirbheisean a sholaraicheas tu agus airson cead a-steach air thogalaichean. Bu chòir do bhuidhnean poblach a bhith a 'toirt seachad fiosrachadh do luchd-tadhail air mar nach dèan iad cron air làrach.

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Lasadh theintean	Cleachd stòbh seach a bhith a' lasadh theintean fosgailte ma ghabhas dèanamh. Ma bhios tu airson teine fosgailte a lasadh, cùm beag, fo smachd agus fo mharasgladh e – nì teintean, nach eil fo smachd, cron mòr agus dh'fhaodadh gum bi thusa buailteach do dhìoladh. Na las teintean, nuair a tha e air a bhith tioram ùine fada, no ann an àiteachan mar choilltean, fearann tuathanais, no talamh mònach no faisg air togalaichean no air làraichean dualchas cultair, far am biodh e furasta cron adhbharachadh, gu sìorraidh. Thoir feart air a h-uile comhairle aig amannan cunnartmhòr. Cuir às do organ teine uile mus falbh thu.	Co-obraich leis an ùghdarris ionadail agad (seirbheisean smalaidh) airson fios a thoirt do dhaoine air na cunnartan mòra a tha ann aig amannan mòr-thiormachd.
Losgadh ghunnaichean air talamh iosal	Faodaidh losgadh ghunnaichean air talamh iosal tachairt ann an iomadh dòigh. Tha sealg nan easgan agus nan clearan-tomain a' tachairt ann an coilltean agus air fearann rin taobh as t-fhoghar agus anns a' gheamhradh. Tha sealg eun fiadhaich, mar tunnagan, a' tachairt as t-fhoghar agus anns a' gheamhradh cuideachd, air a' chladach no air fearann faisg air uisge aig beul an latha no na hoidhche mar as trice. Faodaidh tu buairidh a lùghdachadh ma tha fios agad gum faodadh sealg a bhith anns na h-àiteachan seo as t-fhoghar agus anns a' gheamhradh agus a' toirt feart air comhairle mu shlighean eile. Na tarsaing fearann nuair a tha losgadh ghunnaichean ann. Cùm air falbh bho fhangan àrachadh eun agus cùm do chù fo smachd ceart no air iall goirid nuair a bhios tu faisg air fang.	Bi eòlach air na h-àiteachan far am bi dùil ri cleachdadadh chur-seachadan, mar fhrith-rathaidean agus slighean air cleachdadadh gu mòr. Thoir seachad uiread fiosrachaидh 's a tha agad air far am biodh an dùil ris an t-seilg. Faodaidh tu meòrachadh air fangan-sgaoilidh a shuidheachadh cho fad air falbh bho fhrith-rathaidean agus slighean air cleachdadadh gu mòr gus cothroman buairidh a lùghdachadh.

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Marcachd	<p>Tha còraichean-slighe a' buntainn ri marcachd. Chan adhbharaich marcachd air uachdaran cruaidh, mar fhrith-rathaidean agus slighean leathann agus talamh air traoghadh gu math, ach beagan duilgheadasan. Dh'fhaodadh gun adhbharaich marcachd duilgheadasan air daoine eile, mar luchd-coiseachd agus daoine air baidhsagalan, air slighean cumhang. Ma thèid thu air slighe mar seo, bi air leth cùramach agus leig le coisichean a dhol seachad romhad far a ghabhas dèanamh no lorg slighe eile. Ma bhios tu ri marcachd far na slighe, gu h-àiridh anns a' gheamhraidh, dèan cinnteach nach:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ cleachd thu talamh flucht no càthar; agus ▪ cuir thu an uachdair mun cuairt. <p>Bi air leth faiceallach nach cuir thu eagal air beathaichean tuathanais agus air an fhiadh-beatha, gu h-àiridh ma choisicheas tu air iomall achaidh. Na rach a-steach air cluain far a bheil eich no beathaichean eile ag ionaltradh a dh'fhaodadh a bhith cunnartach. Faigh cead ma bhios tu airson mòran chlasaichean-foghlaim a chumail air fearann dhaoine eile no ma bhios tu ag iarraidh gàrraidhean-lèim no raointean luath-mharcachd a chleachdadadh nuair nach eilear gan cleachdadadh.</p>	<p>Co-obraich leis an ùghdarris ionadail agad, far ghabhas dèanamh, gus frith-rathaidean no slighean air an fhearann agad a chomharrachadh a tha freagarrach do mharcachd gus cothromanslighe agus stiùireadh fearainn a bhrosnachadh aig an aon àm.</p>
Otrachas daonna	<p>Ma dh' fheumas tu mùn a dhèanamh, dèan e, aig a' char as lugha, 30m air falbh bho uisge fosgailte no aibhneachan agus sruthan. Ma dh' fheumas tu cac a dhèanamh, dèan e cho fad air falbh bho thogalaichean, uisge fosgailte no aibhneachan agus sruthan 's a ghabhas agus air falbh bho bheathaichean tuathanais. Càirich an salachar ann an toll ao-domhainn agus comhdaich e leis an ùir a-rithist.</p>	

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Pàirceadh chàraichean	<p>Chan eil còraichean-slighe a' buntainn ri gniomhachdan motaraichte. Ge-tà, bidh mòran daoine a' cleachdad an càraichean gus dol dhan dùthraig agus faodaidh seo duilgheadasan adhbharachadh ma phàirceas iad an càr gun urram do math dhaoine eile. Mar sin, tha e cudthromach nach adhbharaich thu cron no casg sam bith nuair a phàirceas tu do charbad anns na dòighean seo leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ na cuir casg air slighe bacadh air achadh no togalach; ▪ na cuir casg air cleachdad Rathaid no slighe le daoine eile; ▪ bi air leth cùramach le sàbhailteachd dhaoine eile; ▪ feuch nach dèan thu cron air iomall an Rathaid; agus ▪ cleachd pàirc charaichean ma tha tè faisg ort 	Co-obraich leis an ùghdarris ionadail agad agus le buidhnean eile far a bheil seo iomchaidh, mar nuair a tha mòran pàircidh neo-fhoirmeil ann agus e a' cur dragh air muinnir an àite, rannsach nan cuirear pàirc chàraichean foirmeil air dòigh.
Pàircichean poblach agus fearann fosgailte eile fo stiùireadh	<p>Faoighidh còraichean-slighe a chleachdad anns a' chuid as mothaidh phàircichean baile, pàircichean dùthchail agus air fearann fosgailte eile a tha fo stiùireadh. Is ann airson adhbharan chur-seachadan agus foghlaim a tha na pàircichean seo ann sa chumantas ach faodaidh iad a bhith fo stiùireadh gus an àrainneachd a dhòn cuideachd. Nuair a tha an ire no an seòrsa de chleachdad a' cur sàbhailteachd dhaoine no an àrainneachd ann an cunnart, dh'faodadh gun deach stiùireadh no ceumannan stiùiridh ionadail, mar riaghailtean stiùiridh, riaghailtean no folaghan, a thogail. Lean stiùireadh mar seo a dhèanamh cinnteach nach bi sàbhailteachd no an àrainneachd ann an cunnart.</p>	Brosnaich cleachdad chòraichean-slighe ann an àiteachan mar seo far nach bi e cunnartach do shàbhailteachd no dhan àrainneachd. Cleachd ceumannan mar riaghailtean stiùiridh no fo-laghan mar innleachd mu dheireadh.
Pàircichean-glèidheteachais nàdair agus àiteachan glèidheteachais eile	<p>Tha còraichean-slighe a' buntainn ris na h-àiteachan seo ach cuimhnich gu bheil iad air an stiùireadh gu cùramach airson glèidheteachas nàdair, agus dòn bheathaichean agus lusan ainneamh. Bi air leth faiceallach nach dèan thu cron air an làraich no nach cuir thu dragh air fhiadh-bheatha, no nach cuir thu bacadh air a stiùireadh no daoine eile a ghabhas tlachd anna. Dh'faodadh gun iarrar ort, a-rèir na gniomh agad, leantainn ri slighe shònraichte no gun a bhith cleachdad chòraichean-slighe ann an àite sònraichte: bidh e cuideachail ann an dòn dualchas nàdair nan àiteachan seo ma leanas tu ri stiùireadh ionadail mar seo.</p>	Ma bheir thu fiosrachadh do dhaoine air cho cudthromach a tha an làrach agus mu na slighean as fheàrr do dhaoine, agus faodaidh frith-rathaidean matha gad chuideachadh le bhith a' lùghdachadh cron agus buaireadh agus le bhith ag àrdachadh eòlas a' phobaill air fiadh-bheatha.

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Raointeán cluich sgoile	Chan eil còraichean-slighe a' buntainn ri fearann ri taobh sgoile agus a bhios sgoil a' cleachdadadh (mar raointeán cluich sgoile).	Faodaidh fearann mar seo a bhith na raon feòir cudthromach don choimhhearsnachd nuair nach eil an sgoil ga chleachdadadh. Thathar a' brosnachadh sgoiltean a bhith a' toirt cead don phoball a bhith ga chleachdadadh nuair nach eil an sgoil ga chleachdadadh.
Raointeán golf	<p>Chan urrain dhut còraichean-slighe a chleachdadadh air raon golf ach a mhàin a dhol thairis air agus fhad 's a nì thu seo, feumaidh tu cumail far rèidhleanan golf an-comhnaidh agus cha bu chòir dhut bacadh a chur air geama golf sam bith no cron a dhèanamh air an uachdar-chluich. Thathar a' cleachdadadh agus a' stiùireadh raointeán golf gu dian agus faodaidh cunnartan a bhith ann nuair a bhios cluicheadairean ri buillean "dall". Nuair a chleachdas tu còraichean-slighe:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ leig le cluicheadairean am buillean a dhèanamh mus tèid thu thairis air an fhaiche; ▪ fan sàmhach nuair a tha cluicheadair gus am buille a chluich; ▪ lean ri frith-rathaidean far a bheil iad ann; agus ▪ cùm do chù air iall goirid. <p>Gus cron seachnad air an uachdar, feumaidh daoine air baidhsagalan agus marcaichean cumail air frith-rathaidean fad na h-ùine agus cumail air falbh bho pàirt sam bith eile de raon golf.</p> <p>Nuir a thèid todhar no marbhadairean-pheasan a chleachdadadh, bidh ùine a' chunnairt a' crochadh air na chaidh a chleachdadadh ach cha mhair i nas fhaide na beagan làithean sa chumantas. Faodaidh stiùirichean raointeán golf iarrайдh ort slighe shònraichte a sheachnad aig amannan mar seo. Bidh e a' lùghdachadh chunnartan a thaobh sàbhailteachd ma tha thu a' toirt feart air comhairle mar seo.</p>	<p>Fosgail frith-rathaidean air no thairis air a' chùrsa far a ghabhas dèanamh agus / no mìnich na slighean as sàbhailte tron chùrsa do dhaoine. Bidh seo a' lùghdachadh chunnartan.</p> <p>Gabhaidh mòran daoine tlachd ann an gnìomhan mar chàrn-slaodadh agus sgitheadh thar-dùthcha air raointeán golf anns a' gheamhradh. Faodaidh seo a bhith cudthromach airson choimhhearsnachdan ionadail. Chan adhbharaich na gnìomhan seo duilgheadasan ach glè ainneamh ma thèid an dèanamh gu cùramach – le bhith a' cumail air falbh bho rèidhlean, taoitean agus buncairean – agus far a bheil sneachd gu leòr air talamh. Thathar a' brosnachadh stiùirichean raointeán golf a bhith a' gabhail ri còraichean-slighe mar seo nuair a thèid an cleachdadadh gu cùramach.</p>

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Raointeán spòrs	Chan urrainn dhut càraichean-slighe a chleachdad air raon spòrs, raon cluich no raon sam bith eile a chaith a chomharrachadh airson adhbharan chur-seachadan (mar boghadaireachd no spòrs targaide eile) fhad 's a tha e a' dol agus bi air leth faiceallach le obrachaidhean stiùireadh fearainn, a dh'fhaodadh gabbail a-steach cur todhair no marbhadairean-pheasan. Dèan cinnteach nach dèan thu cron sam bith air an uachdar chluich nuair a thèid thu air raon spòrs no raon cluich. Feumaidh marcaichean agus daoine air baidhsagal a dhol timcheall air àiteachan mar seo.	Ma tha mòran raointeán agad, meòraich air solarachadh slighe air comharrachadh le soidhnichean air iomall nan raointeán.
Sealg clearcan-fraoich	Bidh ràith sealg nan clearcan-fraoich a' ruith eadar 12 Lùnastal gu 10 Dùblachd, leis a' mhòr-chuid den t-sealg ann tràth anns an ràith. Faodaidh tu lùghdachadh buairidh ma tha thu mothachail air sealg a dh'fhaodadh tachairt air monaidhean clearcan-fraoich agus le bhith a' toirt feart air comhairle mu chleachdad shlighean eile. Na tarsainn fearann far am bithear ri sealg gus am bi e sàbhailte a dhol thairis air.	Bidh eòlach air na h-àiteachan far am bithear an dùil ri cleachdad air chur-seachadan, mar fhrith-rathaidean, slighean a thathas a' cleachdad gu mòr agus dromannan-beinne. Innis do dhaoine far a bheil sealg a' dol air soidhnichean agus bùird fiosrachaидh (a-rèir a' Chòd seo) gus fiosrachadh an latha a thoirt do dhaoine mu dhèidhinn na seilg agus slighean eile.
Sgudal	Thoir air falbh an sgudal gu lèir agad. Dèan cinnteach nach leig thu tuiteam sgudal mar bhotailean, canaichean no bagaichean plastaig oir agus dh'fhaodadh gum mill iad innealradh agus ma thèid an ithe le beathaichean tuathanais no fiadhaich dh'fhaodadh gun adhbharach iad droch ghoirteachadh no marbhadh. Na fàg corran no pacadh sam bith a bha air a' bhiadh oir dh'fhaodadh gun tèid an ithe le beathaichean agus gun tèid galaran a sgaoileadh.	Ma bhios trioblaid sgudail agad air an fhearrann agad, b' urrainn dhut seo a bruidhinn mun chùis leis an ùghdarrais ionadail agad no leis an fhòram slighe ionadail agad .

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Siubhal air baidhsagal	<p>Tha còraichean-slighe a' buntainn ri siubhal air baidhsagal. Chan adhbharaich siubhal air baidhsagal mòran duilgheadasan air uachdar cruaidh, mar frith-rathaidean agus slighean leathann.</p> <p>Faodaidh siubhal air baidhsagal duilgheadasan adhbharachadh do dhaoine eile, mar luchd-coiseachd agus marcaichean, air frith-rathaidean cumhang. Ma thachras seo, teirinn agus coisich gus am bi an slighe freagarrach ann a-rithist. Na cuir luchd-coiseachd agus marcaichean ann an cunnart: thoir rabhadh dhaibh gu bheil thu ann ro làimh agus leig gun tèid iad romhad air slighe chumhang. Dèan cinnteach nach cuir thu beathaichean tuathanais, eich agus am fiadh-bheatha fo eagal. Ma bhios tu ri siubhal air baidhsagal far na slighe, gu h-àiridh anns a' gheamhradh, seachain:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ talamh fliuch no bog no càthar; agus ▪ an uachdair a chur mun cuairt. 	<p>Co-obraich leis an ùghdarris ionadail agad agus le buidhnean eile a chomharrachadh frith-rathaidean no shlighean thairis air an fhearainn agad a tha freagarrach airson siubhal air baidhsagal. Ma dh'fheumas tu feansa a thogail thar frith-rathaid no slighe, cuir geata ann a shoirbhicheas cothroman-slighe de dh'iomadh seòrsa.</p>
Slighean agus frith-rathaidean	<p>Tha còraichean-slighe a' buntainn ris a h-uile frith-rathad agus slighe ach far am bi iad a' tarsainn air fearann far nach eil còraichean-slighe buailteach. Chan eil buaidh aig an reachdas air slighean àbhaisteach. Tha còraichean-slighe buailteach far frith-rathaidean ach faodaidh e a bhith glic slighean agus frith-rathaidean a leantainn ma tha iad ann. Bidh seo na chuideachadh ann a bhith a' toirt seachad cothroman-slighe agus a' dòn math nan stiùirichean-fearainn agus na h-àrainneachd.</p> <p>Faodaidh luchd-coiseachd, daoine air baidhsagal agus marcaichean còraichean-slighe a chleachdadh air slighean agus frith-rathaidean. Ge-tà, air cuid de frith-rathaidean, mar an fheadhainn air cleachdadh gu dian no a tha buailteach do mhilleadh, dh'faodadh gum bi an t-ùghdarris ionadail air fiosrachadh ionadail a thoirt seachad air an t-seòrsa de chleachdadh a bhios iomchaidh no mar bu chòir do luchd-cleachdaidh an giùlan fhèin gu reusanta gus cunnartan no cron air uachdar nan frith-rathaidean a lùghdachadh. Bidh thu a' lùghdachadh dhuilgheadasan ma tha thu a' toirt feart air comhairle mar seo.</p>	<p>B' urrainn dhut co-obrachadh le an ùghdarris ionadail agad agus le buidhnean eile gus na slighean air an fhearrann agad a chomharrachadh a bhiodh as fheàrr airson stiùireadh fearainn agus cothroman-slighe. Nuair a ghabhas seo a dhèanamh, bu chòir do frith-rathaidean a bhith freagarrach do dh'iomadh cleachdadh agus cruth ionadail orra a ghlèidheadh. Na cuir bacadh air frith-rathaidean agus na cuir casg air còraichean-slighe orra. Ma bhios tu ag iaraidh slighe ath-threòrachadh no a dhùnad, lean dòighean-obrach foirmeil sam bith ma tha an leithid ann. Na tog soidhnichean no rabhaidhean a chuireas mì-mhisneachd air còraichean-slighe.</p>

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Snàmh	<p>Tha càraichean-slighe a' buntainn ri snàmh (le ùmhachd do dh'fholaghan ionadail). Cuimhnich gum faod snàmh ann an uisce fosgailte a bhith cunnartach, gu h-àiridh do chloinn, agus gum faod an t-uisge a bhith ga chleachdadhe airson solair-uisge phoblaich. Cuir taic ri lùghdachadh dhuilgheadasan airson luchd-cleachdaidh eile anns na dòighean seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ na snàmh faisg air togadairean uisce, àiteachan tarraig uisce no tuil-choraidhean; ▪ na rach faisg air liontan agus uidheam iasgaich eile; ▪ na cuir dragh air iasgairean-slaite agus luchd-cleachdaidh uisce eile; ▪ na truaillich an t-uisge; ▪ cuimhnich gum faod èisg a bhith nan èiginn rè ùine tioraim fada air sgàth còmhnard uisce Isle. 	Bidh e cuideachail ma chomharracheas tu far am faod daoine càraichean-slighe a chleachdadhe air abhainn no Loch ann an dòigh as fheàrr airson duilgheadasan a lùghdachadh.
Spòrsan adhair	<p>Faodar càraichean-slighe a chleachdadhe os cionn uachdar na talmhainn agus tha iad a' buntainn ri spòrsan adhair neo-mhotaraichte mar pharaglideadh. Air sàilleabh mar a tha na spòrsan seo, feumar mullaich cnuic agus creagan a chleachdadhe airson nan gnìomhan seo. Dèan ceaglaichean leis na stiùirichean-fearainn iomchaidh aig àiteachan-itealachaidh agus laighe air cleachdadhe gu tric. Dèan cinnteach nach cuir thu eagal air an fhiadh-bheatha no air beathaichean tuathanais agus nach dèan cron air bàrr. Ma tha tu airson raon-itealachaidh a stèidheachadh, airson tachartais mar eisampleir, bruidhinn ris an stiùiriche-fearainn iomchaidh.</p>	<p>Ma bhios uallach ort do mhullach cnuic, creag no àite-itealachaidh no laighe air cleachdadhe gu mòr, faodaidh tu co-obrachadh leis an ùghdarris ionadail agad agus buidhnean chur-seachadan iomchaidh a dhèanamh cinnteach gun tèid buaireadh no cron air a dhèanamh le spòrsan adhair a lughdachach.</p>

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Stalcaireachd feidh air a' chnoc lom	Faodaidh stiùireadh fèidh tachairt ann an iomadh mìos den bhliadhna ach is e ràithe stalcaireachd fèidh an ùine as cudthromach (eadar 1 luchar agus 20 Damhair mar as trice ach tachraigd a' mhòr-chuid den stalcaireachd bhon Lùnastal a-mach). Bidh thu a' lùghdachadh buairidh aig an àm seo le bhith a' gabhail ceumannan reusanta gus faighinn a-mach far am bi stailcaireachd a' tachairt (mar cleachdadh seirbheis Fòn nan Cnuic far a bheil i ri faighinn) agus le bhith a' toirt fa-near comhairle mu shlighean eile. Na tarsainn air fearann far a bheilear ri stalcaireachd ann. Anns a' chumantas, chan eil stalcaireachd ann Didòmhnaich.	Bi mothachail air na h-àiteachan far a bheil dùil ri cleachdadh chur-seachadan, mar air frith-rathaidean, slighean agus dromannan-beinne. Innis do dhaoine far a bheil stalcaireachd ann tro meadhan seirbheis Fòn nan Cnuic no tro shoidhnichean agus bùird fiosrachaидh (a rèir a' Chòd seo) gus fiosrachadh an latha air stalcaireachd agus slighean eile a thoirt seachad.
Stalcaireachd feidh anns a' choille	Faodaidh tanachadh fèidh a bhith a' dol air adhart fad na bliadhna am broinn choilltean, gu tric aig beul an latha no na h-oidhche. B'urrainn dhut cuideachadh le bhith a' lùghdachadh buairidh aig na h-amannan seo ann a bhith air leth faiceallach agus a' leantainn shoidhnichean agus rabhaidhean sam bith nuair a tha stalcaireachd fèidh a' dol.	Thoir urram air feuman dhaoine a chleachdas càraichean-slighe gu cùramach. Bi eòlach air na h-àiteachan far am bi daoine gan cleachdadh airson chur-seachadan gu tric. Ged nach eil seo riatanach san fharsaingeachd, faodaidh gun cuidichidh soidhnichean le bhith toirt air daoine slighean eile a chleachdadh.
Streap	Tha càraichean-slighe a' buntainn ri streap. Lean ri aonta sam bith eadar stiùiriche-fearainn agus buidheann chur-seachadan a tha ag amas air, mar eisimpleir, àite neadachadh eòin ainneimh a dhion (faodaidh aonta mar seo iarraidh ort gun chreagan no roinn de chreagan àraidh a streap rè ràith an neadachaidh). Ma bhios tu a' campadh faisg air creag, lean ris an stiùireadh air campadh air an dùthaich.	

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Tachartasan spòrs agus eile	Uaireannan, leigidh stiùirichean-fearainn am fearann air mhàl airson tachartasan spòrs, leithid rallaidean càir, turnamantan golf, boghadaireachd no urchaireachd chalman-creadha agus tachartasan eile mar taisbeanaidhean ionadail, consairtean pop agus farpaisean chon-chaorach. Bidh tachartasan mar seo air an deagh eagrachadh mar as trice, uaireannan le cìsean air an togail airson cead a-steach, agus marasglaichean agus soidhnichean ann a threòraicheas an luchd-turais. Faodaidh stiùirichean-fearainn iarraidh ort slighean eile a leantainn fhad 's a bhios tachartas a' dol air adhart. Faodaidh gum bi an t-ùghdarris ionadail air cuid de dh'èiteachan a dhùnadhad do chòraichean-slighe fhad 's a tha an tachartas ann agus feumaidh tu feart a thoirt air seo.	Thoir fiosrachadh dhan phoball ro làimh air bacadh sam bith agus aig àiteachan-inntrigidh follaiseach far an cleachdar còraichean-slighe, mar gheataichean agus pàircean-chàraichean. Cùm bacadh sam bith cho beag 's a bhios riatanach.

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Traighean agus liosan	<p>Chan eil càraichean-slighe a' buntainn ri taighean agus liosan. Dh'fhaodadh gum bi e duilich a dhearbh-aithneachadh farsaingeachd lios. Am measg nam feartan a chuidicheas tu a chur romhad mas e lios a tha ann am pìos fearainn faisg air taigh no nach e:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ crìoch shoilleir, mar bhalla, feansa, callaid no bruach air togail no crioch nàdarra mar abhairn, sruth no loch; ▪ faiche no raon eile de dh'fheur goirid air a ghearradh; ▪ ceapaich fhlùraichean agus preasan àraichte, leacan Ùrlair agus feartanan uisge; ▪ seataichean, taighean-glaine agus taighean-samhraidh; ▪ liosan glasraich agus measan (gu tric le ballachan, ach uaireannan sgapte bho thaighean). <p>Tha cuid de na taighean mòra air an cuairteachadh le raon gu math mòr de dh'fhearann ris an canar "aitreabh" an taighe. Dh'fhaodadh gum bi roinn den aitreabh air àiteachadh gu dian airson tlachd dhachaigheil an teaghlaich agus lorgar cuid de na feartan air ainmeachadh gu h-àrd ann. Cha bhiodh càraichean-slighe a' buntainn ri na roinnean fo dhian àiteachadh seo. Cha bhiodh na roinnean farsaing an aitreibh, nach eil fo dhian àiteachadh, mar chluaintean agus fearainn coillteach, co-dhiù páircichte no neo-phàircichte, a bhith na ghàrradh agus mar sin gabhaidh càraichean-slighe a chleachdadh ann.</p> <p>Cleachd frith-rathad no slighe, ma tha fear ann, nuair a bhios tu faisg air taigh agus cùm astar reusanta air falbh bhuaithe mura bi frith-rathad no slighe ann. Dèan cinnteach nach giùlain thu thu fhèin ann an dòigh a chuireadh dragh no eagal air daoine a tha a' fuireach ann. Bi air leth mothachail le bhith a' leantainn shlighean agus fhrith-rathaidean agus, mura bi frith-rathad no slighe ann, le bhith a' cumail astar math air falbh bho thogalaichean a dh'oidhche.</p>	Dh'fhaodadh gum bi thu airson soidhnichean a thogail gus slighean eile a chomharrachadh thairis air an aitreabh agad.

	Giùlan ciallach leis a' phoball	Giùlan ciallach le stiùirichean-fearainn
Tràighean agus cladaichean	<p>Tha còraichean-slighe a' buntainn ri tràighean agus cladaichean. Lean stiùireadh ionadail sam bith a tha ag amas a bhith a' lùghachadh bleith bhacannan no na machrach no dòn eun air an head. Mairidh còraichean poblach air a' chladach, a' gabhail a-steach eunadaireachd, iasgach èisg mara, lasadh theintean, cuartachadh-cladach, snàmh, cluich agus cumail chuirmean-cnuic.</p>	<p>Tha cothroman-slighe, rim faighinn air tràighean agus cladaichean na h-Alba, cudthromach, gu h-àiridh mar a tha tòrr dhaoine a' gabhail tlachd anns na h-àiteachan seo. Co-obraich leis an ùghdarras ionadail agad agus le buidhnean eile, far am bi seo iomchaidh, gus cuideachadh le soirbheachadh agus stiùireadh chòraichean-slighe.</p>

Pàirt 6. Far am faigh thu taic agus fiosrachadh

6.1 Bu chòir do mhion stiùireadh air còraichean-slighe agus dleastanasan a bhith na chuideachadh do dhaoine ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean fiosraichte mun dòigh as fheàrr a bhith gad ghiùlan fhèin ann an suidheachaidhean làitheil, agus bu chòir don àireamh de chùisean no de dhuilgheadasan a bhith air lùghachadh. Ge-tà, tha cùisean agus duilgheadasan do-sheachanta ann, mar tuigse eadar-dhealaichte nan còraichean-slighe agus nan dleastanasan, agus giùlan neo-mhiannaich. Cuideachd, ann an cuid de dh'àiteachan, dh'fhaodadh gun adhbharaich àireamh nan daoine no raon nan gniomhan chur-seachadan duilgheadasan do stiùireadh fearainn, do shàbhailteachd dhaoine no dhan àrainneachd agus mar sin dh' fhaodadh gum bi feum air seòrsa de stiùireadh air choreigin. Tha a' phàirt seo den Chòd a' toirt seachad comhairle air na rudan a leanas:

- far am faighear barrachd fiosrachadh air còraichean-slighe agus dleastanasan;
- na as urrainn dhut dèanamh airson cothroman-slighe agus cur-seachadan a stiùireadh; agus
- na as còir dhut dèanamh ma thachras tu air cuideigin a tha ga ghiùlan fhèin ann an dòigh mi-reusanta.

6.2 Nuair a thathas a' dèiligeadh ri cùis no duilgheadas sam bith a dh'fhaodadh èirigh, tha e cudthromach gum bi a h-uile duine an giùlan fhèin ann an dòigh modhail reusanta agus a' toirt suim air daoine eile. Tha deagh mhodhan bunaiteach airson ceanglaichean math a thogail eadar an fheadhainn a ghabhas tlachd anns an dùthaich agus an fheadhainn a tha a' fuireach agus ag obair anns an àite. Bidh e glè fheumail ma chuirear urram air feuman dhaoine eile agus ma leanar an stiùireadh anns an Chòd seo.

A' faighinn barrachd comhairle agus fiosrachaидh

6.3 Chan urrainn don Chòd dèiligeadh ris a h-uile suidheachadh, àite no gniomh a dh'fhaodadh èirigh. Tha fiosrachadh agus comhairle saor is an-asgaidh, air còraichean-slighe agus dleastanasan agus air cò dha bu chòir dhut bruidhinn ris aig an ùghdarris ionadail agad, rim faighinn air an làraich-lòn aig: www.outdooraccess-scotland.com

6.4 Tha ceanglaichean ri raon farsaing de bhuidhnean riochdachaidh airson chur-seachadan agus stiùireadh fearainn, agus ris na buidhnean poblach iomchaidh air an làraich-lìn seo. Leughar fiosrachadh mun phrògram foghlaim SNH agus air taic airgid agus taic eile.

6.5 Ma bhios feum agad air comhairle no stiùireadh nas mionaidiche, bu chòir dhut fòn a chur dhan ùghdarris ionadail agad no gu ùghdarris pàirce naiseanta gu direach (bruidhinn ris an t-oifigear slighe no ri seirbheis nam maoir) no bruidhinn ris an oifis SNH ionadail agad (faic www.outdooraccess-scotland.com airson barrachd fiosrachaидh).

A' cuideachadh agus a' stiùireadh chòraichean-slighe agus chur-seachadan

6.6 Dh'fhaodadh àireamh nan daoine no raon nan gniomhan chur-seachadan duilgheadasan adhbharachadh do stiùireadh fearainn, do shàbhailteachd dhaoine no dhan àrainneachd. Aig an aon àm, dh'fhaodadh gum bi feum air frith-rathaidean nas fheàrr agus goireasan eile ann an cuid de dh'àiteachan airson tlachd a ghabhas daoine anns an dùthaich, gu h-àiridh daoine air a bheil ciorram. Ann suidheachaidhean mar seo, bidh feum

air seòrsa de dh'uallachadh foirmeil agus / no stiùireadh air choreigin. Thèid cothromanslige agus cur-seachadan uallachadh agus a stiùireadh le ùghdarrasan ionadail, ùghdarrasan pàirce nàiseanta agus buidhnean poblach eile, fòraman slighe ionadail agus buidhnean riochdachaiddh chur-seachadan agus stiùireadh fearainn, agus le stiùirichean-fearainn cuideachd.

6.7 Bidh an seòrsa de ghoireasan no stiùireadh, air am bi àite feumach, a' crochachdh air far a bheil e, air an ire agus an seòrsa de chleachdadhl chur-seachadan agus air raon agus iom-fhillteachd nan cùisean a dh'èireas. Am measg nan ceumannan a dh'fhaodadh a ghabhail, tha:

- brosnachadh giùlain chiallaich a tro mheadhan còdaichean obrach nas mionaidiche, foghlam, mìneachadh, trèanadh agus iomairtean àrdachaiddh⁵⁸.
- Comhairle air-làraich a thoirt seachad tro shoidhneachadh, postan-slighe agus bileagan.
- Goireasan a thoirt seachad mar fhrith-rathaidean, geataichean agus àiteachan inntrigidh eile, àiteachan-itealachaidh, pàircean-chàraichean agus àiteachan chuirmean-cnuic, gus taic a thoirt do stiùireadh chothromana-slighe agus chur-seachadan, agus gus cothroman-slighe agus fearann a stiùireadh aig an aon àm.
- Co-obrachadh leis an ùghdarras ionadail agad gus slighean a chomhrrachadh, a' gabhail a-steach priomh shlighean a bhiodh furasta a chleachdadhl le ciorramaich.
- Serbheis maoir a ruith a bheir seachad comhairle air giùlan ciallach agus a bhios ga àrdachadh, a chuireas ri obair foghlaim agus mineachaidh, agus a bhios a' coimhead as dèidh ghoireasan.
- Aire a thoirt gus sàbhailteachd dhaoine a dhòn, mar a bhith ag iarraidh air daoine slighe no àite sònraichte a chleachdadhl no gniomh sònraichte a sheachnad fhad 's a tha obrachadh stiùireadh fearainn a' dol (faic earrannan 3.24 gu 3.28 agus 4.11 gu 4.17).
- Cùmhnantan saor-thoileach eadar stiùirichean-fearainn agus buidhnean chur-seachadan a bhiodh math dualchas nàdair a dhòn aig amannan mothachail na bliadhna (mar streap chreagan far am bi eòin ainneamh a' neadachadh agus ag àrach an iseanan) no àiteachan a thathas a' cleachdadhl gu dian a roinneadh airson gniomhan chur-seachadan eadar-dhealaichte.
- Soidhnichean a thogail gus fios a thoirt do dhaoine mun droch bhuaidh air an dualchas nàdair no air an dualchas cultair a dh'fhaodadh èirigh às an làthaireachd no air sàilleabh nan gniomhan aca⁵⁹.
- Riaghailtean stiùiridh, fo-laghan⁶⁰ no riaghailtean eile far a bheil feum air stiùireadh no seòladh nas treasa gus casg a chur air duilgheadasan mòra agus far nach do dh'obraich cùmhnantan saor-thaoileach. Faodaidh ùghdarrasan ionadail riaghailtean stiùiridh a thoirt a-steach air am fearann fhèin, no fo-laghan air fearann no uisge sam bith far an cleachdar càraichean-slighe. Faodaidh buidhnean poblach eile, a' gabhail a-steach Dualchas Nàdair na h-Alba, Uisge na h-Alba, Slighean-Uisge Bhreatainn, Ministreachd an Dion agus Coimisean na Coilltearachd, fo-laghan a thoirt a-steach air fearann no uisge a bhuineas dhaibh no a tha fo smachd aca ann an dòigh eile.

58 Tha dleastanas reachdail aig Dualchas Nàdair na h-Alba agus aig a h-uile ùghdarras ionadail an Còd fhoillseachadh. Cuideachd tha dleastanas aig SNH a bhith ag àrdachadh tuigse a' Chòd.

59 Earrann 29, Achd Ath-leasachadh an Fheàrinn (Alba) 2003. Tha a' chumhachd seo aig Dualchas Nàdair na h-Alba airson dualchas nàdair agus aig Ministearan Albannach airson dualchais chultaraich.

60 Is urrainn do dh'ùghdarras ionadail fo-lagh a thoirt a-steach do dh' fheàrann sam bith far a tèid càraichean-slighe a chleachdadhl gus òrdugh a chumail, bacadh a chur air cron, tuaireabadh no cunnart, no gus goireas a ghlèidheach no a leasachadh. Feumaidh iad dòighean-obrach aontaichte a lentainn agus a chonaltradh ri leasan iomchaidh.

Feumaidh na fo-laghan seo a bhith co-chòrdail ri Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003.

- Àite a dhùnadh do chòraichean-slighe airson ùine agus adhbhar sònraichte le ùghdarrasan ionadail no Ministearan Albannach (faic earrann 2.11).
- Faodaidh gum bi aig sealbhadairean no luchd-còmhnaidh na làraich ri fios a chur gu Dualchas Nàdair na h-Alba mu dhèidhinn “obrachaidhean so-mhillteach⁶¹” gus nach tèid cron a dhèanamh air ionad de Shuim Shònraichte Shaidheansail. A bharrachd air seo, faodaidh Ministearan Òrdugh Glèidheteachas Nàdair⁶² a chur a-mach, stèidhichte air comhairle Dualchas Nàdair na h-Alba. Dh’fhaodar seo cleachdad gus còraichean-slighe do dh’àite sònraichte a chuingeachadh (gus nead eòin-creiche a dhòn mar eisimpleir).

6.8 Bidh dreuchd chudthromach aig na fòraman slighe ionadail ùra ann a bhith a’ cruinneachadh nam prìomh leasan gu h-ionadail gus comhairle a thoirt do dh’ùghdarrasan ionadail no do dh’ùghdarrasan pàirce nàiseanta agus buidhnean eile air cùis sam bith a dh’èiricheas à cleachdad chòraichean-slighe agus air cùisean a thaobh shlighean àbhaisteach agus a thaobh planaichean ùra nam prìomh shlighean a dh’fheumas ùghdarrasan ionadail ullachadh. Is urrainn do na fòraman slighe ionadail taic a thoirt do neach sam bith an sàs ann an aimhreit mu dhèidhinn nan cùisean seo. Gheibh thu barrachd fiosrachadh air fòraman slighe ionadail bhon ùghdarras ionadail agad no air an làrach-lion aig www.outdooraccess-scotland.com.

6.9 Chuir Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003 iomadh dleastanas ùr air ùghdarrasan ionadail agus ùghdarrasan pàirce nàiseanta⁶³. Feumaidh a h-uile ùghdarras ionadail agus ùghdarras pàirce nàiseanta:

- còraichean-slighe a ghlèidheadh le bhith a’ tagradh, a’ dòn agus a’ cumail fosgailte agus saor bho chnap-starra no bho dhinneadh slighe no dòigh sam bith eile a chleachdas daoine còraichean-slighe;
- co-dhiù aon fhòram slighe ionadail a stèidheachadh anns an sgìre aige a bheir comhairle ris air cùis sam bith a bhuineas ri cleachdad chòraichean-slighe no plana nam prìomh shlighean, no gus taic a chur ri aimhreit sam bith a dh’èireas;
- plana ullachadh airson na sgìre aige, ann an ceann trì bliadhna, airson lionra de fhrith-rathaidean (ris an canar prìomh shlighean) a bhios freagarrach gus cothroman-slighe reusanta a thoirt do dhaoine air feadh an àite (Chaidh dòighean-obrach ullachadh gus an obair seo a dhèanamh agus tha seo a’ gabhail a-steach dol an comhairle le daoine aig a bheil üidh iomchaidh); agus
- ath sgrùdadh a dhèanamh air na fo-laghan aige agus an atharrachadh ma bhios seo riatanach.

6.10 Tha cumhachdan farsaing aig ùghdarrasan ionadail agus ùghdarrasan pàirce nàiseanta gus an cuideachadh le stiùireadh chothroman-slighe agus chur-seachadan. Tha na cumhachdan seo a’ gabhail a-steach:

61 Dh’fhaodadh gun tèid “obrachaidhean a dh’fheumas aontachadh” na àite mar a chaidh a mholadh fo Bhile Glèidheteachas Nàdair (Alba).

62 Fo Earrann 29, Achd an Fhiadh-Bheatha agus na Dùthcha 1981. Faodaidh Òrdugh Glèidheteachas Nàdair Sònraichte a chur air làrach Nàdair fo Riaghailtean Glèidheteachais (Àrainnean Nàdarra 7c.) 1994.

63 Bho àm gu àm, faodaidh Ministearan Albannach stiùireadh foirmeil a chur a-mach, fo Achd Ath-leasachadh an Fhearrainn (Alba) 2003, chun nan ùghdarrasan ionadail agus ùghdarrasan phàircean nàiseanta mu dhèidhinn coilionadh gniomh sam bith.

- seirbheis maoir a chleachdad gus daoine a chuideachadh agus comhairle a thoirt dhaibh air còraichean-slighe air fearann agus uisge sam bith far a ghabhas còraichean-slighe a chleachdad gus gus dleastanasan eile a choileanadh air an fhearann agus an uisge seo mar a shònraicheas an t-ùghdarras iondail;
- ceumannan a thoirt a-steach airson sàbhailteachd, dòn, stiùireadh agus taic airson rabhadh a thoirt do dhaoine, agus an dòn bho chunnart sam bith air fearann far a ghabhas na còraichean a chleachdad, gus slighean air moladh no frith-rathaidean stèidhichte a chomharrachadh no a chuaireachadh, agus àirdean do dh'fhearann mar seo a thoirt seachad;
- a' dol ann an aontan gus prìomh shlighean a shònachadh agus a ghlèidheadh;
- a' dol ann an aonta stiùiridh le stiùiriche-fearainn air tomhas de stiùireadh a bhios riatanach gus àilleachd nàdarra na dùthcha a ghlèidheadh no a leasachadh no gus tlachd a ghabhas daoine anns an dùthaich a bhrosnachadh ann an sgìre, no gus taic a thoirt do stiùireadh chothroman-slighe air làrach dualchas cultair sam bith;
- cur às do shoidhne toirmesg, cnap-starra no bacadh chunnartach sam bith a chuireadh ann gus casg no bacadh a chur air cleachdad chòraichean-slighe le duine, agus cosgaisean gus seo a dhèanamh fhaighinn air ais;
- riaghailtean stiùiridh a thoirt a-steach gus cleachdad chur-seachadan a stiùireadh air fearann no uisge a tha fo smachd aige;
- fearann no uisge a chosnad gus cleachdad chòraichean-slighe a chuideachadh no fhosgladh (faodaidh iad seo èigneachadh le aonta nam Ministearan);
- fearann no uisge sònraichte a dhùnadh do chòraichean-slighe suas ri còig làithean (airson saoraidhean nas fhaide, tha feum air co-chomhairle phoblach agus aonta nam Ministearan).

6.11 Is urrainn don a h-uile buidheann phoblach iomchaidh taic a chur ris, le urram a thoirt dha, còraichean-slighe agus dleastanasan a dhòn agus a bhrosnachadh tro mheadhan nam poileasaidhean, planaichean agus gnìomhan aca. B' urrainn dhaibh seo a dhèanamh, mar eisimpleir, le bhith:

- ag ath-sgrùdad gus a' leasachadh no ag ullachadh poileasaidhean agus prògraman taice (mar taic-airgid);
- a' measadh buaidh nan leasachaidhean ùra fo thairgse air còraichean-slighe (mar eisimpleir tro phròiseas smachd leasachaidh);
- ag obair gu deimhinneach gus cleachdad chòraichean-slighe a chuideachadh air am fearann agus an uisge;
- a bhith na dheagh eisimpleir le bhith a' làn-choileanadh nan dleastanasan aca mar stiùirichean-fearainn fon Chòd;
- a' co-òrdanachadh nam poileasaidhean agus iomairtean slighe aca ri buidhnean poblach eile;
- a' toirt seachad fiosrachadh dhan mhòr-shluagh agus do stiùirichean-fearainn air cleachdad chòraichean-slighe càramach agus stiùireadh fearainn agus uisge càramach a thaobh cothroman-slighe; agus le bhith
- a' cur nan dleastanasan agus cumhachdan aca gu làn fheum.

Na nì thu ma thachras tu ri dol-a-mach neo-chiallach

6.12 Nuair a thig e gu h-aon 's a dhà, cha bhi ach glè bheag de dhaoine gan giùlan ann an dòigh neo-reusanta, agus sin air sgàth 's nach eil iad mothachail air buil an gnìomhan. Le dleastanasan dhaoine air mìneachadh anns a' Chod seo agus cudthrom nas motha air brosnachadh giùlain chiallaich, cha bhi giùlan neo-reusanta a' tachart gu tric. Ach, dh'fhaodadh gun tachair thu ri seòrsa air choreigin de ghiùlan neo-reusanta. Ma thachras seo, bhiodh e ciallach a bhith a' bruidhinn ris na daoine a tha an sàs ann ag iarraidh

orra a bhith a' mìneachadh an adhbhair airson an giùlain. Thèid cùisean am miosad ma chleachdas tu cainnt ionnsaigheach.

6.13 Ma bhios cuideigin ga g(h)ìùlan gu neo-reusanta agus thathas ag adhbharachadh cron no aimhreit cudthromach, b' urrainn dhut iarraidh air / oirre a g(h)ìùlan atharrachadh. Ma dhiùltas e / i seo a dhèanamh agus ma leanas e / i ris a' chron no an aimhreit, cha bhiodh iad a' cleachdadadh chòraichean-slighe gu cùramach agus dh'fhaodar iarraidh air / oirre falbh. Ma leanas cuideigin ri gnìomh mar seo rè ùine, b' urrainn dhut bacadh lagha a lorg an aghaidh an neach seo. Na cleachd làmhachas-làidir a-chaoih.

6.14 Ma bhios duine ga ghiùlain ann an dòigh eucoireach, bu chòir dhut fios a chur dhan Phoileas.

6.15 Ma bhios tu ri cleachdadadh chòraichean-slighe agus ma thachras tu air cnap-starra a tha nad bheachd a dh'aona ghnothach no mi-reusanta a chuireas casg no bacadh ort ann an cleachdadadh chòraichean-slighe, b' urrainn dhut cùnnatas a thoirt air dhan ùghdarrings ionadail. B' urrainn dhan ùghdarrings ionadail cur roimhe an uair sin na nì e airson an cnap-starra a thoirt air falbh, gus còraichean-slighe a ghlèidheadh.

6.16 Mu dheireadh thall, dh'fhaodadh gun tèid aimhreit air co-dhiù a bheil neach no stiùiriche-fearainn ga ghiùlan fhèin ann an dòigh neo-reusanta no nach eil a chur gu Siorram airson foillseachaidh. Nuair a dhèiligeas ri seo, bhiodh e buntainneach a bhith a' measadh an robh an neach a' leantainn ris an stiùireadh anns a' Chòd seo no nach robh. Ge-tà, bu choir do chùisean-lagha mar seo a bhith gu math ainneamh.

Pàipear-taic 1. Eucoirean air an toirt am bith le reachdas

Tha an Pàipear-taic seo ag ainmeachadh, càraichte a-rèir na h-aibidil, na prìomh sheòrsaichean de ghiùlan eucoireach a tha nan eucoirean reachdail. Cuideachd tha an lagh choitcheann a' solaradh cùis lagha far a bheilear a' fàgail briseadh na sithe no aimhleas droch-mhèinneach. Chan eil càraichean-slighe a' buntainn ri gin de na gniomhnachdan seo. Is e amas a' phàipeartaic seo a bhith na gheàrr-chunntas aithghearr. Airson fiosrachaидh nas mionaidiche leugh an reachdas iomchaidh. Feumar leantainn ullachaidhean ann an Còd an Rathaid airson siubhal air baidhsagal agus marcachd.

Gníomh	Iomradh reachdail	Aithris
Bacadh ann an àite poblach	Achd an Riaghaltais Catharra (Alba) 1982 (Earrann 53)	Bidh e na eucoir do neach a choisicheas ann an àite poblach agus a chuireas bacadh air siubhal laghail duine eile a dh'aona ghnothach. (Thathas a' cur àite poblach air àite far a bheil càraichean-slighe neo-chuingichte ann don phoball.)
Cladh bhradan	Achd Tuathanasan Bhradan (Alba) 1868 (Earrann 19)	Tha e na eucoir dragh a chur air bradain air chladh a dh'aona ghnothach no grùnnnd-cladha agus tanalachd far a dh'fhaodadh bradain air chladh a bhith.
Cleachdadh innealan lorg meataitl ann an àite dìonta	Achd Charraighean Àrsaidh agus Làraichean Àrc-Eòlais 1979 (Earrann 42)	Tha e na eucoir a bhith a' cleachdadh inneal lorg meataitl ann an àite dìonta gun chead sgrìobhte Mhinistearan. Is e àite far a bheil caragh clàraichte no caragh fo shealbh no taoitearachd Mhinistearan no ùghdarrais iondail de bhuaidh na h-Achd seo no a tha stèidhichte ann an àite a tha cudthromach a thaobh àrc-eòlais a tha ann an àite dìonta. Tha e na eucoir cuideachd a bhith a' toirt air falbh rudan àrc-eòlais no eachdraidh a chaidh an lorg le inneal lorg mheataitl ann an àite dìonta gun chead sgrìobhte Mhinistearan. Fo Lagh Albannach, feumar cùnnatas a thoirt dhan Chrùn gu foirmeil air a h-uile rud a lorgadh agus bhiodh e na eucoir fo Achd nam Mòr-Ulaidh agus fo Achd Riaghaltais Catharra (Alba) 1982 gun a dhèanamh.
Cron air carraighean àrsaidh	Achd Charraighean Àrsaidh agus Làraichean Àrc-Eòlais 1979 (Earrann 2, 19)	Tha e na eucoir a bhith a' dèanamh, ag adhbharachadh no a' ceadachadh obrachaidhean sam bith a bhuleachas sgrios no lèir-sgrios do, no milleadh air Carragh Clàraichte às aonais aonta Mhinistearan Albannach.
Cron air lusan	Achd Fiadh-Bheatha agus na Dùthcha 1981 (S.13) agus Riaghailtean a' Ghlèidh teachais	Tha e na eucoir lus fiadhaich a thrusadh no a thoirt air falbh gun chead an t-sealbhadair. Tha cuid de lusan fo dhòn sònraichte agus bidh e na eucoir na lusan seo a thrusadh, a chruinneachadh, a ghearradh, no sgrios a dhèanamh air na seòrsaichean seo, eadhan le

Gníomh	Iomradh reachdail	Aithris
	(Àrainnean Nàdarra, ^{7c}) 1994	<p>cead an t-sealbhadar fhearrainn. Tha e na eucoir cuideachd lusan mar seo a chumail, a reic, a shanasadh no a mhalairt.</p> <p>Tha lusan fo dhòn sònraichte air ainmeachadh air Clàr 8 de dh'Achd 1981 agus air liosta nan lusan dionta Eòrpach air Clàr 4 de Riaghailtean 1994. Tha iad a' gabhail a-steach raineach Chill Àirne, corr-chopag bhàite, aibhneag agus moran-rèisg.</p> <p>Bruidhinn ris an oifis Dualchas Nàdair na h-Alba ionadail agad airson barrachd fiosrachaидh.</p>
Cron no dragh air beathaichean	Achd Fiadh-Bheatha agus na Dùthcha 1981 (R.9-10) agus Riaghailtean a' Ghàidhteachais (Àrainnean Nàdarra ^{7c}) 1994	<p>Airson sheòrsaichean dionta, tha e na eucoir:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ am beathach a mharbhadh no leònadh, ▪ am beathach a ghlacadh no a chumail, ▪ am fasgadh aige a sgrios, a mhilleadh no inntreagadh aige a bhacadh, agus ▪ dragh a chur air a' bheathach fhad 's a tha e a' cleachdadhbh fhasgadh. <p>Tha eucoirean eile ann co-cheangailte ri bruic, ialtagan, fèidh, ròin, mucan-mara agus leumadairean-mara. Airson sheòrsaichean dionta mar ialtagan, dòbhrain, fiadh-chait, dearan-luachrach cìreach mòr, cnàdain, bidh e na eucoir fo reachdas Eòrpach:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ am beathach a ghlacadh, a mharbhadh no dragh a chur air; ▪ uighean a ghlacadh no a sgrios; ▪ cron no lèir-sgrios a dhèanamh air àite gineamhainn no àite-tàimh. <p>Bruidhinn ris an oifis Dualchas Nàdair na h-Alba ionadail agad airson barrachd fiosrachaидh.</p>
Cron no dragh air eòin fhiadhaich	Achd Fiadh-Bheatha agus na Dùthcha 1981 (R.1-6) agus Riaghailtean a' Ghàidhteachais (Àrainnean Nàdarra ^{7c}) 1994	<p>Tha iomadh seòrsa de dh'eucoir ann a bhuineas do mharbhadh no leònadh eòin fhiadhaich sam bith, glacadh no cumail eòin fhiadhaich sam bith, sgrios a dhèanamh air uighean no an glacadh, no sgrios, no nead eòin fhiadhaich a mhilleadh fhad 's a tha e ga chleachdadhbh no ga thogail.</p> <p>Bruidhinn ris an oifis Dualchas Nàdair na h-Alba ionadail agad airson barrachd fiosrachaидh.</p>
Cruinneachaidhean Rach-thar-chriochan	Achd Ceartais Eucoirich agus Òrduigh Phoblaich 1994 (Earrann 70)	<p>Tha e na eucoir cruinneachadh gus dol thar chriochan air an toirmisgeadh le Comhairle air tagradh bho àrd oifgear a' phoileis eagrachadh no pàirt a ghabhail ann. (Tha òrdughean toirmeisg rim faighinn, airson suas ri 4 làithean, far am bi 20 no barrachd dhaoine a' cruinneachadh gun chead an t-sealbhadar fhearrainn agus a dh'fhaodadh cur bacadh air beatha na coimhearsnachd gu mòr no fearann</p>

Gníomh	Iomradh reachdail	Aithris
		no togalach a tha cudthromach a thaobh eachdraidh, àrc-eòlais no saidheans a mhilleadh gu mòr).
Draibheadh carbaid far-rathaid	Achd Trafaig Rathaidean 1988 (Earrann 34)	<p>Tha e na eucoir carbad motaraichte a dhraibheadh gun chead laghail air:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ fearann de sheòrsa sam bith (nach eil na phàirt de rathad), no ▪ slighe-coise no slighe marcachd ach a-mhàin ann an èiginn. <p>Chan eil e na eucoir carbad motaraichte a dhraibheadh air fearann gu ruige 15 slat air falbh bhon rathad airson pàirceadh a' charbaid – ged nach eil seo a' buileachadh cead laghail sam bith airson carbad a phàirceadh.</p>
Iasgach	Achd (Dion) Tuathanasan Bhradan agus Èisg Fior-uisge (Alba) 1951 (Earrann 1) agus Achd Tuathanasan-èisg Fior-Uisce agus Bhradan (Alba) 1976 (Earrann 1)	Tha iasgach airson bhradan no bric-mhara gun ùghdarris laghail no cead sgriobhte bho shealbhadair nan còraichean iasgaich na eucoir. Tha iasgach airson bhreac donna agus èisg fior-uisge eile gun chead sgriobhte no còraichean laghail na eucoir ann an àite fo Òrdugh Dion.
Lasadh theintean	Achd Rach-thar-chriochan (Alba) 1865 (Earrann 3)	<p>Bidh thu ciontach à eucoir ma lasas tu teine:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ air no faisg air rathad priobhaideach sam bith ▪ air fearann pàircichte no fo àiteachadh ▪ ann am planntachadh sam bith no faisg air gun cead an t-sealbhadair no an stiùiriche fhearrainn.
Lasadh theintean	Achd Riaghaltais Catharra (Alba) 1982 (Earrann 56)	Bidh neach sam bith ciontach à eucoir a chuireas teine no a lasas teine ann an àite poblach gus daoine eile a chur ann an cunnart, no a bhios a' cur eagal no dragh, no a chuireas seilbh sam bith ann an cunnart leis a-sin. Tha àiteachan poblach na àite far a bheil còraichean-slighe rin cleachdad leis a' phòball gun bhacadh sam bith
Leagail sgudail	Achd Dìon na h-Àrainneachd 1990 (Earrann 87)	Tha e na eucoir sgudal fhàgail ann an àite fosgalte poblach (àite taobh a-muigh far am faod thu a dhol gun a bhith a' páigheadh).
Millteachd	Achd Ceartais Eucoirich (Alba) 1980 (Earrann 78)	That has a' cur millteachd air an eucoir a nì neach nuair a nì iad sgrios no cron air seilbh cuideigin eile a dh'aona ghnothach no le cion-ùmhail.
Pòidsearachd	Achd	Tha e na eucoir sitheann sam bith a ghlacadh no

Gníomh	Iomradh reachdail	Aithris
	Pòidsearachd a dh'Oidhche 1828 (Earrann 1)	a mhilleadh: <ul style="list-style-type: none"> ▪ air fearann sam bith, ge be fosgailte no pàircichte, no ▪ air rathad poblach sam bith. <p>Tha e na eucoir cuideachd a dhol a-steach air fhearrann le gunna a dh'oidhche airson sitheann a ghlacadh no a mhilleadh.</p>
Pòidsearachd	Achd Sithne (Alba) 1832 (Earrann 31)	Tha e na eucoir a bhith a' dol thar chriochan fearainn gun chead an t-sealbhadar no an uachdarain gus sitheann, coilich-choille, naosgan, lachain no coineanaich a latha.
Rach-thar-chriochan an-tromaichte	Achd Ceartais Eucoirich agus Òrduigh Phoblaich 1994 (Earrann 68)	Nì neach an eucoir seo, an co-cheangal ri gníomh laghail a nì daoine no a tha an impis a dhèanamh, ma nì an neach seo rud sam bith gus eagal no casg a chur air na daoine seo no airson casg no buaireadh a chur air a' ghníomh.
Rach-thar-chriochan coitcheann	Achd Ceartais Eucoirich agus Òrduigh Phoblaich 1994 (Earrann 61)	Ma thèid dithis no barrachd dhaoine thar-chriochan agus ma tha iad an dùil ri fuireach air fearann airson ùine sam bith, agus: <ul style="list-style-type: none"> ▪ rinn iad cron, no ▪ chleachd iad cainnt bagraidi, millteach no tàireil no droch ghiùlan, no ▪ ma tha 6 no barrachd charbadan aca eadarra, <p>is urrainn don Phoileas an chur air falbh. Mura dèan iad seo, nì iad eucoir.</p>
Sàbhailteachd	Achd Slàinte agus Sàbhailteachd anns an Àite-Obrach 1974 (Earrann 8, 33)	Tha e na eucoir bacadh a chur air no a bhith a' mi-chleachdadh rud sam bith airson sàbhailteachd, slàinte no math dhaoine a dh'aona ghnothach.
Smachd air coin (reubadh cruidh le coin)	Achd Bheathaichean (Alba) 1987 (Earrann 4)	Chan eil seo na eucoir ach chaidh a thoirt a-steach an seo air sgàth 's gu bheil an Achd seo a' dion dhaoine a mharbas no a leònas cù a reubas crodh, le ùmhachd do chùmhnantan teann.
Smachd air coin (reubadh cruidh le coin)	Achd Chon (Dìon Cruidh) 1953 (Earrann 1)	Ma reubas cù crodh air fearann àiteachais sam bith, bidh an neach air ceann chù ciontach à eucoir. Tha reubadh a' gabhail a-steach cù a' toirt ionnsaigh air no a' ruageadh chrodh, no a bhith mu sgaoil air cluain far a bheil caoraich.
Smachd air coin (salachar)	Achd Riaghaltais Catharra (Alba) 1982 (Earrann 48)	Ma tha tu air ceann chù agus ma leigeas tu ris salachar fhàgail: <ul style="list-style-type: none"> ▪ air slighe-coise, no ▪ air oir feòir ga ghlèidheadh le comhairle agus ri a thaobh slighe-coise, no

Gníomh	Iomradh reachdail	Aithris
		<ul style="list-style-type: none"> ▪ ann an àite sam bith ga ghlèidheadh le ùghdarris ionadail airson chur-seachadan no spòrs bidh tu ciontach à eucoir.
Smachd air coin (salachar)	Achd Salachar Chon (Alba) 2003 (Earrann 1)	Nì neach eucoir fon lagh seo mura tog e salachar a dh'fhàg a chù ann an àite fosigailte poblach sam bith.
Truailleadh uisge	Achd Smachd Truaillidh 1974 (Earrann 31)	<p>Ma dh'adhbharaicheas tu no ma leigeas tu ris na rudan seo leanas a dhol a-steach an uisge-uachdair no uisge-lochdair</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ stuth nimheil, cronail no truailleach sam bith no ▪ sgudail cruaidh sam bith, nì thu eucoir.
Truailleadh uisge	Achd Uisge (Alba) 1980 (Earrann 75)	<p>Ma thruailleas tu fuaran, tobar no bealach uisge a chleachdar no air a bheil coltas gun cleachdar airson:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ caitheamh daonna ▪ cleachdadadh dachaigheil ▪ dèanamh bìdh no dibhe ann am factaraidh do chaitheamh daonna bidh thu ciontach à eucoir.

Clàr-amais

A	
Achaidhean le bàrr	— 2.11, 2.16, 3.5, 3.22, 3.35 – 3.37, 4.12, Pàirt 5
Achaidhean le beathaichean tuathanais	Faic Cluain le beathaichean tuathanais
Achaidhean le measan agus glasraichean	— 2.11, 3.54 – 3.56
Achaidhean, iomaill	— 2.2, 3.35 – 3.36, 4.21
Aibhnichean agus sruthan	— 2.2, 3.11, 3.17, 4.9, 4.21, Pàirt 5
Àiteachan turasachd	— 2.11, 3.49, 3.59
Àiteachean nach eil a' buntainn ris a' Chòd	— 2.11, 2.16, 3.61, 4.14, 6.7, 6.10
Aithnichean agus lochan	Faic Fior uisge
Aitreabh m.e. coilltearachd	— 3.16
Aontaidhean Saor-thoileach	— 3.46, 6.7
B	
Bacadh air slighean poblach	— 4.8 - 4.10, 6.10, 6.15, Eucoirean 1
Baidhsagalan	— 2.7, 3.9, Pàirt 5
Ballachan	— faic Gàrraidhean
Bàrr	— 2.2, 2.11, 2.16, 3.5, 3.25, 3.35 – 3.37, 4.12, Pàirt 5
Beathaichean tuathanais	— 2.2, 3.22, 3.29 – 3.34, 3.38, 3.53 – 3.56, Pàirt 5
Bith-tèarainteachd	— 3.30, 3.32
Bruaichean aibhne	— 2.2, 3.47, 3.56, Pàirt 5
Buailteachd [Liability]	— 3.8
Buain	— 2.5, 3.25, 4.12, Pàirt 5
Buidhnean	— 3.57 – 3.59, 4.22
Buidhnean poblach	— 1.7, 2.11, 3.46, 4.1, 6.6, 6.11
C	
Campadh	— 3.51 - faic Campadh air an dùthaich
Campadh san fhàsach	— 2.7, Pàirt 5
Canalan	— 2.2, 3.25, Pàirt 5
Canùadh	— 2.7, 3.11, Pàirt 5
Càraichean a phàirceadh	— 3.32, 3.58, 3.60, Pàirt 5, Eucoirean 1
Carbadan-eich a dhraibheadh	— 2.7, 3.9
Ciorramaich	— 2.14, 4.10, Pàirt 5, 6.6
Cladaichean	— 2.18, Pàirt 5
Cleachdadh Foghlaim	— 2.6, 2.8, 2.10, 3.57, 3.59, 3.62, 3.64
Cleachdadh gnìomhachais	— 2.6, 2.9, 2.10, 2.14, 3.57, 3.62
Cluain le beathaichean tuathanais	— 2.2, 3.22, 3.29 – 3.34, 3.55 – 3.56, Pàirt 5
Cnapan-starra	Faic Bacadh air slighean poblach
Coilltean	— 1.7, 2.2, 3.16, 4.9, Pàirt 5
Còin	— 2.13, 3.29 – 3.32, 3.53 – 3.56, 4.5, 4.9, Pàirt 5, Eucoirean 1
Comhairle agus taic	— 6.1 - 6.16
Còraichean-seòlaidh poblach	— 2.17
Còraichean-slighe	— 1.7, 2.1 - 2.19
Crodh	— 2.13, 3.41, 3.53 – 3.56, Pàirt 5
Croitearachd / croitearan	— 1.7, 3.22, 4.20
Cuairteachadh togalaich	— 2.11, 3.18, 3.42, 4.24

Cuirmean-cnuic	— 2.7, 2.18, 3.34, 4.13, Pàirt 5
Cùirtean siorraim	— 1.4, 6.16
Cùmhnantan Stiùridh	— 6.10
D	
Dàibhigeadh	— 2.7
Daman	— 2.19, 4.24, Pàirt 5
Dealbhan a thogail	— 2.7, 2.9, 3.63
Dearcan agus balgan-buachair a bhuain	— 2.14, 2.19, Pàirt 5
Draigheadh far-rathaid	— 2.14, 2.16, Eucoirean 1
Dualchas cultair	— 2.8, 2.9, 3.49 – 3.52, 3.63, Pàirt 5, 6.7, 6.10
Dualchas nàdair	— 2.8, 3.43 – 3.48, 6.7
Dùthaich	— 1.1, 1.7, 3.10
E	
Eich	Faic Marcachd
Eòin	— 2.13, 3.45 – 3.46; Eucoirean 1
Eòin air nead-talmhainn	— 3.55
F	
Fàradh	— 2.2 – faic Geataichean
Feansaichean	— 3.10, 3.20, 3.22, 3.25, 3.38 – 3.39, 4.7, 4.9, 4.12, Pàirt 5
Fearainn ri taobh slighean	— 4.23 – 4.25
Fearann / trèanadh an airm	— 2.11, 3.27, 4.13, Pàirt 5
Fearann sgoile	— 2.11, Pàirt 5
Fearann-gleidhidi Nàdair	— Pàirt 5
Fèidh	— 3.29
Feur-tioraim / feur-fodair	— 2.2, 2.11, 3.37, Pàirt 5
Fiadh-beatha	— 2.8, 3.44 – 3.48, 3.56
Fiadh-beatha, coimhead air	— 2.7, Pàirt 5
Fiadh-beatha, rannsachadh	— 2.8, 3.64, Pàirt 5
Fior uisge (aithnichean agus lochan)	— 1.1, 1.7, 2.2, 2.10, 4.1
Fòram shlighean ionadail	— 4.19, 4.21, 6.6 – 6.8
Frasadh Bhàrr	— 2.5, 3.10, 3.27, 4.13, Pàirt 5
Fuaim	— 3.17
G	
Galaran, tinneasan	— 3.32 – 3.34, 3.53, 3.55, 3.56
Gàrraidhean / ballachan	— 3.20, 3.28 – 3.29, Pàirt 5
Gàrraidhean / liosan	Faic Liosan
Geamairean	— 3.22
Gearradh chraobhan	— 2.5, 3.10, 3.27 – 3.28, 4.13, Pàirt 5
Geataichean	— 2.2, 3.20, 3.22, 3.25, 3.32, 3.38, 4.9, 4.12, 4.25, Pàirt 5, 6.7
Giùlan eucoireach	— faic Sàbhailteachd, Eucoirean 1
Giùlan neo-reusanta	— 1.4, 3.46, 6.12 – 6.16
Gleidheadh	— 3.45, 3.63, Pàirt 5, 6.7, Eucoirean 1
Gníomhan nach eil a' buntainn ris a' Chòd	— 2.12
Gunnaichean	— 2.12
I	

Iasgach	— 2.11, 2.14, 2.18, Pàirt 5, Eucoirean 1
Inbhe a' Chòd	— 1.4 – 1.6
Innealan lorg-meatailt	— 3.51, Eucoirean 1
Iodhlannan	— 2.19, 3.40 – 3.41, 4.20 - 4.21, 4.24, Pàirt 5
Iomairtean àrdachaidh	— 1.2, 4.19, 6.7, 6.11, 6.12
Iomradh bàta	— 2.7, Pàirt 5
L	
Lachan	— 2.18, Pàirt 5
Laghan ionadail	— 2.11, 3.46, 6.7, 6.9
Làraich eachdraidheil	— faic Taighean / làraich eachdraidheil
Liosan	— 2.11, 3.13 – 3.17, 4.24, Pàirt 5
Liosan	— 2.11, 3.13 – 3.17, 4.24, Pàirt 5
Lochan agus tasgaidheanuisge	— 1.7, 2.2, 2.17, 3.25, 3.55, 4.12, 4.21, Pàirt 5
Losgadh chearcan-fraoich	— 3.23, Pàirt 5
Losgadh ghunnaichean	— 2.12, 2.14 – faic: Talamh iosal, cearc-fhraoich, Lachan
Losgadh ghunnaichean air talamh iosal	— 3.23, Pàirt 5
M	
Maoir	— 4.19, 4.21, 6.5, 6.7, 6.10
Marcachd	— 2.7, Pàirt 5
Measaidhean cunnairt	— 3.27, 3.62, 4.13, 4.17
Microlighteadh	— 2.14
N	
Neach-treòrachaidh-beinne	— 2.9
O	
Obraichean stiùireadh fearainn	— 2.5, 3.3, 3.10, 3.22, 3.24 – 3.28, 3.60, 3.62, 4.4, 4.7 – 4.10, 4.11 – 4.17, Pàirt 5
Òtrachas daonna	— 3.61, Pàirt 5
P	
Pàigheadh gus dol a-steach	— 2.11, 3.61
Pàircean Dùthchail	— 2.2, Pàirt 5
Pàircean poblach	— 1.1, 2.2, Pàirt 5
Paraglideadh	— faic Spòrsan adhair
Poileas	— 6.14
Priobhaideachd	— 1.3, 2.11, 3.13 – 3.17, 3.20, 3.40 – 3.41, 3.61, 3.63, 4.21
Priomh phrionnsabalán	— 1.3
Priomh-slighean	— 1.7, 2.2, 3.41, 4.20, 4.21, 6.7 – 6.9
R	
Rannsachadh	— 2.8, 3.64, Pàirt 5
Raointeán cluich	— 2.2, 2.11, 3.25, 3.55, 3.56, 4.12, Pàirt 5 - faic Raointeán Spòrs
Raointeán golf	— 2.2, 2.11, 2.19, 3.25, 3.56, 4.9, 4.12, Pàirt 5
Raointeán spòrs	— 2.11, 3.55, 3.56, Pàirt 5
Ràthadaireachd	— Pàirt 5
Rathaidean-iarann	— 2.11, 4.24
Riaghailtean stiùiridh	— 2.11, 6.7, 6.10
Ruith-chnuic	— 2.7
S	
Sàbhailteachd	— 1.3, 2.11, 3.8 – 3.12, 3.19, 3.22 – 3.28, 3.40, 3.60, 3.63,

	4.12, 6.7, 6.10, Eucoirean 1
Sealg	— 2.14 - faic Losgadh ghunnaichean
Seòladh	— 2.7, Pàirt 5
Sgitheadh	— 2.7
Sgudail	— 2.13, 3.32, 3.48, 3.60 – 3.61, Pàirt 5, Eucoirean 1,
Siubhal air baidhsagal-beinne	— 2.7
Siubhal air motair-baidhsagail	— 2.14
Slàinte agus sàbhailteachd	— 3.8, 3.22, 3.24, 4.11
Slaodadh	— 2.7, 2.19
Slighean a dh'oidhche	— 2.4, 3.19 – 3.20, Eucoirean 1
Slighean àbhaisteach	— 2.19, 3.41, 4.24
Slighean agus frith-rathaidean	— 2.2, 3.5, 3.20, 3.30, 3.36, 3.37, 3.40, 3.41, 4.4, 4.9, 4.10, 4.20, 4.25, Pàirt 5, 6.6 – 6.10
Slighean do charbadan	— 2.14, 2.15, 2.16, 4.9, Pàirt 5, Eucoirean 1
Slighean poblach	— 2.15 – 2.16
Snàmh	— 2.7, 2.18, Pàirt 5
Soidhnichean	— 3.10, 3.30, 3.33, 3.46, 3.52, 3.60, 4.9, 4.25
Spòrsan adhair	— 2.7, Pàirt 5
Sprèidh	Faic Crodh
Stalcaireachd fhèidh	— 3.23, Pàirt 5
Stiuiriche-fearainn	— 1.7, Pàirt 4
Stoc	Faic Crodh
Streap	— 2.7, Pàirt 5, 6.7
Streap-beinne	— 2.7, 3.11
Structairean	— 2.11, 3.42, 3.51
Surfadhb-gaoithe	— 2.7
T	
Tachartasan	— 2.7, 3.60 – 3.61, 4.14, 4.22, Pàirt 5
Tachartasan Spòrs	— 2.7, Pàirt 5 - faic Tachartasan
Taic agus comhairle	— Pàirt 6
Taighean	— 2.11, 3.5, 3.13 – 3.17, Pàirt 5
Taighean / làraichean eachdraidheil	— 2.7, 2.11, Pàirt 5
Taighean mòra	— 3.16, Pàirt 5
Tasgaidhean-uisge	— faic Lochan agus tasgaidhean-uisge
Teintean	— 2.18, 3.51, Pàirt 5, Eucoirean 1
Tìr-stiùireadh	— 2.7
Toglaichean	— 2.11, 3.13 – 3.20, 3.40 – 3.42, 3.63, 4.9, 4.24, Pàirt 5
Toglaichean neo-chòmhnaidh	— 2.11, 3.18, 3.42, 3.63
Tràighean	— 1.7, 2.2, Pàirt 5
Treibhadh	— 3.25, 4.9, 4.12, Pàirt 5
Truailleadh	— 2.13, 3.61, Eucoirean 1
U	
Uaimhearachd	— 2.7
Ùghdarris ionadail	— 1.7, 3.46, 4.8, 4.10, 4.14, 4.18 – 4.21, 6.3 – 6.11, 6.15
Ùghdarris Pàirce Naiseanta	— 1.7, 6.5 – 6.11

Briathran – Gàidhlig gu Beurla

achadh	field for plants
àite inntrigidh	access point
àite-iadhaidh	enclosure
àite-inntrigidh	access point
aitreabh	policies
balla-mara	breakwater
carraighean clàraichte	scheduled monuments
ceumannan	measures
cluain	pasture, field with animals
Còd Slighean Dùthchail na h-Alba	Scottish Outdoor Access Code
còraichean-slighe	access rights
cothroman-slighe	access
cuaireachadh	curtilage
cùmhnantan slighe	path agreements
dualchas cultair	cultural heritage
dualchas nàdair	natural heritage
eagraichte	organised
eucoir	crime, criminal offense
fàradh	stile
fearann cuibheasach ri taobh	sufficient adjacent land
feur-fodair	silage
feur-tioram	hay
fior uisge	inland water, fresh water
fo-lagh	byelaw
frith-rathad	path
gàrradh	dyke
giùlan ciallach;	responsible behaviour
gu deimhinneach	positively
iodhlann	farmyard
ionad chur-seachadan dùthchail malaireach	commercial outdoor pursuits centre
Ionad de Shuim Shònraichte Shaidheansail	Site of Special Scientific Interest
lios	garden
neach-ceannachd	customer
pàircichte	enclosed
priomh shlighe	core path
riaghailt	regulation
sgitheadh-streap-beinne,	ski mountaineering
sgrùdadadh	survey
slighe	track, access
slighe àbhaisteach (poblach)	(public) right of way
smachd ceart	proper control
stiùiriche-fearainn	land manager
tir-stiùireadh	orienteering
uaimhearachd	caving

Briathran – Beurla gu Gàidhlig

access	cothroman-slighe
access point	àite inntrigidh
access point	àite-inntrigidh
access rights	còraichean-slighe
breakwater	balla-mara
byelaw	fo-lagh
caving	uaimhearachd
commercial outdoor pursuits centre	ionad chur-seachadan dùthchail malaireach
core path	priomh shlighe
crime, criminal offense	eucoir
cultural heritage	dualchas cultair
curtilage	cuaireachadh
customer	neach-ceannachd
dyke	gàrradh
enclosed	pàircichte
enclosure	àite-iadhaidh
farmyard	iodhlann
field for plants	achadh
garden	lios
hay	feur-tioram
inland water, fresh water	fior uisge
land manager	stiùiriche-fearainn
measures	ceumannan
natural heritage	dualchas nàdair
organised	eagraichte
orienteering	tìr-stiùireadh
pasture, field with animals	cluain
path	frith-rathad
path agreements	cùmhnantan slighe
policies	aitreabh
positively	gu deimhinneach
proper control	smachd ceart
regulation	riaghailt
responsible behaviour	giùlan ciallach;
right of way (public)	slighe àbhaisteach (poblach)
scheduled monuments	carraighean clàraichte
Scottish Outdoor Access Code	Còd Slighean Dùthchail na h-Alba
silage	feur-fodair
Site of Special Scientific Interest	Ionad de Shuim Shònraichte Shaidheansail
ski mountaineering	sgitheadh-streap-beinne,
stile	fàradh
sufficient adjacent land	fearann cuibheasach ri taobh
survey	sgrùdadadh
track, access	slighe

Tha Dualchas Nàdair na h-Alba na buidheann riaghaltais a tha cunntachail do Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba agus tromhpa do Phàrlamaid na h-Alba.

Aithris ar Teachdaireachd:

Ag obair còmhla ri muinntir na h-Alba airson ar dualchas nàdair a ghlèidheadh.

Ar n-Amas:

Tha dualchas-nàdair na h-Alba luachmhor aig ère ionadail, nàiseanta agus na cruinne. Tha sinn ag àrdachadh: càram dha agus an leasachadh aige; an tlachd càramach, an tuigse agus an luach nas doimhne a thathas a' gabhail ann agus an chleachdadh seasmhach dheth aig an àm seo agus anns an àm ri teachd.

Ar Prionnsabalan Obrachaidh:

Bidh sinn a' com-pàirteachadh, a' co-nbrachadh, a' co-rèiteachadh agus a' co-aontachadh, far a ghabhas dèanamh, le daoine ann an Alba aig a bheil ùidh bhuntainneach: buidhnean poblach, prìobhaideach, saor-thoileach no daoine fa leth.

Tha sinn ag obair ann an dòigh thiomnaichte a tha a' toirt seachad cumhachd airson co-dhùnaidhean a dhèanamh aig an ère ionadail taobh a-staigh na buidhne gus SNH a bhrosnachadh agus a chuideachadh le bhith nas fàilteachail, mothachail agus dèonach a rèir fheuman agus shuidheachaidhean ionadail.

Tha a h-uile càil a nì sinn air a dhèanamh ann an dòigh fhosgailte, fhreagarrach.

Tha barrachd leth-bhreacan den leabhar seo rim faighinn bho:

Dualchas Nàdair na h-Alba

Roinn Fhoillseachaidhean

Battleby

Redgorton

Peart

PH1 3EW

fòn: 01738 444177

facs: 01738 458613

post-d: pubs@snh.gov.uk

làrach-lìn: www.snh.org.uk

Tha Còd Slighean Dùthchail na h-Alba air a chlò-bhualadh air pàipearan nach dèanadh cron air an àrainneachd. Chaith a dhèanamh de 75% freumhag ath-chuairtaichte, as aonais clòrain, agus de stuthan aontaichte NAPM ath-chuairtaichte.

Dlighe-sgriobhaidh Dualchas Nàdair na h-Alba 2005